

[DA 1]

<eng>FOLK TALES AND FAIRY LORE

[DA 2]

[Blank]

[DA 3]

Folk Tales and Fairy Lore  
IN GAELIC AND ENGLISH

COLLECTED FROM ORAL TRADITION  
BY  
REV. JAMES MACDOUGALL  
SOMETIME MINISTER OF DUROR  
Author of "Craignish Tales," and "Folk and Hero Tales"

EDITED  
WITH INTRODUCTION AND NOTES  
BY  
REV. GEORGE CALDER, B.D.  
MINISTER OF STRATHFILLAN  
Author of "The Irish Aneid"  
Honorary Member of the Caledonian Medical Society

EDINBURGH: JOHN GRANT  
31 GEORGE IV. BRIDGE  
1910

[DA 4]

[Blank]

[DA 5]

TO  
THE CALEDONIAN MEDICAL SOCIETY,  
DISTINGUISHED ALIKE  
FOR PROFESSIONAL SKILL  
AND  
FOR HEREDITARY INTEREST IN THE HIGHLANDS,  
THIS VOLUME OF HIGHLAND TRADITIONS  
IS RESPECTFULLY INSCRIBED  
BY  
THE EDITOR.

[DA 6]

[Blank]

[DA 7]

EDITOR'S PREFACE.

I HAVE pleasure in acknowledging my indebtedness to Mrs. MacDougall for her whole-hearted interest in the progress of the work from first to last, for transcribing the English Text, and for approving numerous minor changes in expression, which I had suggested, and thus relieving me from the sole responsibility of making those changes. It is but right to say, however, that as the work advanced through the press, I felt impelled to make the alterations in the text, and especially in the translation, much more thorough-going than I had at first contemplated.

In the Gaelic text I have endeavoured to simplify the spelling, and therefore excluded such MS. forms as daramh (dara), 'san t-seallamh ('san t-sealladh), a' deanadh (deanamh), o'n taice so (tac) p. 168, romh (roimh), sid (sud). Fhalbh (p. 32) remains as probably the correct form of thallaibh. The final vowel of fem. a stems has been printed in full, as also of the verbal perfects cuala, faca; and, latterly, whenever possible, the substitution of commas for letters, or words, has been avoided. Traces of the fem. a stem accusative sing. have been retained, e.g., cuir umad cirb de mo bhreacan, p. 214; as also an old accusative pl. mas. o stem used as nom. chuir na feara eòlas, p. 16; while other traces of the accusative mas. o stems are gus an cuala e an aon ghuth, p. 138; and ach an aon, p. 86.

Some combinations have been retained, which, though not strictly grammatical, are universally in use, such as-a' trusadh a cuid, p. 270; ag cur bacadh, p. 298; le rùn tilleadh, p. 302; gun tuilleadh dàil, p. 8; bhàrr a' bhùird-obair, p. 150; do 'n bhean bhochd, p. 100.

The common spelling has been adhered to in words like àiridh, cha'n, sìthe in preference to the more correct àirigh, cha n-, sìdhe; and the accent has been retained on the two short unaccented words á out of, àm time, as in MS.

Tacain, for a while, is uniformly so written in MS., cf. Stokes' Goid.2 149b.

[DA 8]

A trace of the original neuter gender of benn is preserved, e.g., aig sàil Beinne Bhric, p. 242, where the MS. has Beinn-a-Bhric.

Entirely new matter added by the Editor is enclosed in square brackets.

Unfortunately, the first three forms, up to p. 48, were printed off prematurely; and therefore, while regretting numerous printers errors (the gravest of which is heared, p. 15), I entreat readers to keep in view the following corrigenda:-

Read-tèaruinte, p. 6, 44.  
is i a' sineadh, p. 12.  
de'n airgiod ghill, p. 20.  
gealltainn, p. 20.  
fo'n stairsnich, p. 22.  
cho fada is a, p. 22.  
na faidhreach, p. 22.  
is a bha e, p. 26.  
cha, gu'n, tugadh, p. 30, 36.  
bhóidich, p. 40.  
dhìrich, p. 42.  
bha e a' dol, p. 44.  
comharrachte, p. 182.

In conclusion, I beg to express my warmest thanks to friends and correspondents who have taken an interest in the work, among others to Mr. Henry Whyte, "Fionn," who looked over the sheets as they were passing through the press; to Mr. Duncan M'Isaac, who carefully read proofs of the whole book; and especially to Rev. C. M. Robertson, who, in addition to reading the proofs, has given me the benefit of his opinion on points of difficulty in the text, and has suggested several corrections. Though unable to adopt every suggestion that has been made, or to agree with everything in the book itself, I have had much pleasure in the work of editing it, and part with it in the hope that it will prove no unworthy monument to the literary memory of a highly cultured and worthy man.

[DA 9]

#### BIOGRAPHICAL INTRODUCTION.

FROM the days of Dr. Johnson and Mr. Boswell, who speaks of Mr. Donald Macqueen as "a very learned minister in the Isle of Sky whom both Dr. Johnston and I have mentioned with regard," the lamp of learning has burnt steadily, if sometimes obscurely, among the Highland clergy. The Church of Scotland sees to it that ministers shall possess the modicum demanded by her standards. But here and there ministers of studious habits, not content with the ordinary elements of education, strike out in new directions. Too seldom has their attention been turned to Gaelic, of which the duties of their office demand an accurate knowledge and a fluent use. A whole world of poetry, tradition, superstition, anecdote, proverb, and clever repartee is familiar to the rank and file of the Highland clergy within the sphere of their labour and recreation, but this knowledge has been turned to literary account by only a few.

Mr. James MacDougall was one of those who during a long life consistently maintained the best traditions of his class. A native of Craignish, where he was born in 1833, he engaged in tutorial work and teaching before entering college. Following the usual curriculum, he was at length ordained, and became a missionary, preaching in remote glens of the West Highlands till he was presented to the Parish of Duror. The Royal Seal, bearing date 12th

July, 1871, now lies before me, together with a note of charges for the same, amounting to £9 6s. 11d. In 1900 he was married to a daughter of Mr. Cuthbert Cowan, Ayr—a union which added much to his own happiness and to the prosperity of the Parish. He died at Duror Manse 4th September, 1906.

Mr. MacDougall possessed great literary taste, which he cultivated, and from an early period composed original poems in Gaelic and in English. His chief interest, apart from his life work, lay in books and what was destined to find a place in them. The Editor well remembers meeting him in the year 1893 on

[DA 10]

board a Loch Linnhe steamer going Oban-wards. The conversation turned on the subject of Fairy Lore, and Mr. MacDougall needed no great persuasion to recite some of his fairy stories, little thinking that while he was the collector, and, in a sense, the author of them, his hearer would become their sponsor. The appearance of his library gave one the impression that he had a love for his books. They were neither so numerous as to lie unread, nor so few as to indicate limited culture, and merely parochial interests. Mostly of value, they were handled accordingly. Here and there are marginal notes that always show penetration. The roads and lanes and hillocks of Duror, in common with other country places, had their own tales and suggestive names, the origin of which he was fond of investigating. His derivations are reasoned, and in pleasing contrast to the vagaries of popular etymology. His well known interest in all local matters led to his being consulted by the Scottish Boulder Committee, and to some correspondence with the convener, Mr. David Milne Home, LL.D.

A delightful host and companion, he drew his friends from almost every walk in life. Some of them came from far. To mention but one—the brilliant and ever-to-be-lamented Professor Strachan, whose genius and enthusiasm have done so much for Celtic studies, found himself from time to time enjoying the hospitality of Duror Manse. And the Rev. D. Macfarlane, then minister of the neighbouring Parish of Glencoe, writes—"One could not forget the exuberant welcome at Duror when we came to make a Céilidh, and the insistence which made the afternoon call a three days' visit." But whether they came from far or near, all that knew him owned the charm of his conversation, which arose in part from his manifest friendliness and courtesy, and in part from his keen observation and experience of life, ranging from the quiet of Duror to the excitement of foreign travel, from geological problems to the Welsh Revival (which he studied on the spot), from Gaelic Tales (and even riddles) to the translation of the Hymnal, to which he also put his hand, and executed some versions with credit. Besides his tales in *Waifs and Strays of*

[DA 11]

*Celtic Tradition*, vols. I. and III., and another tale, "The Urisk of the Corrie of Howlings," *Zeitschrift für Celtische Philologie*, i.

328, he has left no printed matter save a pamphlet on the Clan MacDougall, and some translations of Hymns. Of his MSS., the chief contents are now before the public. But a number of tales and poems, some of which the Editor had prepared for the press, are withheld in order to keep the present volume to a reasonable size.

This brief survey of an attractive and memorable life may fitly close in the words of Rev. D. Macfarlane, now minister of Kingussie, between whom and the minister of Duror there existed a strong bond of sympathy and friendship:—"Mr. MacDougall's instincts were those of the scholar and the gentleman, with a healthy love of out-door life as represented in rod and gun and dog. These were always to be found in pleasant confusion in his study. Not a sporting parson, but a parson who found in sport a real contribution to healthy-mindedness. Nor was he an ecclesiastic, though a diligent and watchful pastor, knowing his people with an intimacy that included their material prospects by land and sea, as well as their domestic and spiritual welfare. To walk through his Parish with him was to be instructed in all the social life of the people by merely listening to his friendly inquiries of old and young. His taste for Celtic studies and Folklore was of course inexplicable to the country people, especially so in a minister; yet he persevered because these studies were an intellectual stimulus to him, and because he was proud of these remnants of Celtic thought and fancy, and felt they should be preserved.

Others can appraise his work, but for me there remains the pleasant recollection of many evenings spent in Duror Manse, when folklore, legend, and story were dramatically re-told. A new tale, or the different rendering of an old one, or even an uncommon word, would be welcomed by him with almost boyish delight; for his oft-repeated regret was that he had not more methodically committed to writing the treasures of Celtic lore he had early come in contact with.

[DA 12]

He was ever a helpful neighbour, a good friend, a stimulating companion, and the pattern of a robust and healthy religious life. Absorbed as he was in pursuits and studies off the main line of ministerial activity, he never suffered them to interfere with the claims of his profession. He was always the minister. His lot was cast in a secluded glen, while his ability and talents would have fitted him for much more important charges; but he cheerfully accepted the position, and faithfully did his day's work. To those who knew and loved him, Duror will never be the same since his vigorous and genial personality has passed for ever from it."

G. C.  
MANSE OF STRATHFILLAN,  
June, 1910.

[DA 13-15]

TABLE OF CONTENTS.

[Beurla]

[DA 16]

[Blank]

[TD 1]

FOLK TALES  
AND  
FAIRY LORE.

[TD 2]

<gai>RIDIRE NAM BEANN 'S NAN GLEANN 'S NAM BEALACH.

BHA ann roimhe so ridire beairteach ris an abradh daoine Ridire nam Beann 's nan Gleann 's nam Bealach. Mu choinneamh Caisteal an Ridire so bha tulach bòidheach uaine o 'm faiceadh e, 'n uair a sheasadh e air a mhullach, gach bó is each agus ceithir-chasach a bh' aige.

Air latha grianach brèagh chaidh e suas air an tulach so agus an uair a sheall e m'a thimchioll, cha robh beatbach beò a bhuiineadh dha ri fhaicinn. Sheas e tacain far an robh e, a' smuainteachadh ciod a thàinig riu, no c'ait' an rachadh e g'an sìreadh. Am meadhan a smuainteachadh thug e sùil sìos gu bun an tulaich, agus ciod a chunnaic e 'na sheasamh an sin ach an Gadhar Cluas-dhearg Bàn.

"Gu dé fàth do sprochd an diugh, a Ridire nan Gleann 's nam Beann 's nam Bealach?" ars an Gadhar Cluas-dhearg Bàn. "Is mór sin 's cha bheag," fhreagair an Ridire. "Tha gach beatbach a bh' agam 's an t-saoghal air chall, 's gun fhios agam c'ait' an deachaidh iad."

"Ma bheir thu dhomh-sa té de d' nigheanaibh r' a pòsadh, bheir mise air ais iad uile dhuit ann an tiota," ars an Gadhar Cluas-dhearg Bàn. Thubhaint an Ridire gu 'n tugadh, na'm bitheadh i féin toileach a ghabhail; agus dh' fhalbh iad le chéile dh' ionnsaigh a' Chaisteil.

Cho luath 's a chaidh iad a stigh, chuir an Ridire

[TD 3]

[Beurla]

[TD 4]

fios air a nighean bu shine, agus, 'n uair a thàinig i, labhair e rithe 'm briathraibh briodalach ciùin, feuch am pòsadh i 'n Gadhar Cluas-dhearg Bàn. An ise 'phòsadh an cù breac? Cha deanadh i leithid air-son an t-saoghal. Agus gun fhacal tuilleadh a ràdh, dh' fhalbh i mach fo dhiomb mór gu'n do chuireadh tairgse cho tàmailteach m' a coinneamh.

Chuir e fios 'na déidh-sa air an té mheadhonaich. Ach cho luath 's a thàinig i stigh agus a chual' i 'n gnothach a bh' aige rithe, thionndaidh i air a sàil agus sheòl i mach gun uibhir agus freagradh a thoirt da. An sin thàinig an té b' òige stigh, agus an uair a chual' i 'n t-aobhar mu 'n do chuireadh fios oirre, thubhairt i r' a h-athair: "Pòsaidh mise e air chumhnant gu 'n toir e bhur cuid féin air ais dhuibh-se."

Gun dàil na b' fhaide ghairmeadh daoine dh' ionnsaidh na bainnse agus air an oidhche sin féin phòsadh nighean òg an Ridire ris a' Ghadhar Cluas-dhearg Bhàn.

Moch an ath latha chaidh an Ridire mach gu mallach an tulaich uaine mu choinneamh a' Chaisteil, agus air dha sealltainn m' a thimchioll, chunnaic e gach beatbach a bhuineadh dha ag ionaltradh far am fac' e mu dheireadh iad. Phill e stigh le gàirdeachas agus co a choinnich e 'san dorus ach an aon duine b' eireachdail a chunnaic e riamh. B' e so Gadhar Cluas-dhearg Bàn na h-oidhche roimhe, air fhuasgladh o na geisibh fo 'n robh e, agus air aiseag g' a chruth àdurra féin, a chionn gu'n do phòs nighean òg an Ridire e le 'toil féin. Chaidh iad a stigh le chéile, agus an uair a chunnaic dà nighean eile an Ridire an duine brèagh a bh' aig am piuthar, bha iad duilich nach do phòs iad féin e.

Dh' fhuirich an duine òg agus a bhean beagan làithean na b' fhaide maille ris an Ridire, agus an sin dh' fhalbh iad dh' ionnsaidh an àit' aige-san, Caisteal mór,

[TD 5]

[Beurla]

[TD 6]

brèagh, far an robh iad cho sona, sòlasach 's a bha 'n latha fada. Ach aig ceann latha 's bliadhna rinn ise deas air-son dol gu tigh a h-athar far an robh i 'cur roimpe fuireachd gus am bitheadh i air a h-asaid. Mu 'n d' fhalbh i, thubhairt an duine aice rithe gun i dh' innseadh do neach fo 'n ghréin c' ainm a bh' air-san; oir, na 'n innseadh, nach faiceadh i tuilleadh e. Gheall i nach innseadh, agus thug i 'n rathad oirre.

Ràinig i tigh a h-athar gu teàruinnte, agus cha robh i ach goirid an sin 'n uair a dh' asaideadh i.

Tri oidhcean an déidh a h-asaid thàinig ceòl sìth' mu thimchioll an tighe, leis an do chuireadh an luchd-faire 'nan cadal, agus an sin thàinig cròg mhór a stigh fo 'n àrd-dorus, a sgriob leatha 'n leanabh, agus a dh' fhàg aran agus searrag fhòn' an ceann na leapa.

An uair a bha 'n t-àm dhi pilleadh dhachaidh am fagus, rinn a peathraighean oirre-se uibhir 's a b' urrainn iad, feuch an innseadh i dhaibh ainm an duine aice. Ach chuimhnich i air a gealladh, agus cha d' innis i e. An sin thàinig an duine féin, agus thug e leis i

'na charbad.

An ceann là 's bliadhna eile thàinig i rithist gu tigh a h-athar gu bhi air a h-asaid, agus thachair gach ni dhi mar air a' cheud uair.

Thàinig i 'n treas uair gu tigh a h-athar. Ach mu 'n d' fhàg i 'tigh féin thug an duine aice òrdugh teann dhi gun i dh' innseadh 'ainm-san do dhuine beò. Gheall i nach innseadh: ach bhagair a peathraichean gu'n Loisgeadh iad i na 'n cleitheadh i orra-san e na b' fhaide, agus chuir iad i 'na leithid a dh' eagal 's gu 'n d' aidich i mu dheireadh gu 'm b' e Samhradh-ri-dealt a bh' air. Air an treas oidhche an dèidh a h-asaid thàinig an ceòl mu thimchioll an tighe, agus am feadh 'bha 'n luchd-faire 'nan cadal, thug a' chròg leatha 'n leanabh. Ach air an uair so cha d' fhàg i aon chuid aran no fion; agus cha d' thàinig an duine, mar b'

[TD 7]

[Beurla]

[TD 8]

àbhaist da, g' a tabhairt dachaидh. Le so dh' aithnich i gu 'n d' rinn i 'n eucoir ainm an duine aice innseadh d'a peathraichean.

Cho luath 's a b' urrainn i gluasad thog i oirre dhachaidh. Ach an uair a ràinig i, cha d' fhuair i creutair mu thimchioll a' Chaisteil. Thug i mar bha, agus gun tuilleadh dàil dh' fhalbh i an déidh an duine aice air a' cheart rathad a ghabh e. Shiubhail i air a h-aghaidh fad an latha, gus an robh dubhadh air a bonaibh agus tolladh air a brògan, na h-eòin bheaga, bhuchallach, bhachlach, bhàrra-bhuidh' a' gabhail mu thàmh am bun nam preas agus am bàrr nan dos, agus easagan lughach, laghach a' taghadh àite mar a b' fhearr a dh' fhaodadh iad dhoibh féin, ged nach robh ise, nighean Ridire nam Beann 's nan Gleann 's nam Bealach. An sin thug i sùil roimpe, agus chunnaic i tigh beag soluis fad' uaipe; ach ma b' fhada bhuaipe e, cha b' fhada dhi-se 'ga ruigheachd.

Bha 'n dorus fosgailte agus gealbhan math air meadhon an ùrlair. Chaidh i stigh, agus thubhaint bean-an-tighe, 's i 'na suidhe aig ceann shuas an teine: "Thig a nìos, a bhean bhochd. Is e do bheatha fuireachd an so an nochd. Bha 'n duine agad an so an raoir, e féin 's a thriùir chloinne. Sin agad ubhal a dh' fhàg e agam-sa air do shon." Ghabh i aig a' bhan-choigreach gu math agus gu ro mhath. Chuir i uisge tet air a casan agus leaba bhog fo 'leisean; agus, anns a' mhaduinn, an uair a chuir i i air ceann na slighe, agus a bha i 'fàgail beannachd aice, shin i dhi siosar, agus thubhaint i: "Sin agad siosar, agus an uair a gheàrras tu a' cheud bheum leis, leigidh tu as e, agus 'na dhéidh sin geàrraiddh e leis féin an t-aodach anns a' chumadh a's àill leat a thoirt da."

Thionn' i air falbh, agus shiubhail i air a h-aghaidh fad an là gus an robh dubhadh air a bonaibh agus tolladh air a brògan, na h-eòin bheaga, bhuchallach,

[TD 9]

[Beurla]

[TD 10]

bhachlach, bhàrra-bhuidhe a' gabhail mu thàmh am bun nam preas agus am bàrr nan dos, agus na h-easagan lughach, laghach a' taghadh àite mar a b' fhearr a dh' fhaodadh iad dhoibh féin, ged nach robh ise, nighean Ridire nam Beann 's nan Gleann 's nam Bealach. Aig beul na h-oidhche thug i sùil roimpe, agus chunnaic i tigh beag soluis fada bhuaipe, ach ma b' fhada bhuaipe, cha b' fhada dhi-se 'ga ruigheachd.

Bha 'n dorus fosgailte, agus teine math air meadhon an ùrlair. Chaidh i stigh, agus thubhaint bean-an-tighe, 's i 'na suidhe aig ceann shuas an teine; "Thig a nìos, a bhean bhochd. Is e do bheatha an so an nochd. Bha 'n duine agad ann an raoir, e féin agus a thriùir chloinne." Fhuair i gabhail aice gu math le bean-an-tighe. Chuir i uisge teth air a casaibh, agus leaba bhog fo 'leisibh; agus an uair a bha i falbh 's a' mhaduinn, shin i dhi meuran, agus thubhaint i: "Sin agad meuran; agus cho luath 's a chuireas tu aon ghreim leis, leigidh tu as e, agus oibrichidh e leis féin tuilleadh."

Thionn' i air falbh, agus chum i air a turus le ceum math, gus am fac' i uair-eigin air feadh an là an duine aice agus a chlann air thoiseach oirre. An sin chruadhaich i a ceum, agus shin i as 'nan déidh le 'h-uile neart. Sheall esan 'na dhéidh, agus an uair a chunnaic e i a' tighinn, luathaich e féin agus na bha maille ris an ceum; ach ged luathaich, bha ise a' buidhinn orra. Cha robh fios aige ciamar a bheireadh e e féin as oirre, gus am fac' e ceàrdach air thoiseach air. Rinn e dìreach air a' cheàrdaich, agus anns an dol seachad dh' iarr e air na goibhnean moille 'chur air a' bhoireannach a bha 'tighinn 'na dhéidh. Fhreagair iad gu'n deanadh iad sin; agus an uair a ràinig ise iad, rug iad oirre, agus chuir iad cearcall cho teamm m' a meadhon 's gu 'm b' ann air éiginn a b' urrainn i ceum a thabhairt. Ach air a shon sin, cho luath 's

[TD 11]

[Beurla]

[TD 12]

a fhuair i as, dh' fhalbh i rithist, mar a b' fhearr a dh' fhaodadh i, gus an d' ràinig i uchdan cas 'na slighe. A' dìreadh an uchdain so le spàирн chruaidh, sgàin an cearcall, agus thubhaint i: "Ged sgàin mo chrios, cha do sgàin mo chridhe." Dh' fhalbh i 'n sin le deann, agus chum i air siubhal gus an robh dubhadh air a bonaibh agus tolladh air a brògan, na h-eòin bheaga, bhuchallach, bhachlach, bhàrra-bhuidhe a' gabhail mu thàmh am bun nam preas agus am bàrr nan dos, agus na h-easagan lughach, laghach a' taghadh an àite 'b'

fhearr a dh' fhaodadh iad dhoibh féin, ged nach robh ise, nighean Ridire nan Gleann 's nam Beann 's nam Bealach. Chunnaic i mu dheireadh tigh beag soluis fada bhuaipe; ach ma b' fhada bhuaipe, cha b' fhada dhi-se 'ga ruigheachd.

Chaidh i stigh, agus thubhaint bean-an-tighe rithe: "O, an d' thàinig thu, nighean an Ridire? 'S e do bheatha 'n so an nochd. Bha 'n duine agad an so an raoir, e féin agus a chlann, agus dh' fhalbh iad moch 's a' mhaduinn." Fhuair i gabhail aice gu math le bean-an-tighe. Chuir i uisge teth air a casaibh, agus leaba bhog fo 'leisibh. Agus an uair a bha i 'falbh anns a' mhaduinn thubhaint i, 's i sìneadh snàthaid dhi: "Sin agad snàthad, agus an uair a nì thu aon ghreim leatha, leigidh tu as i agus fuaignidh i 'n sin leatha féin.

Dh' fhalbh i aon uair eile air a turus, agus chum i air aghaidh gus an d' thàinig i air coltas àite duin'-uasail. Chunnaic i tigh beag roimpe, agus rinn i direach air. Ciad a bha 'n so ach tigh cailleach-chearc an duin'-uasail. Chaidh i stigh, agus fhuair i cead fuireachd.

Cha robh i ach goirid an sin an uair a thug i fa-near gu 'n robh gluasad mór am measg muinntir a' bhaile. Dh' fheòraich i de chailleach-nan-cearc ciad a b' aobhar do'n ghluasad; agus dh' innis a' chailleach dhi

[TD 13]

[Beurla]

[TD 14]

gu 'n robh am fear, leis an robh an t-àite, 'tighinn dachaидh, agus a' dol a phòsad an oidhche sin. Smuainich i car tiota, ach ciad air bith umhail a chuir i, ghlèidh i a beachd dhi féin. Fhuair i 'n siosar, am meuran, agus an t-snàthad, agus chuir i air shiubhal iad. An ùine ghoirid cha robh duine mu thimchioll an àite nach d'thàinig a dh' fhaicinn nan rudan iongantach a bh'aig a' bhean an tigh cailleach-nan-cearc.

Am measg chàich thàinig a' chàraig ùr-phòsda agus an uair a chunnaic a' bhean òg an acfhuinn fhuaghail a' falbh leò féin, cha deanadh ni feum leatha, ach am faotainn dhi féin.

Faodar an còrr innseadh am beagan bhriathar. Fhuair a' bhean òg an acfhuinn fhuaghail air chumhnant gu 'n leigeadh i leis a' bhan-choigreach faire 'dheanamh tri oidhcean an déidh a chéile an seòmar an duine aice. Ach thug i 'n aire deoch fhàgail aige a chuir e 'n cadal cho trom 's nach cual' e smid a thubhaint a' bhan-choigreach ris fad dà oidhche. Air an treas oidhche air do 'n ghiolla 'bu shine aithneachadh roimh làimh, gu 'm bi 'mhathair a bh' anns a' bhan-choigreach, dhòirt e 'n deoch-chadail, agus lion e 'n cupan le stuth eile. Dh' fhuirich 'athair 'na fhaireachadh, agus chual' e 'bhan-choigreach ag ràdh: "A Shamhraidh-ri-dealt, nach truagh leat mi, 's

gu'n d' shiubhail mi 'n saoghal ad' dhéidh?" Air ball dh' aithnich e co a bh' aige. Chaidh banais mhór, fhialaidh, aighearrach a dheanamh; agus fhuair a' bhean òg, a bha, cead fuireachd le 'siosar, a meuran, agus a snàthaid, an tigh cailleach-nan-cearc.

Agus an uair a bha 'bhanais seachad, chuir iad mise dhachaидh le brògan beaga paipeir air cabhsair ghloineachan.

[TD 15]

[Beurla]

[TD 16]

#### GOBHAINN DUBH NAN SOC.

CHUIR Gobhainn Dubh nan Soc a stigh 'ùine ag ionnsachadh na goibhneachd; ach aig ceann na h-ùine, cha b' urrainn e ni a bhuineadh do dh' obair goibhne 'dheanamh, ach suic chrann-àraidh.

Dh' fhosgail e ceàrdach beagan mhìltean a mach o Dhùnéideann, agus thòisich e air deanamh shoc. Anns an àm sin bha faidhir a' seasamh uair 's a' mhìos anns a' bhaile, agus cho tric 's a thigeadh i mu 'n cuairt, rachadh an Gobhainn Dubh dh' a h-ionnsaigh le 'sheann each bàn féin agus cairt làn shoc. Agus an déidh dha na suic a reic, philleadh e dachaidh 'na shuain chadail anns a' chairt, a' fàgail an t-seann eich bhàin gu bhi deanamh an rathaid mar a b' fhearr a dh' fhaodadh e.

Air latha àraid faidhreach chaidh e mar bu ghnàth leis do 'n tigh-òsda; agus co a thachair air an sin ach Gobhainn-an-Rìgh. Chuir na feara eòlas air a chéile, agus shuidh iad sìos ag òl gus an deachaidh an deoch 'nan cinn.

An sin thòisich a' bhòilich, agus cha'n aidicheadh an dara fear nach b' e féin gobhainn a b' fhearr na 'm fear eile. A chur stad air a' chonnsachadh, dh' éirich Gobhainn-an-Rìgh, agus thubhaint e ris a' Ghobhainn Dubh: "Cuiridh mise tri cheud marg an geall gu 'n dean mi roimh 'n ath fhaidhir rud-eigin nach dean rud air bith a nì thusa roimh 'n àm sin a mach." Dh'eirich an Gobhainn Dubh, agus fhreagair e: "Cuiridh mise

[TD 17]

[Beurla]

[TD 18]

tri cheud eile, nach dean thu ni d'a leithid; ach gu 'n dean mise rud a théid air thoiseach air an rud a nì thusa."

Dhealaich na laoich, a' gealltainn a chéile a choinneachadh an ath fhaidhir, leis na rudan a dheanadh iad.

Aig deireadh an là phill an Gobhainn Dubh dhachaidh 's a' chait, mar b' àbhaist dha. Air an ath mhaduinn thionn' e mach do 'n cheàrdaich agus thòisich e air tuilleadh shoc a dheanamh. Chum e orra là an déidh là gus an d' thàinig an là roimh 'n ath fhaidhir. Air feasgar an là sin, thàinig duin'-uasal a stigh do 'n cheàrdaich, agus thubhairt e ris a' Ghobhainn Dubh: "Am bheil guth idir agad air an rud sin a dheanamh leis am buidhinn thu 'n geall air Gobhainn-an-Rìgh? Mur tòisich thu gu h-ealamh, bi cinnteach gu 'n caill thu." Fhreagair an Gobhainn Dubh: "Cha'n 'eil fhios agam ciod a tha thu 'ciallachadh! Cha'n fhiosrach mi gu 'n do chuir mi geall air bith ri Gobhainn-an-Rìgh." "Chuir thu sin," ars an duin'-uasal: "Bha mi féin 'san éisdeachd, agus chuala mo chluasan féin thu 'cur tri cheud marg ris."

"Ma-tà, caillidh mi; oir cha d' ionnsaich mi riamh ni saoghalta a dheanamh ach suic," ars an Gobhainn Dubh. "Cum a suas do mhisneach," ars an duin'-uasal. "Ma bheir thu dhomh-sa leth na bhuidhneas tu, nì mise dhuit rud a choisneas an geall."

"Bheir mi dhuit sin le m' uile chridhe," ars an Gobhainn Dubh.

Gun tuilleadh dàil chaidh an duin'-uasal an greim. Rinn e 'n toiseach cnap math bocsa. An déidh sin chuir e pìos mór iaruinn air an teallach, agus an ùine ghoirid thug e mach e 'na mhialchu. Agus an uair a bha gach ni deas, chuir e 'm mialchu anns a' bhocsa, agus dhruid e 'm brod air.

"A nis," ars an duin'-uasal, agus e 'tionndadh ris

[TD 19]

[Beurla]

[TD 20]

a' Ghobhainn Dubh, "an uair a dh' fhalbhas tu am màireach leis na suic, bheir thu leat am bosca so; agus an uair a ruigeas tu an fhaidhir bithidh Gobhainn-an-Rìgh romhad, agus thig e ad' choinneamh. Ma dh' iarras e ort do bhocsa fhosgladh, agus an rud a th' ann a leigeil fhaicinn da, their thu ris gur ann da-san is còir sin a dheanamh an toiseach, a chionn gu 'm b' e a chuir an geall an toiseach. An sin fosglaidh e a bhocsa, agus leumaidh fiadh mach as. Cho luath 's a chì thu am fiadh, bi cinnteach gu 'm fosgail thu do bhocsa féin, agus gu 'n leig thu mach an cù; agus tha mise air mo mhealladh mur coisinn e 'n geall dhuit." An sin dh' fhàg an duin'-uasal feasgar math aig a' Ghobhainn Dubh, agus dh' fhalbh e.

Air maduinn an ath latha dh' fhalbh an Gobhainn Dubh le 'shuic agus le 'bhocsa anns a' chait. Ràinig e 'n fhaidhir ann an deagh àm, agus choinnich Gobhainn-an-Rìgh e le bocsa fo 'achlais. An sin thachair gach ni eatorra mar bha dùil aig an duin'-uasal. Mu dheireadh dh' fosgail Gobhainn-an-Rìgh a bhocsa, agus leum fiadh brèagh mach as, agus air falbh ghabh e 'na dheannaibh. An sin dh' fosgail an Gobhainn Dubh a bhocsa féin, agus leum mialchu gasda a

mach, agus shìn e an déidh an fhéidh, agus stad cha d' rinn e gus an do ghlac e 'm fiadh, agus an d' fhàg e aig casan a' Ghobhainn Dubh e. "M' fhianuis ort féin, a nis," ghlaodh an Ghobhainn Dubh ri Ghobhainn-an-Rìgh, "gu 'n do chaill thu do gheall." "Chaill mi an geall so, gu dearbh; ach theagamh gu'm buidhinn mi an ath aon," fhreagair Ghobhainn-an-Rìgh, agus e a' sìneadh do 'n Ghobhainn Dubh gach peighinne do 'n airgiod gill.

Chaidh iad an sin do 'n tigh-òsda agus cha robh iad fad' ann gus an do chuir iad leithid eile a' ghill mu dheireadh. 'Na dhéidh sin dhealaich iad, a' gealltain a

[TD 21]

[Beurla]

[TD 22]

chéile choinneachadh aig an ath fhaidhir, agus na h-innil a dheanadh iad aca maille riu. An sin chaidh an Ghobhainn Dubh 's a' chairt, agus thug an t-each bàn dachaидh e.

Air an ath mhaduinn b' e 'cheud ni a rinn e dol do 'n cheàrdaich agus an tri cheud marg fhalach ann an toll a rinn e fo 'n stairsneach. Cha robh guth aige air a' gheall, ach chum e air suic a dheanamh gus an d' thàinig am feasgar mu dheireadh roimh 'n fhaidhir.

Goirid mu 'n d' thàinig àm sguir, co a thionn' a stigh do 'n cheàrdaich ach an duin'-uasal a rinn am mialchu. Chuir e fàilt' air a' Ghobhainn Dubh, agus dh' fheòraich e dheth an d' rinn e fhathast an t-inneal sin leis an robh e 'dol a bhuidhinn an ath ghill o Ghobhainn-an-Rìgh. Ach cha robh cuimhne aig a Ghobhainn Dubh, aon chuid gu'n do chuir e geall, no ciod uime 'bha e. "Ma-tà," ars an duin'-uasal "ma gheallas tu dhomh-sa leth na bhuidhneas tu, agus nach téid thu tuilleadh do 'n tigh-òsda, nì mise dhuit inneal leis an toir thu mach an geall." "Geallaidh mi sin, agus comh-gheallaidh mi e cuideachd cho fad 's a dh' fhaodas mi," fhreagair an Ghobhainn Dubh.

An sin chaidh an duin'-uasal an greim. Rinn e 'n toiseach bocsa. 'Na dhéidh sin rinn e béisd-dubh mhòr làidir mar a rinn e 'm mialchu. Agus an uair a bha i deas, chuir e i anns a' bhocsa, agus dhruid, agus ghais e 'm brod oirre. "A nis," ars e ris a' Ghobhainn Dubh, "bheir thu leat am bocsa so dh' ionnsaidh na fhaidhreach, agus cha 'n fhosgail thu e gus am fosgail Ghobhainn-an-Rìgh 'fhear féin an toiseach. Buidhnidh thu 'n geall an uair so fhathast. Ach feuch nach téid thu do 'n tigh-òsda, agus nach cuir thu geall eile, air eagal gu 'n caill thu na bhuidhinn thu. An ceann beagan là tadhailidh mise rithist anns a' cheàrdaich, agus bheir thu dhomh

[TD 23]

[Beurla]

[TD 24]

leth an airgid a choisneas thu." Gheall an Gobhainn Dubh gu 'n deanadh e mar dh' iarradh air, agus dhealaich iad.

Air an ath latha dh' fhalbh an Gobhainn Dubh leis a' bhocsa chum na faidhreach. An uair a ràinig e, choinnich e Gobhainn-an-Rìgh; ach dhiùlt e 'bhocsa 'fhosgladh an toiseach. An sin chaith Gobhainn-an-Rìgh gu taobh an uisge, agus cho luath 's a dh' fhosgail e 'bhocsa, leum bradan a mach as do 'n uisge, agus shnàmh e air falbh uapa. An sin dh' fhosgail an Gobhainn Dubh a bhocsa féin, agus leum a' bhéist-dubh a mach an déidh a' bhradain, agus an ùine ghoirid rug i air, agus phill i leis 'na beul, agus dh' fhàg i e aig casaibh a maighstir."

"M' fhianuis ort féin," ars an Gobhainn Dubh, "gu 'n do chaill thu do gheall." "Chaill mi, gun teagamh," fhreagair Gobhainn-an-Rìgh, "agus, ma thig thu leam do 'n tigh-òsda, paidhidh mi dhuit a h-uile peighinn deth." "Cha téid mi; oir chuir mi romham nach cuirinn geall tuilleadh," ars an Gobhainn Dubh. "Uile-cheart," arsa Gobhainn-an-Rìgh; agus phaidh e 'm fear eile air ball.

An ceann beagan làithean co bhualil a stigh do 'n cheàrdaich ach an duin'-uasal. Dh' fheith e greis an dùil gu'm paidheadh an Gobhainn Dubh dha na choisinn e gun iarraidh; ach ged dh' fheitheadh e gu là 'bhràth' cha tigeadh an Gobhainn Dubh air ni d'a leithid. Mu dheireadh thubhairt e ris: "Thàinig mi air-son mo dhuais': is fhearr dhuit a thabhairt domh, agus mo leigeil air falbh." Ach duais no buidheachas cha tugadh an Gobhainn Dubh dha. An uair a chunnaic e so, thug e 'n rathad air; ach mu 'n d' fhalbh e dh' fhàg e rud-eigin anns a' cheàrdaich.

Beagan làithean 'na dhéidh sin thàinig duin'-uasal eile air muin eich a dh' ionnsaidh na ceàrdaich, 's an t-each aige ro chrùbach a chion chrùidhean. Air dha

[TD 25]

[Beurla]

[TD 26]

fàilte an latha 'chur air a' ghobhainn, thubhairt e: "B' fhearr leam gu 'n cuireadh tu crùidhean air an each agam, oir tha e cho deireasach 's nach 'eil comas ceum aige." "An e mise?" ars an Gobhainn Dubh, "cha d' rinn mise ball riamh de dh' obair goibhneachd ach suic chrann-treabhaidh." Fhreagair an duin'-uasal: "Is iomadh rud a dheanadh duine na'm bitheadh de mhisnich aige gu 'm feuchadh e ris. Feuch thusa, agus cuidichidh mi fhéin leat." "Seadh, seadh, mata! nì mise cho math 's is urrainn mi," fhreagair an Gobhainn Dubh.

Chaidh an duin'-uasal a mach, agus gheàrr e ceithir chasan an eich dheth o na glùinean. Thug e stigh iad, agus chàraich e iad 'san

teine. Chaidh e féin air làimh a' bhuilg, agus bha 'n Gobhainn a' cumail an teine dùinte mu na casan. An déidh dhaibh a bhi tacain maith 'san teine, ghlaodh e ris a' Ghobhainn Dubh: "Mach leis an teas." Rug an Gobhainn air an teanchair, agus shlaod e mach a' cheud chas a dh' ionnsaidh an innein. Ghlac e 'n sin an t-òrd-làimh, agus leum an duin'-uasal a dh' ionnsaidh an uird-mhóir, agus le beagan bhuillean chrùidh iad a' chas cho glan 's a rinn gobhainn riamh. An uair a bha iad réidh dhith, ghabh iad na casan eile, agus chrùidh iad té mu seach dhiùbh air an dòigh cheudna. An sin ghlaodh an duin'-uasal ris a' Ghobhainn Dubh: "Bi mach leis an dà chois thoisich, agus buail iad 'nan àite féin air an each." Rinn an Gobhainn Dubh sin, agus rinn an duin'-uasal féin an ni ceudna air an dà chois dheiridh.

Ann an tiota dh' éirich an t-each cho slàn 's bha e riamh, agus crùidhte, deas, air-son an rathaid. An sin leum an duin'-uasal 'san diollaид, agus dh' fhalbh e.

Cho luath 's a dh' fhalbh an duin'-uasal, chaidh an Gobhainn Dubh a stigh do 'n tigh, agus thubhaint e r' a mhnaoi: "Cha bhi mi na 's fhaide 'paidheadh

[TD 27]

[Beurla]

[TD 28]

tuarasdail do shlaoightearan ghoibhnean; oir théid agam fhéin a nis air crùidheadh as an eugmhais. Tiugainn a mach, agus cuidich leam an t-each bàن a chrùidheadh, oir tha agam ri dol leis do 'n bhaile an ùine ghoirid." An uair a chrìochnaich e na bh'aige ri ràdh, dh' fhalbh e do 'n stàbull, agus gheàrr e casan an eich bhàin dheth, agus an sin thug e stigh do 'n cheàrdaich iad, agus chàraich e iad anns an teine. Chuir e a bhean a shéideadh a' bhuilg, agus chaidh e féin a chumail guail air na casan. An uair a shaoil e gu'n robh iad deas, shlaod e té dhiùbh mach a dh' ionnsaidh an innein, agus bhuaill e buille oirre leis an òrd. Ach bha 'chas 'na cnàimh guailte suas g' a leth, agus uime sin chuir am buille i 'na sgealban air feadh na ceàrdaich. Bha 'n còrr de na casan air a' cheart chor, agus le sin cha robh aig a' Ghobhainn Dubh ach an t-each bàن, bochd a chur á cràdh gun dàil, agus a chlosach a chur fo 'n talamh cho sàmhach 's a b' urrainn e.

Uine mhath an déidh do 'n dara duin'-uasal falbh, thàinig an treas duin'-uasal do 'n cheàrdaich, agus dà chailleach maille ris. Thubhaint e ris a' Ghobhainn Dubh: "An dean thu dhomh-sa nighean òg de 'n dà chaillich so, agus bheir mi dhuit duais mhath air-son do shaothrach?" Fhreagair an Gobhainn Dubh: "An e mise? Cha d' rinn mise riamh ach suic." "An toir thu dhomh fhéin, ma-tà, tacan de 'n cheàrdaich, agus de d' chuideachd? ars an duin'-uasal. "Gheibh thu sin," fhreagair an Gobhainn Dubh. "So, ma-tà! bi 'n greim. Is iomadh ni a dheanadh fear, na 'm bitheadh aige de mhisneach gu 'm feuchadh e ris." Chuir iad na cailleachan anns an teine, agus chaidh an

duin'-uasal a shéideadh a' bhuilg, agus an Gobhainn Dubh a chumail guail air an teine. An uair a thug iad garadh math do na cailleachan, tharraing iad a mach iad a dh' ionnsaidh an innein;

[TD 29]

[Beurla]

[TD 30]

agus an sin thòisich an duin'-uasal air bualadh leis an òrd-mhòr, agus an Gobhainn Dubh leis an òrd-làimh, agus le aon gharadh tàthaidh rinn iad an aon nighean bu bhrèagh 'chunnaic duine riamh. An uair a bha iad deas, thug an duin'-uasal duais mhath do 'n Ghobhainn Dubh, agus dh' fhàlbh e, agus an nighean òg aige 'na chuideachd.

Cho luath 's a dhealaich e riu, ghabh an Gobhainn Dubh a stigh do 'n tigh, agus thubhairt e r' a mhnaoi: "Nach 'eil naigheachd agam dhuit? Tha mi 'n déidh nighean òg cho brèagh 's a chunnaic thu riamh a dheanamh de dhà shean chailllich. Falbh agus nì sinn té eile de d' mhàthair fhéin agus de m' mhàthair-sa, agus an sin bithidh againn ni nach robh againn gus an so, nighean leinn fhéin." Thubhairt a bhean: "Thoir an aire nach e leithid eile ri goibhneachd an eich bhàin a bhitheas agad."

"Cha'n eagal da sin," ars an Gobhainn Dubh, agus chaidh e 'n greim.

Dh' fheuch e gach ni a dheanamh mar chunnaic e an duin'-uassal a' deanamh; ach, mur b' e leithid eile ri goibhneachd an eich bhàin a bh' aige mu dheireadh, b' e ni-eigin a sheachd miosa.

Chaidh ùine seachad, agus an sin co 'thadhail anns a' cheàrdaich ach an ceud dhuin'-uasal. An déidh dha fàilte chur air a' Ghobhainn Dubh, thubhairt e ris: "Am bheil saod idir ort leth an airgid a choisinn mi dhuit a thoirt domh, mar gheall thu?" Cha robh sin air a' Ghobhainn Dubh: cha d' thugadh e uibhir agus buidheachas. An sin thòisich an duin'-uasal air fàs cho mór 's gu 'n robh an Gobhainn Dubh an cunnart a bhi air a leudachadh eadar e agus oisinn an teallaich. An uair a chunnaic an Gobhainn Dubh an cunnart mór 'san robh e, thug e mach as a phòca sporan leathraich a bha druidte le iallan, agus an sin thubhairt e ris an duin'-uasal: "Tha mi 'faicinn

[TD 31]

[Beurla]

[TD 32]

gu 'n téid agad air thu féin a dheanamh mór gu leòir; ach, ma nì thu nis cho beag thu féin 's gu 'n téid thu 'san sporan so, bheir mi dhuit na th' agad orm a dh' airgiod." Ann an tiota thòisich an duin'-uasal air fàs na bu lugha agus na bu lugha gus an robh e mu dheireadh cho beag 's gu 'n do leum e 'na dhùradan cròn, dubh a

stigh do 'n sporan. Cho luath 's a chunnaic an Gobhainn Dubh so, tharraing e na h-iallan, agus cheangail e iad gu teann cruaidh mu 'n bheul. Leag e 'n sin an sporan air an innein agus bhuail e tri buillean de 'n òrd-mhòr cho math 's a b' urrainn e. Sgàin an sporan agus rinn e braigheadh cho mór 's gu 'n do shaoil bean a' Ghobhainn gu 'n do shéideadh a' cheàrdach agus na bh' innte anns na speuran àrd. Ruith i mach le uamhas, agus dh' fheòraich i gu dé thachair. Fhreagair an duine aice: "Fhalbh! ma thug esan an car asam-sa mu 'n each bhàn agus mu na cailleachan, thug mise 'n car as-san le 'bheatha thoirt dheth."

Lean e air na suic a dheanamh, agus air dol leò, uair 's a' mhìos, chum na faidhreach; ach, dh' fhàs e 'na dhuine glic, agus uair air bith a thigeadh éiginн airgid air, bheireadh e beagan as an ionmhas a dh' fhalaich e fo stairsneach na ceàrdaich.

[TD 33]

[Beurla]

[TD 34]

[AN TAILLEAR AGUS TAIBHSE CHILL-AN-IUBHAIR.]

O cheann fhada bha mòran a' creidsinn gu 'n robh cuid de na seann chladhanna le làraichean sheann eaglaisean annta air an tathaich le taibhsibh agus le bòcain gun àireamh. An déidh tuiteam na h-oidhche, bu tearc iad le 'm b'àill dol seachad air aon dhiubh, gu sònraighe ma bha e fad air falbh o ionaid-chòmhnaidh nam beò, agus bu teirce na sin iad aig an robh de an-dànochd gu 'n rachadh iad a stigh do'n àite mhi-chneasda ré uair shàmhach a' mheadhoin-oidhche. Gidheadh thairgeadh còrr fhear neo-sgàthach an dearbhadh so a thoirt seachad air a mhisnich. A dheanamh an dearbhaidh cinnteach, bha claireann duine air fhàgail am fròigean taobh a stigh do làraich na seann eaglaise, agus cho luath 's a bhuaileadh dà uair dheug a dh' oidhche, rachadh e stigh do'n làraich 'na aonar, agus bheireadh e air ais leis an claireann do dh' àite far an robh a chompanaich a' feitheamh r'a theachd.

Bha, uair-eigin, Tàillear a chòmhnaidh air baile Fhionnchuirn làimh ri taobh deas Loch Obha; agus air dha àicheadh gu'n robh taibhsean idir ann, thug a choimhearsnaich dùbhlàn da a dhearbhadh dhoibh gu'n robh e n da-rìreadh le dol mu mharbh mheadhon-oidhche do chladh Chill-an-iubhair, agus an claireann a bha 'n uinneig na seann eaglais' a tha 'tabhaint 'ainme do 'n àite, a thoirt air ais leis.

[TD 35]

[Beurla]

[TD 36]

Fhreagair an Tàillear gu'n d'thugadh e dhoibh dearbhadh 'bu làidire eadhon na sin le paidhir-thriubhais 'fhuaigneal anns an eaglais

eadar àm dhol a laidhe agus gairm-choileach air an oidhche sin féin. Ghabh iad e air 'fhacal; agus cho luath 's a thàinig deich uairean a dh' oidhche, chaidh e stigh do'n eaglais, shuidh e air lic-lighe a bha 'na laighe air ceithir puist, agus an déidh dha coinneal laiste a chur làimh ris, thòisich e air 'obair chianail, fhadalaich. Chaidh a' cheud uair seachad sàmhach gu leòir, am feadh bha e 'fuaigheal, agus a' cumail suas a mhisnich a' seinn agus a' feedlaich nam port 'bu shunndaiche a b' urrainn e a chuimhneachadh. Chaidh an dà uair dheug mar an ceudna seachad, gidheadh cha'n fhaca 's cha chual' e ni air bith a chuir an sgàth bu lugha air.

Ach uair-eigin an déidh sin chual' e fuaim a' teachd o lic-lighe a bha eadair e 's an dorus; agus air dha fiar-shùil a thoirt 'na rathad bha leis gu 'm fac' e 'n talamh fuipe 'g éirigh 's a' tuiteam. Chuir an sealladh air tùs iognadh air, ach an ùine ghoirid smuaintich e gu 'm b' e 'n ni a b' aobhar dha so solus neo-shocrach na coinnle 's an dorchadas. Le sin, an déidh dha crathadh a thoirt air a ghuailnibh, thionndaidh e rithist r'a obair, agus chum e air fuaigheal agus air seinn cho sunndach 's a bha e riamh.

Goirid an déidh sin thubhairt guth fròmhaidh, a thàinig a mach o'n chloich cheudna: "Sud a' chròg mhór liath, 's i gun bhiadh, a Thàilleir." Ach fhreagair an Tàillear: "Chì mi sin, agus fuaighidh mi so"; agus thòisich e air seinn agus air fuaigheal, mar bha e roimhe.

An ceann tacain eile thubhairt an guth fròmhaidh ceudna le fuaim na b' àirde. "Sud an ceann mór, liath, is e gun bhiadh, a Thàilleir." Ach fhreagair an Tàillear a rithist: "Chì mi sin, agus fuaighidh mi

[TD 37]

[Beurla]

[TD 38]

so"; agus dh' fhuaigh e na bu luaithe, agus sheinn e na b' àirde na rinn e riamh.

An treas uair labhair an guth agus thubhairt e le fuaim a b' àirde agus a bu neo-shaoghalta na rinn e fhathast: "Sud an slinnein mór, liath, 's e gun bhiadh, a Thàilleir." Ach fhreagair an Tàillear mar bu ghnàth leis: "Chì mi sin, agus fuaighidh mi so," agus chluich e 'n t-snàthad na bu luaithe, agus tharraing e na greimeannan na b' fhaide.

Chaidh an obair so air a h-aghaidh fad ùine, an duine marbh a' leigeadh ris an ath uair a shléisde, agus, mu dheireadh, a choise. An sin thubhairt e le guth uamhasach: "Sud a' chas mhór, liath, 's i gun bhiadh, a Thàilleir." Aon uair eile fhreagair an Tàillear gu misneachail: "Chì mi sin, agus fuaighidh mi so." Ach bha fios aige gu 'n d'thàinig an t-àm dha teicheadh. Le sin chrìochnaich e 'obair le dithis no tri de ghreimeannan fada, agus snaim chruaidh air an ceann, shéid e as a' choinneal, agus leum e mach an dorus, an duine

marbh 'ga leantuinn agus a' bualadh buille, a thàirneadh air-san, air peirceall an doruis far an d' fhàgadh fad iomadh latha aile a làimh agus a mheòir.

Gu fortanach thòisich a nis coilich Fhionnchuirc air glaodhaich, agus an sin thuit am marbh air ais d'a uaigh, agus phill an Tàillear dhachaidh gu caithreamach.

[TD 39]

[Beurla]

[TD 40]

#### IAIN DUBH MOR MAC RIGH NA SORCHA.

BHA ann roimhe so Rìgh na Gréige a chaidh le 'thriùir mhac, Uthar, Art, agus Uilionn, do 'n bheinn-sheilge. An uair a ràinig iad a' bheinn, shuidh iad sìos air tolman bòidheach uaine air chùl gaoithe 's ri aodann gréine, far am faiceadh iad gach duine, 's nach faiceadh duine iad. Thubhairt am mac 'bu shine, 's e 'na shuidhe air làimh dheis 'athar, agus a dhà bhràthair air a làimh chli: "Dh' fheumadh an duine sin a bhi glé mhath air a shon féin a thigeadh a nis agus a bhuaileadh buille air m' athair, agus a bheireadh fiacail á dorus a bheòil. Fhreagair am mac a b' òige: "Cha chuala sinn riamh iomradh air duine 'dheanadh sin ach Iain Dubh Mór mac Rìgh na Sorcha. Cha bu luaith' a chaidh am falas a bheul na thàinig Iain Dubh Mór mar sheabhang na seilge bho 'n chreachann agus bhual e 'n Rìgh anns a' bheul, agus thug e leis fiacail a chuir e á dorus a bheòil.

An sin dh' éirich triùir Mhac an Rìgh, agus bhòidich iad nach leigeadh iad poll á bròg no lub á osan gus am faigheadh iad fiacail an athar. Shìn iad as dachaidh, agus chuir iad soitheach an òrdugh, agus shuidhich iad a cursa an taobh a shaoil iad anns an robh dùthaich Iain Duibh Mhóir suidhichte, agus:-

[TD 41]

[Beurla]

[TD 42]

Bu bhòidheach an sealladh an soitheach,  
Mar eun air bhàrraibh nan tonn,  
A' sgaoileadh o chéile na sàile  
Le guailnibh liomharra lom;  
A croinn chaola deagh-shnaithe  
Cho dìreach ri saighead nach cam,  
A' lùbadh fo h-aodach bréid-gheal,  
Mar shéideadh an osag nach gann.

An déidh dhoibh a bhi seòladh fad mhóran làithean, dhìrich Uilionn òg an crann, feuch am faiceadh e fearann air bith anns an t-

sealladh. An uair a fhuair e suas cho fad' 's a b' urrainn e dol, ghlaodh càch ris, an robh e 'faicinn dad idir. Fhreagair e gu 'n robh. "Gu dé 'tha thu 'faicinn?" ars iadsan. "Is beag e ma's eilean e, agus is mór e ma's eun e," thubhaint esan, agus theirinn e. An ceann greis mhaith chaidh e suas a ris, ach cha b' urrainn e 'ràdh fathast ach mar thubhaint e cheana, gu 'm bu bheag an ni 'bha e 'faicinn na 'm b' eilean e, ach gu m' bu mhór e, na'm b' eun e. An ceann ùine móire dhirich e 'n treas uair, ach mu'n d' ràinig e bàrr a' chroinn, ghlaodh e mach: "Is e fearann a th' ann," agus rinn iad dìreach air.

Cho luath 's a ràinig iad an cladach, chaidh iad air tir, agus dh' imich iad air an aghaidh feuch ciod a thachradh orra. Cha deachaidh iad ro fhada gus an d' thàinig iad gu beul creige móire, far am fac' iad, 'na sheasamh leis féin, bodachan beag, seacta, seargta; agus làimh ris, cliabh le taod fada 'n ceangal ris. Dh' fheòraich iad deth co e, agus ciod a bha e 'deanamh an sud? Fhreagair e gu 'm b' esan Portair Iain Duibh Mhóir, Mac Righ na Sorcha; agus nach b' urrainn duine air bith dol a dh' ionnsaidh a' Chaisteil, mur rachadh e sìos leis a' chreig anns a' chliabh.

[TD 43]

[Beurla]

[TD 44]

Chaidh am bràthair 'bu shine null gu beul na creige, agus dh' amhairc e sìos, ach an uair a chunnaic e 'n doimhneachd a bha fuidhe, dh' oilltich e cho mór is nach gabhadh e na chunnaic e riamh agus teàrnadh. An sin chaidh an dara bràthair a null gu beul na creige; ach an uair a dh' amhairc e thairis oirre, ghlac a leithid de dh' uamhunn esan mar an ceudna 's nach gabhadh e 'n saoghal mu 'n iadh a' ghrian is dol sìos anns a' chliabh. Mu dheireadh leum Uilionn òg flathail, do nach b' aithne geilt no giorag, a stigh do 'n chliabh; agus an uair a bha e dol thar beul na creige, ghlaodh e r' a bhràthraigheibh: "Tillibh dhachaидh leis an luing, agus ma bhitheas mise beò, ruigidh mi sibh luath no mall.

Ràinig e bun na creige gu teàruinte, agus b' ann an sin a bha 'n t-àite brèagh, le Caisteal mór, cuairtichte le balla àrd, goirid as.

Rinn e air a' Chaisteal, agus co a choinnich e air an rathad ach a bhean féin, a ghoideadh uaидh le Iain Dubh Mór bliadhna roimh 'n àm sin, agus a bha aige anns a' Chaisteal; ach cha robh fhios aige gus an sin co a ghoid i, no c'ait' a thugadh i. Chuir e iognadh mór air tachairt oirre anns an àit' ud, ach cha bu lugha an t-iognadh a chuir e oirre-se 'tachairt ris-san ann.

Phill i leis dh' ionnsaidh a' Chaisteal, agus an déidh dhi gabhail aige gu math le biadh agus le deoch, dh' innis i dha gu 'n robh Iain Dubh Mór agus a cheathrar ghaisgeach anns a' bheinn-sheilg', agus gu'n tigeadh iad dhachaïdh 'san fheasgar. "Ach," ars i, "druididh sinn na geatachan rompa, agus ged tha iad cho foghainteach, cha'n

urrainn iad teachd a stigh gun taing dhuinn."

Thàinig am feasgar agus Iain Dubh Mór 's a ghaisgich leis. An uair a fhuair e na geatachan druidte air thoiseach air, ghlaodh e ris a' bhoirionnach

[TD 45]

[Beurla]

[TD 46]

am fosgladh dha: ach cha d' fhuair e uibhir agus freagradh. Ghlaodh e 'n dara agus an treas uair; ach ma ghlaodh, b' ann an diomhain. Mu dheireadh thuig e gu'n d' thàinig Uilionn òg, agus gu 'n robh e stigh anns a' Chaisteal. Le sin ghlaodh e ris: "Géill no còmhrag." "Géill no còmhrag," ars Uilionn òg, "cha'n fhaigh thu 'n nochd, ach cuir air do shon féin glé mhoch am màireach."

Le éirigh na gréine air an ath latha dhìrich Uilionn òg air a' bhalla, agus ghlaodh e: "Am faigh mi cothrom na Féinne?" Fhreagair Iain Dubh Mór: "Gheibh thu còmhrag aon fhir, no còmhrag dithis, no triùir fhear, mar is àill leat." Cha d' éisd Uilionn òg ri tuilleadh cainnt, ach leum e thar a' bhalla, agus ghlaodh e gu 'n gabhadh e còmhrag ri aon fhear. Fhuair e sin, agus chaidh e féin agus Gaisgeach na Sgéithe-deirge an caraibh a chéile. Gleac iad gu cruaidh fad an là; ach mar bha 'm feasgar a' dlùthachadh, bha Uilionn òg a' fàs sgìth agus fann; ach an uair a chuimhnich e gu 'n robh e fad' o 'chàirdean agus dlùth d'a naimhdean, ghlac e misneach, thug e aon bheum fulteach, agus chuir e 'n ceann de Ghaisgeach na Sgéithe-deirge.

Leum e 'n sin thar balla a' Chaisteil ach mu 'n gann a bha e stigh, ràinig dùbhan Iain Duibh Mhóir e: "Géill no còmhrag." Fhreagair e mar air an oidhche roimhe. "Géill no còmhrag cha'n fhaigh thu uam-sa 'n nochd, ach cuir air do shon féin glé mhoch am màireach, agus gheibh thu sin."

Moch air an ath latha dhìrich Uilionn òg balla 'Chaisteil, agus dh' iarr e rithist cothrom na Féinne. Fhuair e sin, agus chaidh e féin agus Gaisgeach na Sgéithe-uaine an dàil a chéile. Bha e 'buidhinn air a' Ghaisgeach an toiseach an là, ach mu chromadh na gréine 's an àird-an-iar dh' fhairich se e féin 'fàs sgìth agus fann. Ach an uair a smuaintich e gu 'n

[TD 47]

[Beurla]

[TD 48]

robh e fad' o'chàirdean agus dlùth d'a naimhdean, thug e brosglachadh air féin, agus le aon bheum fulteach thilg e 'n ceann de 'n Ghaisgeach. Leum e 'n sin a stigh thar a' bhalla, ach chuir

Iain Dubh Mór dùbhlan 'na dhéidh mar air an oidhche roimhe.

Air an ath làtha agus air an là 'na dhéidh thachair gach ni mar air a' cheud dà là, agus chuir e na cinn bhàrr Gaisgeach na Sgéithe-gile agus Gaisgeach na Sgéithe-duibhe.

Bha nis na Gaisgich uile marbh, agus air an ath mhaduinn bha Iain Dubh Mór féin aige ri choinneachadh. Leum e stigh thar a' bhalla, agus air an oidhche sin ghabh a bhean aige cho math 's a b'urrainn i. Air an ath mhaduinn leum e mach mar b' àbhaist da, agus tharruinn e féin agus Iain Dubh Mór an dàil a chéile. Chòmhraig iad air tùs le 'n loinn, ach uaireigin air feadh an là thàinig iad cho dlùth air a chéile 's gu 'n deachaidh iad an spàирн chruaidh ghleac. Dheanadh iad bogain á bhogain agus creagain á chreagain, far am bu bhuge e 'dol fodha gu ruig an sùilean, agus far am bu chruaidhe e gu ruig an glùinean, agus far am bu mheadhonaiche e gu ruig ceann reamhar na sléisde. Mu chromadh na gréine chuir Uilionn òg Iain Dubh fodha, agus thilg e 'n ceann dheth.

An uair a chunnaic a bhean so, ruith i dh' ionnsaidh a' gheata agus dh' fhosgail i e, air chor 's nach do ruig a fear leas am balla leum air an oidhche sin. Dh' fhuirich iad le chéile anns a' Chaisteal gus an do leithiseadh creuchdan Uilinn òig. An sin rinn iad deas air-son pilltinn dachaидh, agus thug iad leò gach òr agus airgiod a bh' anns a' Chaisteal. Thug iad leò mar an ceudna each agus mialchu agus seabhag-sheilge Iain Duibh Mhóir; agus, ni 'bu phriseile leò na gach ni eile, fiacail Rìgh na Gréige. Bha 'n t-astar fada, agus ghabh iad ùine mhath air

[TD 49]

[Beurla]

[TD 50]

an t-slighe. Mu dheireadh thàinig iad an sealladh àite Rìgh na Gréige. Ach an àite dol dh' ionnsaidh a' Caisteal, chaidh iad gu tigh a' mhuilleir, far an do chuir iad rompa fuireachd gus am faiceadh iad ciamar a bha gnothaichean a' dol mu thimchioll an àite. Cha do ghabh iad orra co iad, ni mó dh' aithnich am muillear iad, ged b' eòlach orra e roimhe sin.

An uair a thàinig an oidhche, agus a bha iad a' còmhradh ri chéile taobh an teine, thubhairt am muillear ri Uilionn òg: "Tha each agad cho brèagh 's a chunnaic mi riamh. Bu chòir dhuít dol leis am màireach gu réis nan each aig Caisteal an Rìgh." "Cha téid mis' ann," ars Uilionn òg, "ach faodaidh thusa an t-each a thoirt leat, agus dol ann, ma thoilicheas tu." Cha robh dhìth air a' mhuilleir ach an tairgse, agus ghabh e ris le 'uile chridhe.

Air an ath latha dh' fhalbh am muillear leis an each dh' ionnsaidh na réis. Ràinig e 'n Caisteal ann an àm. Chaidh na h-eich a tharraing suas aig ceann a' bhlàir-réis, agus an t-òrdugh falbh a thoirt seachad. Le sinteig no dhà shaighdich each a' mhuilleir a

mach roimh chàch uile, agus dh' fhàg e iad na b' fhaide 'na dhéidh leis gach ceum a thug e gus an d' ràinig e 'n ceann-uidhe. Bha e 'n sin astar mór air thoiseach air a' mharcaiche 'bu dlùithe dha, agus fhuair e 'n duais.

Thill e dhachaidh 'san fheasgar le moit mhóir air, a chionn gu 'n do bhuidhinn e 'n réis. Dh' innis e do Uilionn òg gach gaisge a rinn e leis an each, agus an sin thubhairt e: "Tha réis-chon ri bhi aig a' Chaisteal am màireach. Tha tri daimh fhiadh ri 'n leigeil as roimh na con, agus an cù 's luaithe, agus is mó a mharbhas, is e a gheibh an duais. Bu chòir dhuit dol ann leis a' chù agad." "Cha téid mis' ann," ars Uilionn òg, "ach thoir leat an cù, agus rach féin ann leis." Cha robh tuilleadh dhìth air a' mhuillear, agus an uair a thàinig an t-àm, dh' fhalbh e leis a' chù air éill. Ràinig e'n t-àite. Chaidh na

[TD 51]

[Beurla]

[TD 52]

féidh a leigeil as, agus na coin 'nan déidh. Ach mu 'n deachaidh iad ro fhada mharbh cù a' mhuilleir dà fhiadh, agus an cù a b' fhaigse dha aon fhiadh.

An uair a bha 'n réis seachad, thàinig an Rìgh far an robh am muillear, agus dh' fheòraich e dheth c'ait' an d' fhuair e 'n t-each, agus an cù a bh' aige. Fhreagair e gu 'n d' fhuair e coingheall dhiubh o dhuine 'thàinig a dh' ionnsaidh a thighe, agus a fhuair cead fuireachd ann; agus gu 'n robh seabhag-sheilg' aige cho brèagh 's a chunnaic duine riamh. "Falbh dhachaidh, agus innis dha gu 'm bi réis-sheabtag an so am màireach," ars an Rìgh, "agus bi cinnteach gu 'n toir thu leat e féin agus a sheabtag chum na réis."

Dh' fhalbh am muillear dhachaidh, agus dh' innis e do 'n choigreach mar chaidh dha aig an réis, agus am fios a chuir an Rìgh leis.

Air an ath mhaduinn dh' fhalbh Uilionn òg agus am muillear leis an t-seabhaig, agus ràinig iad an Caisteal an àm. Chaidh sè calmain a leigeil as, agus na seabhagan as an déidh. Ach mu 'n deachaidh iad ro fhada, spad seabhag Uilinn òig an t-sè.

An sin chaidh an Rìgh far an robh an coigreach aig an robh i, agus nach d' aithnich duine 'làthair, agus thubhairt e ris: "An reic thu 'n t-each, 's an cù, agus an t-seabtag a th' agad, agus bheir mi dhuit prìs mhath orra?" Fhreagair an coigreach nach reiceadh; ach gu 'n tugadh e dha rud beag eile a bh' aige, gun dad idir. Thug e 'n sin an fhiacail a mach as a phòc', agus shìn e i do 'n Rìgh, ag ràdh: "Feuch ciamar a fhreagras sin duibh."

Air ball dh' aithnich an Rìgh a mhac, agus rinn e gàirdeachas mór r' a fhaicinn slàn, fallain. Mhol e 'n sin e air-son na h-oibre a rinn e air a sgàth-san. "Rinn mi obair a tha cheart cho math ri sin. Thug

mi dhachaidh mo bhean, a ghoideadh uam, bliadhna

[TD 53]

[Beurla]

[TD 54]

mu 'n d' fhàlbh mi o 'n tigh." "Ma thug," ars an Rìgh, "thoir an so i gun dàil, chum 's gu 'm faic mi i." Chuireadh fios oirre gu tigh a' mhuelleir, agus an uair a thàinig i, rinn an Rìgh gàirdeachas mór r' a faicinn a rìs. Ghabh ise an fhiacail, agus chuir i i anns a' cheart àite anns an robh i, an dorus a bheòil. An sin rinneadh cuirm mhór dhaibh-san uile 'bh' aig na réisean, agus an uair a bha 'chuirm seachad, dh' fhàlbh mise dhachaidh.

[TD 55]

[Beurla]

[TD 56]

#### CATHAL O' CRUACHAN AGUS BUACHAILLE NA GREIGHE.

BHA Cathal O' Cruachan agus Buachaille na Greighe ann uair-eigin roimhe so.

Thachair iad air a chéile, agus chuir iad geall airson camanachd. Bha a' chamanachd ri seasamh tri làithean, agus aig ceann na tìm sin bha an t-each a b' fhearr 's a' ghreigh aig Cathal ri 'fhaighinn na 'm buidhneadh e, agus a' bhean aige r' a tabhairt do Bhuachaille na Greighe na 'n cailleadh e.

Choinnich iad air a' cheud là, agus bhuidhinn Cathal O' Cruachan. Choinnich iad a rìs an dara là, agus chaill Cathal O' Cruachan, agus bhuidhinn Buachaille na Greighe. Air an treas là chaidh iad ris a' chluich aon uair eile, agus chuir iad an là glé theth, ach bhuidhinn Cathal, agus chaill am Buachaille.

An sin thubhaint Buachaille na Greighe ri Cathal: "Tachair orm-sa am màireach aig a' leithid so de dh' àite, agus gheibh thu na h-eich a chur seachad ort."

Mu 'n d' fhàlbh Cathal 's a' mhàduinn, thubhaint a bhean ris: "Cuimhnich nach gabh thu gin de na h-eich gus an tig loth pheallagach, odhar, a bhitheas air dheireadh orra uile."

Choinnich iad, agus chuir Buachaille na Greighe na h-eich seachad air a bheulaibh; ach cha do ghabh e h-aon diubh, gus an d' thàinig an loth pheallagach, odhar, a bha air dheireadh. An sin thubhaint e: "Is e so mo roghainn de na h-eich," agus an uair

[TD 57]

[Beurla]

[TD 58]

a rug e oirre, dh' fhalbh e dhachaidh, làn-thoilichte leatha. Ach mo thruaigh léir! cha b' fhada a mheal e a shòlas. An uair a ràinig e dhachaidh, dh' innis iad da gu 'n do ghoid Famhair a bhean an uair a bha e air falbh. Bhóidich e nach rachadh poll à 'bhròig no lub á 'osan gus am faigheadh e a bhean, air-neo gus an cailleadh e a bheatha 'san oidhrip.

An camhanaich na maidne thog e air, agus bha e falbh, gus an robh dubhadh air a bhonnaibh, agus tolladh air a bhrògan, na h-eòin bheaga, bhuchallach, bhachlach, bhàrra-bhuidhe a' gabhail mu thàmh am bun nam preas 's am bàrr nan dos, na h-easagan lughach, laghach, mar a b' fhearr a thaghadh iad féin d'a chéile; ach ged bha iad-san cha robh Cathal O' Cruachan. Chunnaic e tigh beag soluis fada uaith, ach ged b' fhada uaith e, cha b' fhada 'ga ruighinn e.

Ciod an tigh a bha aige an so ach tigh Madadh na Maoile Móire. Thubhaint am Madadh còir: "A Chathail O'Cruachain, a dhuine bhochd, chaidh do bhean bhòidheach seachad an so an raoir aig an Fhamhair Mhór air a ghualainn.

Fhuair e gabhail aige gu math leis a' Mhadadh chòir, na 'n deanadh sitheann fhiadh agus earb, feòil chaorach agus mhult, gu leòir de bhoicionn ghabhar fodha agus de chraicionn chaorach thairis air sin. Chaidil e cho socrach 's a rinn e riamh. 'N uair a dh' éirich e 's a' mhaduinn, fhuair e deagh ghabhail aige leis a' Mhadadh agus 'n uair a bha e 'gabhail beannachd leis, thubhaint e ris: "Ma thig càs no éiginn ort am feasd, anns an dean luathas chas feum dhuit, cuimhnich orm-sa, agus bithidh mi ri d' thaobh."

Bha e a' falbh gus an robh dubhadh air a bhonnaibh agus tolladh air a bhrògan, na h-eòin bheaga, bhuchallach, bhachlach, bhàrra-bhuidhe a' gabhail mu thàmh am bun nam preas 's am bhàrr nan dos; na h-easagan lughach, laghach, mar a b' fhearr a

[TD 59]

[Beurla]

[TD 60]

thaghadh iad féin d'a chéile; ach ged bha iad-san, cha robh Cathal O' Cruachan.

Chunnaic e tigh beag soluis fad' uaith, ach ged b' fhada uaith cha b' fhada 'ga ruighinn e.

Chaidh e stigh, agus gu dé bha an so ach tigh Seabhadh Chreag na Sgeilpe. Thubhaint an t-Seabhadh ris: "A dhuine bhochd, chaidh do bhean bhrèagh seachad an so an raoir aig an Fhamhair Mhór air a ghualainn." Fhuair e gabhail aige gu math le Seabhadh Chreag na

Sgeilpe na 'n deanadh eòin ruadha, 's tàrmachain, liath-clearcan, is gach seòrsa eun a b' annasaiche na chéile sin. Chuir an t-Seabhag a laighe e, air dùn iteag a thàinig thairis air.

"Caidil thusa gu socair, a Chathail O' Cruachain; is fear-faire furachail Seabhag Chreag na Sgeilpe," ars i.

Chaidil e gu socrach, agus 'n uair a dh' éirich e 's a' mhaduinn, fhuair e gabhail aige gu math, leis an t-Seabhaig. 'N uair a bha e a' falbh, thubhairt i ris: "Ma thig cùs no éiginn ort am feasd anns an dean dà sgéith luath, làidir, feum dhuit, cuimhnich orm-sa, agus bithidh mise ri d' thaobh.

Thog e an sin air, agus bha e a' falbh gus an robh dubhadh air a bhonnaibh, agus tolladh air a bhrògan, na h-eòin bheaga, bhuchallach, bhachlach, bhàrra-bhuidhe a' gabhail mu thàmh am bun nam preas 's am bàrr nan dos; na h-easagan lughach, laghach, mar a b' fhearr a thaghadh iad féin d'a chéile; ach ged bha iad-san, cha robh Cathal O' Cruachan. Chunnaic e tigh beag soluis fad' uaith, ach ged b' fhad' uaith e, cha b' fhada 'ga ruighinn e.

Chaidh e stigh, agus gu dé bha so ach tigh Dreathan-donn Sruth an t-Siubhail. Fhuair e a shuipeir o an Dreathan de phronnaig arain agus chàise. Chuir e laighe e ann an dùn cóinnich, a bha cho socrach aige ri leabadh iteag na Seabhaige.

[TD 61]

[Beurla]

[TD 62]

Air an là màireach 'n uair a bha e 'gabhail beannachd leis, thubhairt e ris: "Ma thig cùs no éiginn ort ri d' thìm, anns an dean mise feum dhuit, cuimhnich orm-sa, agus bithidh mise ri d' thaobh."

Air feasgar an là sin ràinig e tigh an Fhamhair. 'N uair chunnaic a bhean e, thubhairt i ris: "Feumaidh tu dol am falach, oir marbhaidh am Fhamhair thu, cho luath 's a thig e." Chuir i an sin am falach e cho math 's a dh' fhaodadh i.

'N uair a thàinig am Fhamhair as a' Bheinn-sheilge, agus a chaidh e stigh, thubhairt e: "I! Ho! Hothagaich! tha mi a' faireachdainn fàile arrabhalaich an so an nochd." "Cha'n 'eil ann ach eun a thug an cat a stigh 's a tha mise a' ròstadh."

'N uair a chaidh am Fhamhair a laighe, thòisich a' bhean ri ràdh ris: "Cha ghabh thu marbhadh leis cho làidir 's a tha thu." "Cha ghabh mi marbhadh le leum orm féin aghaidh ri aghaidh," ars am Fhamhair. "Ach am faca thu an stoc a tha mach mu choinneamh an doruis? Tha caora am broinn an stuic, agus tha eun am broinn na caorach, agus tha ubh am broinn an eòin: agus co fhad' 's a bhitheas an t-ubh slàn, tha mo bheatha-sa tèaruinte.

Dh' éirich am Famhair 's a' mhaduinn, agus thog e air do 'n Bheinn-sheilge. Cha bu luaithe a chaidh e as an t-sealladh thar gualainn na beinne na bha Cathal a mach leis an tuaigh. 'N uair a sgoilt e 'n stoc, leum caor' air falbh as le luathas mór. Sheall e as a déidh, agus chunnaic e nach robh ann ach faoineachd dha dol 'ga ruith. An sin thubhaint e ris féin: "Nach bu mhath an so Madadh na Maoile Móire," agus mu 'n gann bha am facal a mach á 'bheul, bha 'm Madadh am broilleach na caorach. Thàinig e leatha, agus dh' fhàg e i eadar a chasan. Dh' fhosgail Cathal an sin a' chaora, ach cha bu luaithe a rinn e sin na leum eun a mach aise, agus a sgiath e air falbh.

Thubhaint e

[TD 63]

[Beurla]

[TD 64]

an sin ris féin: "Nach bu mhath an so Seabag Chreag na Sgeilpe.

Mu 'n gann bha 'm facal a mach as a bheul, thàinig an t-Seabag chòir, agus thug i air ais an Calman marbh, agus dh' fhàg i aig a chasan e. Cha bu luaithe a dh' fhosgail Cathal an t-eun na thuit ubh a mach as, agus rol e stigh do chàrn mór chlach a bha dlùth do 'n àite.

Ghlaodh an sin a' bhean ris: "A Chathail O' Cruachain, greas ort: tha am Famhair an déidh tighinn thar faobhar na beinne a' gabhail gach sligh' a's giorra na chéile." An sin thubhaint Cathal: "Nach bu mhath an so Dreathan-donn Sruth an t-Siubhail," agus mu 'n gann a thubhaint e 'm facal, sud an Dreathan a stigh do 'n chàrn, agus a mach thàinig e, is an t-ubh aige 'na ghob. Cha mhór nach robh am Famhair aig an Dreathan cho luath ri Cathal O' Cruachan. Ach shìn an Dreathan an t-ubh do Chathal, chuir e fo bhròig e, agus bhrist e e. Cha luaithe a bhrist Cathal an t-ubh na thuit am Famhair marbh an taobh a stigh do leth-cheud ceum dha.

Dh' fhuirich Cathal O' Cruachan agus a bhean an oidhche sin an tigh an Fhamhair. Air an ath latha thug iad leò gach òr is airgiod a bh' ann. Thug iad leò, mar an ceudna, Dreathan-donn Sruth an t-Siubhail, Seabag Chreag na Sgeilpe, agus Madadh na Maoile Móire. Agus an uair a ràinig iad an dachaидh féin, rinn iad cuilm mhór, thlachdmhor dhoibh féin, d' an coimhearsnaich, is d' an càirdean.

'N uair a theirig a' chuilm, thubhaint am Madadh: "Feumaidh sinne 'bhi falbh."

Ach thubhaint Cathal: "Cha bhi." "Feumaidh mise falbh co dhiùbh," deir am Madadh, "oir bithidh mo thigh air a robadh aig sionnaich, aig feòcullain, is aig taghain." Thubhaint an t-Seabag: "Feumaidh mise falbh cuideachd, oir bithidh mo dhachaيدh air

[TD 65]

[Beurla]

[TD 66]

a robadh aig feannagan, 's aig fithich." Agus thubhairt an Dreathann; "Bithidh mise 'falbh an cuideachd mo chàirdean, o 'n tha iadsan làidir agus mise lag. Bithidh iad 'nan cuideachd dhomh air an t-slighe." Thubhairt an t-Seabhag ris: "Leum an àird cùl mo dhà sgéithe; agus cha bhean eun eile dhuit, gus an ruig thu dhachaидh."

Ghabh an sin Cathal O' Cruachan an cead càirdeil r' a chàirdean. Dhealaich mise riu aig an dorus, agus thug mi dhachaидh orm.

[TD 67]

[Beurla]

[TD 68]

DOMHNULL NAN CUAL.

BHA Domhnall 'na fhear-giùlain connaidh gu tigh duin'-uasail àraeidh a bha 'san tìr, agus is ann air an aobhar sin a thugadh Domhnall nan Cual air mar ainm.

Bha Domhnall a' saothrachadh gu dichiollach gach latha, ach an déidh sin uile cha robh fois aige 'na inntinn, ann an aon fhocal cha robh e riaraichte le 'staid.

Air là àraeidh, is e air a rathad gu tigh an duin'-uasail, ro sgìth leis an eallaich-chonnaidh a bh' air a mhuin, choinnich duin'-uasal òg e a thubhairt ris: "Tha thusa, a Dhomhnuill chòir, 'gad shàrachadh. Nach 'eil thu 'fàs sgìth de ghiùlan a' chonnaidh?" "Tha, gu dearbh, glé sgìth; agus bhithinn coma ged gheibhinn atharrachadh seirbhise," deir Domhnall. An sin thubhairt an duin'-uasal òg ris: "A Dhomhnuill, is mise am Bàs; agus ma ghabhas tu seirbhis agam, nì mi lighiche dhiot, ach air chumhnant gu 'm faigh mi thu a' cheud uair a bheir thu 'n car asam." Ghabh Domhnall ris a' chumhnant, oir b' fhearr leis rud air bith na bhi ag giùlan connaidh.

Thubhairt am Bàs an sin ris: "'N uair théid thu dh' fhaicinn duine thinn, ma chì thu am Bàs 'na sheasamh aig a cheann, cha ghabh thu gnothuch ris, oir cha bhi e beò; ach ma bhitheas e 'na sheasamh aig a chasan, gabhaidh tu e os làimh, oir bithidh e beò.

Bha Domhnall a' deanamh mar dh' iarradh air, agus

[TD 69]

[Beurla]

[TD 70]

bha gach ni a' soirbheachadh leis. Gach duine a theireadh e bhi

theachd beò, bhitheadh e beò; agus gach neach a theireadh e  
bhitheadh marbh, bhitheadh e marbh.

Dh' fhàs an Rìgh an sin ro bhochd. Chaidh fios a chur air Domhnall,  
agus thàinig e chum a' Chaisteil. Ach 'n uair chaidh e stigh gu  
taobh leabadh an Rìgh, chunnaic e 'n gòsganach ud 'na sheasamh aig a  
cheann, agus cha ghabhadh e gnothach ris. Mu dheireadh cho-éignich  
iad e gu rud-eigin a dheanamh air a shon. Dh'iarr e 'n sin an Rìgh a  
thionndadh 'san leabadh gus am bitheadh a cheann far an robh  
'chasan, agus a chasan far an robh 'cheann. Cha luaithe a chaidh so  
a dheanamh na thòisich an Rìgh ri fàs na b' fhearr. Chunnaic e 'n so  
am Bàs ag èalaidh sìos gu ceann an Rìgh, agus dh' iarr e 'n Rìgh a  
thionndadh air ais d'a àite ris. Chaidh a' chluich so air adhart car  
tacain gus mu dheireadh an do ghabh am Bàs a' leithid de chorruich  
's gu'n d' fhalbh e mach 'na dheann.

'N uair dh' fhàs an Rìgh gu math, thog Domhnall air, ach cha  
deachaidh e fad' o'n Chaisteal 'n uair choinnich am Bàs e. "Tha thu  
agam, a nis," deir am Bàs, "oir bhrist thu 'n cumhnant. Thug thu 'n  
car asam."

"Tha sin mar sin, gun teagamh," thubhairt Domhnall, "ach an leig thu  
leam gus an abair mi m' ùrnaigh?" Cheadaich am Bàs dha a iarrtas.  
Thionndaidh an sin Domhnall ris, agus thubhairt e: "Cha'n abair mi  
idir i." Dh'fhàg an so am Bàs e ann am mórrchorruich, a' bóideachadh  
gu 'm bitheadh e suas ris fhathast air-son a chuir.

Bha Domhnall air a fhàgail dha fhéin a nis; cha robh am Bàs a' cur  
dragha air bith air. Bha gach ni a' soirbheachadh leis, agus bha e  
'fàs fo mhór-mheas 'san dùthaich. Air là àraidh, agus Domhnall ag

[TD 71]

[Beurla]

[TD 72]

imeachd an rathaid 'na aonar, choinnich buidheann bheag de chloinn  
na sgoil' e, agus iad, a réir coltais, ro bhrònach. Bha Domhnall  
blàth-chridheach, agus le sin chaidh e null, agus dh' fhiosraich e  
dhiubh cion-fàth an trioblaide. Fhreagair iad: "Cha'n urrainn sinn  
ar n-ùrnaigh a ràdh, agus peanasaichidh ar Maighstir sinn." Cha b'  
urrainn do Dhomhnall so a sheasamh. Shuidh e taobh an rathaid leis  
a' chròilein timchioll air, agus theagaing e 'n ùrnaigh dhoibh.

Cha luaithe a dh' fhalbh a' chlann na thàinig am Bàs, agus thubhairt  
e ri Domhnall: "Tha thu agam a nis, co dhiùbh!" An sin fhreagair  
Domhnall: "Is iongantach an duine thu: cha'n 'eil àit' anns nach bi  
thu: tha iad ag innseadh dhomh-sa, ged rachadh do chur ann am botul,  
gu 'n tigeadh tu as, agus gu 'm marbhadh tu." "Tha sin fior," deir  
am Bàs. "Cha'n 'eil mi 'gad chreidsinn, ach tha botul agam-sa, agus  
feuch an téid thu ann." Chaidh am Bàs 's a' bhotul, agus bhual  
Domhnall an corc ann gu teann, ag ràdh aig a' cheart àm: "Fan thusa  
an sin." Dh' fhalbh e leis a' bhotul, agus thilg e mach air loch e,

agus bha e saor aon uair eile.

An ceann ùine, gun bhi fada, thàinig am botul gu tir far an deachaidh a bhristeadh. Fhuair am Bàs an sin mu sgaoil, is cha do stad e gus an do chuir e crìoch air Domhnall.

[TD 73]

[Beurla]

[TD 74]

IAIN DUBH LEODHASACH, SEOLADAIR.

B' E mac iasgair a bh' ann an Iain Dubh. An uair a bha e 'na bhalachan beag, bhàthadh 'athair, agus an déidh sin thogadh e le bràthair 'athar. Bha e a' fuireachd goirid as do'n Acarsaid Mhóir an Leódhais, far am b' àbhaist da bhi 'g iasgach, agus a' faicinn nan soithichean a bha 'tadhal na h-Acarsaid. Ghabh e mar so spéis mhór do'n mhuir, agus mu dheireadh cha'n fhoghnadh ceàird air bith leis, ach a bhi 'na sheòladair.

Air feasgar àraidh chunnaic e long bhrèagh a' tighinn fo làn-aodaich a stigh do'n chala, agus bha leis nach fac' e riamh roimhe sealladh 'bu bhòidhche. Leum e stigh 'na bhàt'-iasgaich beag féin agus mu'n d' ràinig acair na luinge an grunnd, bha e air bòrd oirre. Dh'fheith e gus an robh a h-aodach paisgte, agus an sin dhìrich e aon de na croinn, agus thòisich e air ruith a mach 's a stigh air na slataibh agus air streap air na ruip, mar chunnaic e na seòladairean a' deanamh. Thug an Sgiobair fa-near cho dàna, tapaidh 's a bha e, agus cho luath 's a theorinn e as a' chrann; agus dh'fheòraich e dheth am bu mhath leis a bhi 'na sheòladair? Fhreagair Iain Dubh nach robh ni air bith air an t-saoghal a b' fhearr leis.

"Falbh dhachaidh, ma-tà," ars an Sgiobair, "agus faigh cead d' athar, agus thigibh le chéile 'n so am màireach, agus ma chòrdas sibh féin agus mise, leigidh mise leat falbh còmhla rium-sa, agus an t-seòladaireachd ionnsachadh. Thubhaint Iain Dubh nach robh 'athair

[TD 75]

[Beurla]

[TD 76]

beò, ach gu'n iarradh e cead bràthair 'athar. Dh' fhoghninn sin leis an Sgiobair, agus dh'fhalbh Iain Dubh dhachaidh le cabhaig mhóir.

Moch air an ath latha thill e air ais 'na ruith 's 'na leum, agus mu'n gann a fhuair e air bòrd, thubhaint e le gàirdeachas gu'n d' fhuair e làn-chead o bhràthair 'athar falbh leis an luing. "Agus an d' thubhaint e diog riut mu mhuinntireas a ghabhail?" ars an Sgiobair. "O, thubhaint," fhreagair Iain Dubh, "tha mi ri mi féin a cheangal ris an luing fad chóig bliadhna, chum gu'n ionnsaich mi an

t-seòladairreachd gu ceart.” “Agus gu dé a thubhaint e riut mu thuarasdal?” “Thubhaint gu’n robh mi ri bonn-a-sè fhaotainn aig ceann a’ cheud mhìosa agus dà bhonn-a-sè aig ceann an dara mìosa, a’ dùblachadh mar sin duais gach mìosa gu deireadh nan cóig bliadhna.”

Rinn an Sgiobair glag mór gàire air tuarasdal Iain Duibh, agus gun smuainteachadh roimh làimh air ciod a bha e ’dol a dheanamh, thubhaint e: “Gheibh thu sin, a laochain”; agus chaidh Iain a cheangal ris an luing le bann-céirde.

Air an ath latha sheòl an long a mach as an Acarsaid, agus chaidh i air turus-cuain do dhùthaich fad’ air falbh. Ràinig i an t-àite gus an robh i ri dol, agus dh’fhuirich i fada thairis, ach aig ceann cheithir bliadhna phill i air a h-ais do Shasunn, agus ann an toiseach na cóigeamh bliadhna de mhuinntireas Iain Duibh, ràinig i ’m baile-puirt d’am buineadh i.

Thàinig a sealbhadairean air bòrd oirre, agus an déidh dhoibh an Sgiobair fhàilteachadh, thòisich iad air amharc mu thimchioll na luinge.

Bha Iain Dubh air fàs ’na ghille gasda agus ’na sheòladair taghta. Ach fathast cha d’fhuair e peighinn a thuarasdail, na b’ fhaide na tasdan no dhà a nis ’s a rithist an uair a bhithheadh e ’dol air tir leis na seòladair-

[TD 77]

[Beurla]

[TD 78]

ean eile anns na bailtibh-puirt ’san robh iad a’ tadhail. Ni mó a smuaintich an Sgiobair air an t-suim gus an tigeadh tuarasdal a’ ghille a dheanamh suas, gus an d’ thàinig na sealbhadairean air bòrd. An sin dh’ fheòraich aon diubah: “C’ait’ an d’fhuair e ’m balach seòladair a bh’ aige an sud?” Fhreagair e gu’n d’fhuair e ann an Eilean Leódhais e. “Is gu dé ’n ùine a tha e agad?” “Tha còrr is ceithir bliadhna.” “Agus gu dé ’n duais a tha thu a’ toirt da? Cha’n ’eil teagamh nach ’eil thu ’toirt da duaise maithe; oir is e seòladair cho tapaidh ’s a chunnaic sinn riamh.”

Rinn an Sgiobair fèith-ghaire agus thubhaint e: “Ma-tà, cha d’thug mise duais air bith dha fhathast. Ach dh’iarr e féin gu’m bitheadh ceangal chóig bliadhna air a chur air, agus gu’m faigheadh e mar dhuais bonn-a-sè aig ceann a’ cheud mhìosa, dà bhonn-a-sè aig ceann an dara mìosa, agus ’dùbladh mar sin duais gach mìosa a leanadh gu deireadh nan cóig bliadhna. Agus an ni a dh’iarr e, gheall mise dha am fala-dhà, agus cha b’ ann le rùn a phàidheadh a réir ’iarrtais.

“An do smaoinich thu roimh làimh air ciod a bha thu ’dol a dheanamh? Gheall thu do’n ghille tuilleadh na ’s fhiach an long agus na choisinn i o’n cheud là a chaidh i air sàile.”

Air tùs cha do chreid an Sgiobair so, ach an uair a chunnaic e gu'n robh e fìor, ghabh e làire agus aimheal mór. Mu dheireadh thubhaint e:

"Is gu dé ni sinn?" Fhreagair na sealbhadairean: "Cha'n 'eil ach aon ni is urrainn thu a dheanamh. Falbhaidh tu air an ath thurus-cuain gun dàil, agus bheir thu deagh aire gu'n cum thu astar math bho fhearrann air an latha mu dheireadh de mhuinntireas a' ghille. Bheir sinne dhuit na th' againn a dh'airgiod ann an tri pocaibh, agus their thu ris aig dà uair dheug

[TD 79]

[Beurla]

[TD 80]

air an là mu dheireadh d'a ùine gu'm bheil a thuarasdal agad anns na pocaibh, agus gu'm faigh e iad, ma dh' fhàgas e 'n long leò an sin; ach mur fàg, gu'm páidh thu e 'na dhéidh sin, mar thoilicheas tu féin."

Thubhaint an Sgiobair, duilich 's mar bha sin leis a dheanamh, gu'm feuchadh e r'a dheanamh.

Cho luath 's a fhuair an Sgiobair gach ni deas, dh'fhalbh e air an ath thurus-fairge. Ràinig e 'n t-àite gus an robh e ri dol gu tèaruinte, agus an déidh dha 'n luchd a liubhaint, phill e air an t-slighe air an d'thàinig e. Ruith ùine Iain Duibh a mach mu'n d'thàinig an long an sealladh fearainn, agus air an là mu dheireadh d'a ùine thraig an Sgiobair dha a thuarasdal air chumhnant gu'm fàgadh e 'n long air ball. "Uile cheart," ars Iain. "Ma gheibh mi mo dhuais, fàgaidh mi 'n long air a' mhionaid so. Ach an toir thu dhomh dà uair de'n t-saor, a dheanamh ràtha air mo shon?" "Gheibh thu sin, agus fiadh cuideachd," ars an Sgiobair; oir bha e duilich dealachadh ri Iain, agus toileach a chuideachadh.

An uair a bha 'n ràth deas, chaidh e leigeil sìos thar taobh na luinge. Fhuair Iain mar a dhuais aon phoca làn òir, poca eile làn airgid, agus treas poca làn copair. Chuir e iad gun fosgladh air an ràth maille ri poca bhriosgaid, agus searrag dhighe, agus phùc e 'n ràth air falbh o thaobh na luinge. Thog an sgioba iolach tri uairean 'san dealachadh, agus an sin dh'fhalbh an long air a slighe.

Bha i 'dol na b' fhaide bhuaith gach mionaid, 's an oidhche 'tighinn. Mu dheireadh thàinig an oidhche, agus thug an dorchadas as a shealladh i. An sin thòisich Iain bochd air fàs trom-inntinneach, is gun fhios aige ciod a thachradh dha, mu'n tigeadh an ath latha. Mu dheireadh smaointich e gu'm feuchadh e gu dé 'n stuth a bh' anns an t-searrag. Thug e srùbag

[TD 81]

[Beurla]

[TD 82]

aiste, agus dh'fhairich e gu'n d'thug sin eutromachadh air 'inntinn. Mu mheadhon-oidhche thug an cadal thairis e, agus cha do dhùisg e ach gus an robh an latha 'bristeadh. Bha 'n sin fathan bòidheach gaoithe ag iomain an ràtha roimhe. Chuir Iain seachad tri oidhcean agus tri làithean air an ràth. Ach air feasgar an treas là chunnaic e fearann roimhe agus ann an dorchadh na h-oidhche bhuail an ràth air a' chladach anns an aon phort bu bhòidhche 'chunnaic e riamh bho oir tuinne gu bun coille.

Leum Iain Seòladair air tìr, toilichte gu'n d'fhuair e, aon uair eile, leud a bhuinn a dh' fhearrann fodha. Thug e leis na pocanna gu bràigh a' chladaich, far an d'fholaidh e iad anns a' ghainmhich. Shlaod e 'n sin an ràth suas gu oir na coille; oir thubhairt e ris féin: "Cha'n 'eil fios nach dean e feum do dhuine eile fhathast."

Bhuail e 'n sin a stigh do'n choille, feuch an tachradh e air tigh anns am faigheadh e fuireachd. Ach ged shiubhail e fad na h-oidhche, cha'n fhac' e tigh no treabhair. Mu bheul an latha thug e sùil roimhe, agus chunnaic e goirid as smùid ag éirigh aig bun stalla mór creige. Rinn e dìreach air, agus gu dé bha 'n sin ach turasgal mór dubh de thigh coltach ri seann mhuileann. Bha e a' toirt thairis le sgios agus le cadal, agus le sin bhuail e stigh gun chead iarraidh no fhaotainn.

Bha boireannach dreachmhor 'na suidhe taobh an teine roimhe; agus an uair a thug i 'n aire dha, chaidh i 'm fiamh mór, oir cha robh i cleachdte ri luchd-siubhail fhaicinn a' tighinn an rathad. Ach an ùine goirid ghlac i de mhisnich gu'n d'fheòraich i dheth co as a thàinig e? Fhreagair e gu'm bu sheòladair bochd e, a shnàmh gu tìr á long a chaidh fuidhe fad' a mach air a' mhuir. Thug i da biadh agus deoch, agus ghuidh i air cabhag a dheanamh, agus a bhi mach as an tigh

[TD 83]

[Beurla]

[TD 84]

cho luath 's a b' urrainn e. Dh' fheòraich e dhith c'arson; agus fhreagair ise gu'n robh seachd robairean a' fuireachd anns an tigh; agus na'n tigeadh iad mu'm fàgadh e, nach leigeadh iad as beò e. Dh'fheòraich e 'n sin c'uin a thigeadh iad? Fhreagair ise gu'n robh dùil aice riu gach mionaid. "Thigeadh iad, ma-tà," ars Iain Seòladair. "O'n fhuair mise stigh, cha téid mi mach, gus am faigh mi lochdan cadail." "Ma-tà," ars am boireannach, "dean thusa do roghainn féin, ach tha eagal orm-sa gu'm bi aithreachas ort, nach do ghabh thu mo chomhairle-sa." "Bitheadh sin mar sin, no gun bhith; ach innis thusa dhomh-sa 'n dràsda c'àit' am faigh mi mi féin a shìneadh agus greis fhoise a ghabhail."

Rinn am boireannach sin, agus ann an tiota bha e 'n suain chadail.

Cha robh fhios aige gu dé co fhada 's a chaidil e, ach b' i bruidhinn àrd nan robairean a dhùisg e. Chual' e iad a' feòraich c'àit' an robh e? Dh'innis am boireannach sin daibh, agus gun dùil mionaide, chaith iad far an robh e, agus dh'fheòraich iad dheth gu dé chuir an sud e? Dh'innis e dhaibh an t-aobhar mar dh'innis e do'n bhoireannach. "Ma-tà," ars aon aca, "is robairean a tha annainne, agus cha'n 'eil sinn a' leigeil le duine, a thig an rathad so, dol as beò." "Ha! ha!" ghlaodh Iain Dubh, "nach mi 'tha toilichte gu'n do thachair bràithrean céirde dhomh fhéin orm. B' i 'n robaireachd mo cheàird am dhùthaich féin, gus am b' éiginn domh teicheadh agus a' mhuij a thoirt orm. Ma ghabhas sibh-se leibh mi, geallaidh mi gu'm bi mi cho dileas ri aon air bith anns a' chuideachd."

"Nì do choltas an gnothuch," ars aon aca, "agus tha do sheanachas a' dearbhadh gu'm bheil thu misneachail. Bheir sinn cothrom dhuit a dhearbhadh gu dé 's urrainn thu 'dheanamh. Gheibh thu 'n là

[TD 85]

[Beurla]

[TD 86]

màireach a ghabhail foise, ach 'na dhéidh sin gabhaidh gach aon againn a rathad féin, agus am fear a bheir dhachaidh an tuilleadh creiche fad tri oidhchean, bithidh e 'na cheannard air càch, agus cha bhi ni aige r'a dheanamh, ach càram a ghabhail de'n tigh, am feadh 'bhios a chompanaich air falbh." Chòrd so gu math ri Iain, agus dh' fhuirich e aig an tigh gus an d'thàinig ceud là na deuchainne.

An sin dh' fhalbh e agus ghabh e mar rinn gach aon de'n bhuidheann, a rathad féin. An uair a thàinig an oidhche, phill e dhachaidh leis a' phocan chopair, a dh' fhalaich e làimh ris an tràigh, agus cha robh aig aon de 'n chuideachd uibhir ris. Dh'fhalbh e 'n ath latha, agus phill e 'san oidhche leis a' phocan airgid, agus ma rinn e na b' fhearr na 'chompanaich a' cheud là, rinn e seachd feabhas riu an là sin. Air an treas là dh'fhalbh e air-son an uair mu dheireadh, agus thug e dhachaidh am pocan òir. Dhòirt e na bh' ann air an ùrlar, agus dh' fheòraich e an d' rinn aon air bith aca na b' fhearr? Fhreagair iad uile nach d'rinn, agus a chionn gu'n robh esan cho math ri 'ghealladh riu-san, gu'm bitheadh iad-san cho math ri 'n gealladh ris-san, agus rinn iad e 'na cheannard thairis orra uile.

Air an ath latha dh'fhalbh na robairean a shireadh am fortain, ach dh'fhuirich Iain aig an tigh. Cho luath 's a fhuair e leis féin, smuaintich e air an tigh a rannsachadh. Thug e nuas pasg mór iuchraichean, a chunnaic e crochte air tarrainn anns a' bhalla, agus dh'fhosgail e leò gach seòmar 'san tigh ach an aon. Bha iuchair an aoin sin falaichte aig a' bhoireannach, agus dhiùlt i an toiseach dealachadh rithe. Ach air do Iain innseadh dhi gu'm b' esan a nis an ceannard, agus gu'm feumadh i bhi ùmhal da, thug i suas an iuchair.

An sin dh'fhosgail e dorus an t-seòmair uaignich,

[TD 87]

[Beurla]

[TD 88]

agus chunnaic e roimhe sealladh a chuir déisinn air. Bha bean-uasal, cho bòidheach, dreachmhòr 's air an do dhearc sùil riamh, an crochadh air fhalt ri croman am mullach an t-seòmair, agus bhàrr a h-òrdag a' beantainn air éiginn do'n ùrlar. Leum e d'a h-ionnsaidh, dh' fhuasgail e a falt, agus leig e sìos i, a réir coltais marbh. Bha i greis ann an neul, ach an uair a thàinig i as, dh'innis e dhi ciamar a thàinig esan do'n àit' ud, agus an sin dh'innis ise dha-san mar thugadh ise ann. B' i nighean Rìgh na Spàinte. Chaidh dithis de na robairean a ghlacadh aig Caisteal an Rìgh, agus a chionn gu'n do chuireadh gu bàs iad le 'h-athair, bhóidich càch nach gabhadh iad fois gus an deanadh iad dioghaltas air. B' e 'n dioghaltas a rinn iad ise 'ghlacadh, an uair a bha i ag gabhail sràide mu thimchioll a' Chaisteil, a toirt leò do'n àite féin, agus a pianadh le 'fàgail crochta, mar fhuair Iain Dubh i.

A dheanamh a' chuid so de'n sgeul goirid, theich iad o thigh nan robairean, a' toirt leò uibhir 's a b' urrainn daibh a ghiùlan a dh' òr agus de nithe luachmhòr, maille ri lòn air-son na slighe. Ghabh iad gach rathad a b' uaigniche na chéile, gus an d' thàinig oidhche. Chunnaic iad an sin bothan-àiridhe air thoiseach orra, agus rinn iad dìreach air. Cha robh iad fada 'ga ruigheachd. Chaidh iad a stigh, agus ged fhuair iad falamh e, bha e, a réir coltais, goirid roimhe sin air àiteachadh. Coma co dhiùbh, chuir iad rompa an oidhche a chaitheamh ann, mar a b' fhearr a dh'fhaodadh iad. Greis an déidh dhoibh dol a stigh, chual' iad borbhan coltach ri bruidhinn daoine aig taobh mach an doruis. Shaoil iad an toiseach gu'm b' iad na robairean a bh' ann, agus gu'n robh iad a' cagarsaich ri chéile a muigh. Ach cha b' fhada gus an do thuig iad nach d' thàinig na guthanna caola, fanna a bha iad a' cluinntinn, aon chuid o na robairean, no

[TD 89]

[Beurla]

[TD 90]

bho chreutairean saoghalta air bith. Mu dheireadh leum Iain Dubh air a chasaibh ag ràdh gu'm biodh fios aige-san, an tiota, ciod no co bhuaith a thàinig iad. Le sin dh'fhosgail e 'n dorus, ach dàna 's mar bha e, thug an sealladh, a chunnaic e roimhe, clisgeadh air. Bha tri colainnean 'nan seasamh m'a choinneamh, le'n cinn aca eadar an làmhan. "A dhaoine còire," ars Iain, "gu dé tha sibh ag iarraidh?" "Is sinn," fhreagair iad, "athair agus dà mhac a mharbhadh anns a' bhothan so le robairean agus a thiодhlacadh air cùl an tighe; ach a

chionn nach deachaidh gach ceann a chur maille r'a cholainn féin, cha'n eil sinne 'faotainn foise. Ma chuireas tusa ar cinn far am bu chòir dhaibh a bhi, theagamh gu'n dean sinne uibhir ri sin air do shon-sa fathast." Fhreagair Iain gu'n deanadh esan mar dh'iarr iad air, na'n leigeadh iad fhaicinn da far an robh na cinn, agus c'ait' am b' àill leò an cur. Chaidh iad leis agus rinn e gach ni mar sheòl iad dha, agus an uair a bha gach ni seachad, chaidh iad as an t-sealladh.

An ath latha dh'fhàg Iain Dubh agus nighean an Rìgh am bothan, agus cha do stad iad, gus an d' ràinig iad am baile-puirt a b' fhraigse dhoibh. Phòs iad an sin, agus chuir iad suas tigh-òsda leis an òr a thug iad á tigh nan robairean. Bha iad gu sona, soirbheach an sin, gus an d'thàinig long-chogaidh a stigh do'n acarsaid. Air bòrd na luinge so bha àrd-cheannard cabhlach na Spàinte, a' sìreadh nighean an Rìgh chum gu'n coisneadh e i féin agus leth na rioghachd; oir b' e sin an duais a gheall an Rìgh do'n cheannard air muir no air tìr a gheibheadh i, agus a bheireadh dhachaidh i gu tèaruinte.

Thàinig an ceannard air tìr le fear eile de na h-oifigich, agus de gach àite, c'ait' an do thadhail iad ach an tigh Iain Duibh. Cha robh iad fada stigh 'n uair a chuir iad eòlas air Iain agus air a mhnaoi.

[TD 91]

[Beurla]

[TD 92]

Dh'aithnich iad gu'm b' i nighean an Rìgh; ach cha do ghabh iad sin orra. Mu'n d'fhalbh iad, thug iad cuireadh càirdeil dhi féin agus d'a fear gu dol a mach agus an long fhaicinn an ath latha. Ghabh iad le chéile ris a' chuireadh gu toileach; ach, an uair a fhuair an ceannard iad air bòrd, chuir e suas na siùil, agus chum e air aghaidh, gus an robh e astar mór a mach o fhearann. An sin dh'fhàg e Iain Dubh bochd am bàta beag gun ràmh gun sheòl, agus dh'fhalbh e.

Is beag nach robh càs Iain 's a' bhàta cho cruaidh 's a bha e air an ràth. Chuir e 'n còrr de 'n là seachad gu brònach; ach, aig teachd na h-oidhche, chunnaic e sealladh a thug càil-eiginn de mhisnich dha, oir bha 'm bàta 'cumail a toisich 'san aon àird, agus falbh math oirre. An sin chunnaic e botul dighe làidir an toiseach a' bhàta, agus an déidh dha deoch a thoirt as, thuit e 'na chadal. Cho luath 's a dhùisg e 'n dara màireach, sheall e gach rathad, ach cha robh fearann air bith an amharc. Ach bha 'm bàta a' falbh le sgriob làidir agus ag cumail a cinn 'san àird an robh i an oidhche roimhe. Thug so tuilleadh misnich dha, gidheadh dh'fhairich e 'n latha fada gu leòir. Aig tighinn na h-oidhche thug e deoch eile as a' bhotul, agus chaidil e air. Air an treas là sheall e roimhe, agus chunnaic e fearann fad' as, agus am bàta 'deanamh dìreach air. Bha 'm ball-toisich a mach roimpe, agus tarruing chruaidh air; agus, ni a b' iongantaiche, lunn làidir air thoiseach air ceann a mach a' bhuill. Ach ciod no co a bha 'tobhadh a' bhàta, cha b' urrainn da

'bhreithneachadh no 'thuigsinn.

Mu dheireadh ràinig i 'n cladach agus chaidh triùir dhaoine a mach as an uisge roimpe, a' tarruing an ròpa-thoisich gus an d'fhàg iad i os ceann a' gharbh mhuir-làin. B' iad sin an triùir dhaoine d'an do chuir e 'n cinn agus an colainnean còmhla, aig cùl a'

[TD 93]

[Beurla]

[TD 94]

bhothain-àiridhe. Agus cho luath 's a chunnaic iad cas Iain air tìr, chaidh iad as an t-sealladh.

Faodar an còrr de'n sgeul innseadh am beagan bhriathar. Cha phòsadh nighean an Righ an ceannard a fhuair i, gus am bitheadh gach saighdear agus seòladair 'san rìoghachd air an cur seachad fo uinneig a seòmair an Caisteal a h-athar. An déidh dol troimh iomadh cruaidh-chàs, ràinig Iain an Caisteal air deireadh air càch uile. Bha e direach ann an àm. Dh'aithnich nighean an Righ e. Phòsadh iad a rìs; agus ma tha iad beò, tha iad sona.

[TD 95]

[Beurla]

[TD 96]

#### [BEITHRICHEAN BEINN BHEITHIR.]

B' E ceud ainm an t-sléibhe làimh ris am bheil luchd-turuis do Ghleann Comhann air an cur air tìr, Beinn Ghuilbin, ach a nis 's e theirear ris Beinn Bheithir. Fhuair e an t-ainm so o bheithir a bha o cheann fada a' gabhail fasgaidh 's a' Choire Liath, lag mór, a tha 'n aodann an t-sléibhe, agus is beag nach 'eil direach os ceann ceidhe Bhaile-chaolais. Bha 'bheithir so, a réir coltais, 'na culaidh-eagail do'n dùthaich uile mu 'n cuairt. O bheul a' Choire bha sealladh aice air a' cheum a bha a' dol timchioll bun na beinne, agus na'n tugadh am fear-turuis aineolach ionnsaidh air imeachd seachad oirre, leumadh i sìos agus reubadh i 'na mhìrean e.

Cha robh duine aig an robh a chridhe ionnsaidh a thabhairt oirre, no aon a b' urrainn innseadh ciamar a dh'fhaodadh cur as di, gus an d' thàinig Teàrlach Sgiobair an rathad. Dh' acraich e 'n soitheach aige astar math a mach o'n àite 'sam bheil an ceidhe nis suidhichte; agus eadar an soitheach agus an cladach rinn e drochaid de bharaillean falamh, ceangailte r'a chéile le ròpaibh, agus làn de spéicean iaruinn. An uair a bha 'n drochaid criochnaichte, las e teine mór air bàrd an t-soithich, agus chuir e pìosan feòla air na h-éibhlibh. Cho luath 's a ràinig fàileadh na feòla loisgte 'n Coire, theirinn a' bheithir 'na leumannan a dh' ionnsaidh a' chladaich, agus as a sin dh'fheuch i ri rathad a dheanamh air na baraillean a mach chum

an

[TD 97]

[Beurla]

[TD 98]

t-soithich. Ach chaidh na spéicean 'na corp, agus reub iad i cho dona 's nach mór nach robh i marbh mu'n d'ràinig i ceann a mach na drochaide. Aig a' cheart àm bha 'n soitheach air a tharruing air falbh o'n drochaid gus an robh bealach mór eadar i féin agus am baraille mu dheireadh. Thar a' bhealaich so cha robh de neart air a fhàgail aig a' bheithir gu'm b'urrainn i leum thairis air gu ruig clàr-uachdair an t-soithich, agus do bhrigh nach b'urrainn i pilleadh an rathad a thàinig i, fhuair i bàs d'a leòn far an robh i aig ceann na drochaide.

Dh'fhairich an sluagh a bha a chòmhnuidh am fagus do'n bheinn a nis aig sìth. Ach ma dh'fhairich, bu bheag a bha fios aca mu 'n chunnart ùr anns an robh iad. B'e aobhar a' chunnairt so cuilean a dh'fhàg an t-seann bheithir 'na déidh anns a' Choire Liath. Ré ùine dh'fhàs an cuilean 'na làn-bheithir, aig an robh cuain bheithrichean òga, falaichte ann am mulan-coirce aig bun na beinne. An uair a dh'fhairich an tuathanach iad 'na mhulan, chuir e teine ris, an dùil gu'n cuireadh e mar so as do na creutairean cunnartach a bh'ann. Bha 'n sgreadail air a giùlan leis a' ghaoith suas taobh na beinne, agus cho luath 's a ràinig i am màthair, sìos leum i g'an cuideachadh. Ach bha i fada gun an ruigsinn, agus a dh'aindeoin gach ni a rinn i, loisgeadh iad gu bàs. An uair a chunnaic i so, shin i i féin air lic làimh ris a' chladach, agus chum i air an leac a bhualadh le 'h-earball gus an do mharbh si i féin.

Is e theirear ris an lic fathast Leac-na-Beithreach, agus is ann oirre a tha Tigh Beinn Bheithir a nis a' seasamh.

[TD 99]

[Beurla]

[TD 100]

SGEOIL MU SHITHICHEAN, DAOINE-SITHE, SITH-BHRUTHAICH, NO DAOINE BEAGA, NO DAOINE MATHA.

TORR-A-BHUILG.

O CHEANN fhada thuit do bhean bhochd tadhail ann an tigh làimh ri Torr-a-bhuiig. Cha robh 'san àm duine stigh ach bean-an-tighe agus coltas leinibh bhig. Bha 'n leanabh 'ga aoirneagaich féin air ar ùrlar, agus an aon sgriach as a cheann a latha 's a dh'oidhche.

Dh'fheòraich a' bhean bhochd gu dé 'n gille a bh' aice an sin air an ùrlar. Fhreagair bean-an-tighe nach robh fhios aice. "Ma-tà," ars a'

bhean bhochd, "tha fhios agam-sa gu math gu dé th'ann, agus ma ghabhas tu mo chomhairle-sa, gheibh thu cuidhte 's e; ach mur gabh, gheibh thu do leòir dheth. Thuirt bean-an-tighe gu'n gabhadh i 'comhairle, agus an sin dh'innis a' bhean bhochd di ciod a dheanadh i ris.

An déidh do 'n bhean-bhochd falbh, chaith bean-an-tighe mach agus thug i stigh basgaid uibhean a chuir i 'nan cuairt air an ùrlar. Am feadh bha i ri sin, bha 'n gille air an ùrlar, a' coimhead oirre gu dùr; agus mu dheireadh thuirt e rithe gu colgarra: "Gu dé tha thu 'deanamh mar sin?" "Tha coire-togalach," ars ise. "Coire-togalach! Tha mi còrr agus tri cheud bliadhna, agus gus a so cha'n fhaca mi a leithid sin de choire-togalach."

[TD 101]

[Beurla]

[TD 102]

Cha robh teagamh na b'fhaide aig bean-an-tighe nach b' e sìthiche a bha 'san leanabh; ach chaith i mu thimchioll a gnothuich car tacain, mar bha i roimhe. An sin sheall i mach air an uinneig, agus an ùine ghoirid chuir i coltas fiamhta oirre féin, agus thòisich i air leum air a h-ais, mar gu'm bitheadh i 'faicinn rud-eigin uamhasach. Ghlèidh an gàrlaoch air an ùrlar sùil fhiar oirre greis, agus an sin dh'fheòraich e dhith gu dé bha i 'faicinn. "Tha," ars ise, "Torr-a-bhuilg r' a theine." Cha d' fheith e far an robh e na b' fhaide, ach leum e mach air an dorus ag ràdh: "M'ùird, is m' innean, 's mo bholg;" agus cha'n fhacas tuilleadh e.

[TD 103]

[Beurla]

[TD 104]

#### TALADH NA MNATHA SITHE.

LEASPAGAN beag odhar thu,  
Beiridh bó an nuallain;  
Nuallan na bó Muilich thu,  
M' anam agus m' aighear thu!  
Cha 'n ann á shiöl Chuinn thu,  
Siöl a's dochá leinn thu—  
Siöl Leòid nan long 's nan lùireach o Lòchlann:  
Do dhùthchas féin duit.  
Fire! faire! cha tu laogh  
Na seann bhà crionaidd;  
Fire! faire! cha tu minnean  
'Rug a' mhìseach.  
Fire! faire! ged nach tu sud,  
Fire! faire! 's tu mo laogh-sa.

Firein, firein, obh! obh!  
Na cluinneam do bhròn,  
Gun toll air do bhròig;  
Gu 'n do bhioraich do shròn  
Cho glas ris na neòil.  
Firein, firein, a bh' ann,  
Ghabh mo bhuinneag ort an t-àm,  
'Nuair a bha sneachd air a' chrann,  
'Nuair a bha do mhuime dall,  
'S 'n uair a bha 'n cuileann gun cheann.

[TD 105]

[Beurla]

[TD 106]

Hug O! gu h-aireach  
Bha mnathan a' bhaile,  
Hug O! gu h-aireach  
Gu snigheach, galach,  
Ag caoidh an leinibh,  
A' falbh na coille,  
'S an ciocchan geala,  
Ag call a' bhainne.  
M' ulaidh agus m' aoibhneas,  
'S e do ghoid a rinn mi  
Air a' mheadhon-oidhche,  
Gun choinneil no gun choinnleir,  
Gun solus no gun soillse.  
Tha thu agam o 'n uraidh,  
'S gur tu m' ulaidh.  
Bidh tu 'm bliadhna gu h-ùr uallach  
Air mo ghualainn feedh a' bhaile,  
'S tu mo leanabh mìleiseach, màileasach.

Glag fo lùirich!  
'S tu ceann-feadhna  
Nan each snàgach.  
'S tu mo leanabh  
Ruiteach, reamhar;  
Mo shult is m' fhiughair,  
Mo luachair bhog,  
Am bi m' aighear.  
'S truagh nach fhaicinn fhéin do bhuaile  
Gu h-àrd àrd air leacainn sléibhe  
Còta caol, coilearach, uaine,  
Mu do ghualainn agus léine.  
'S truagh nach fhaicinn fhéin do sheisreach,  
Fir 'na déidh 'cur an t-sìl;  
'S Mac-Comhnuill le 'chrann-treabhaidh  
'S a charbad ann cuide ribh.

[TD 107]

[Beurla]

[TD 108]

ORAN SITHE.

Mo leanabh mingileiseach maingileiseach,  
Bualadh nan each, glac nan lùireach,  
Nan each crùidheach 's nan each snàgach,  
Mo leanabh beag.

'S truagh nach faicinn féin do bhuaille,  
Gu h-àrd, àrd, air uachdar sléibhe,  
Còta caol, caiteanach, uaine  
Mu d' dhà ghualainn ghil, is léine,  
Mo leanabh beag.

'S truagh nach faicinn féin do sheisreach,  
Fir 'ga freasdal 'n àm an fheasgair,  
Mna Comhnuill a' tighinn dachaидh,  
'Sna Catanaich a' cur sìl.

O mhìle bhog, O mhìle bhog,  
Mo bhrù a rug, mo chioch a shluig,  
'S mo ghlùn a thog.

'Se mo leanabh, m'ultach iubhair,  
Sultmhòr reamhar, mo luachair bhog,  
M' fheòil, is m' uidhean am bhruiddhinn,  
Bha thu fo mo chrios an uiridh, lus an toraidh.  
Bidh tu 'm bliadhna gu geal guanach  
Air mo ghualainn feadh a' bhaile,  
Mo leanabh beag.

[TD 109]

[Beurla]

[TD 110]

O bheirinn o bhó, na cluinneam do leòn,  
O bheirinn o bhó, gu'm bioraich do shròn,  
O bheirinn o bhó, gu'n liath thu air chòir.  
O bheirinn o bhó gu'n teirig do lò,  
O bheirinn o bhinn thu.  
Cha'n ann a Chlann Choinnich thu,  
O bheirinn o bhinn thu,  
Cha'n ann a Chlann Chuinn thu,  
O bheirinn o bhinn thu,  
Siol is dochá linn thu—  
Siol nan Leòdach nan lann 's nan lùireach,  
B'e Lòchlainn dùthchas do shinnnsire.

[TD 111]

[Beurla]

[TD 112]

A' BHEAN-CHOMUINN.

GU'N dh'fhalbh mo bhean-chomuinn,  
Cha tig mo bhean-ghaoil,  
Gu'n dh'fhalbh mo bhean-chomuinn,  
Bean thogail nan laogh.

Thig blàth air a' ghiubhas,  
Agus ùbhlann air géig,  
Cinnidh guag air luachair,  
'S cha għluais mo bhean féin.

Thig na gobhra do'n mhainnir,  
Beiridh aighean duinn laoigh,  
Ach cha tig mo bhean dachaидh  
A clachan nan craobh.

Thig Màrt oirnn, thig foghar,  
Thig todhar, thig buar,  
Ach cha tog mo bhean luinneag  
Ri bleoghann no buan.

Cha dìrich mi tulach,  
Cha shiubhail mi frìth,  
Cha'n fhaigh mi lochd cadail  
'S mo thasgaidh 's a' chill.

[TD 113]

[Beurla]

[TD 114]

Tha m' aodach air tolladh,  
Tha 'n olann gun sniomh,  
Agus deadh bhean mo thighe  
'Na laighe fo dhòn.

Tha mo chrodh gun an leigeil,  
Tha 'n t-eadradh aig càch,  
Tha mo leanabh gun bheadradh,  
'Na shuidh' air a' bhlàr.

Tha m'fhàrdach-sa creachta,  
'S lom mo leac is gur fuar,  
Tha m' ionmhas 's mo bheartas  
Fo na leacan 'na suain.

Uist! a chagarain ghràdhaich,  
Caidil sàmhach, a luaidh;  
Cha tog caoineadh do mhàthair,  
Dean bà bà a nis, 'uain.

[TD 115]

[Beurla]

[TD 116]

#### SITHICHE GHLINNE-GARADH.

BHA bantrach an Gleann-garadh aig an robh leanabh gille. Chaidh i mach latha do'n tobar air-son uisce, agus an uair a bha i 'pilleadh chum an tighe, chuala i 'n leanabh, a dh' fhàg i 'na chadal gu sàmhach anns a' chreathall, a' sgreadail mar gu'm bitheadh e 'n cràdh mór. Ghreas i stigh, agus thug i dha deoch cho luath 's a b' urrainn i. Chum sin sàmhach e tiota, ach bhrist e mach a rithist cho dona 's a bha e roimhe. Thug i deoch eile dha, agus am feadh bha e aig a broilleach, sheall i air, agus chunnaic i gu'n robh dà fhiacail, gach aon diubah còrr agus òirleach air fad 'na bheul, agus gu'n robh 'aodann cho sean, seargta ri aon aodann a chunnaic i riamh.

Thubhairt i rithe fhéin: "Tha mi deas a nis, ach fuirichidh mi sàmhach feuch am faic mi ciod a thig as a so."

Air an là màireach thog i 'n gille leatha 'na h-asgait, chuir i tonnag thairis air, agus dh' fhalbh i mar gu'm bitheadh i 'dol do'n ath bhaile leis. Bha allt mór 'na slighe, agus an uair a bha i 'dol thar beul-àtha an uillt, chuir sud a cheann a mach, agus thubhairt e: "Is iomadh buaile mhór a chunnaic mise air dà thaobh an uillt so." Cha d'fheith a' bhean ri tuilleadh d'a eachdraidh a chluinntinn, ach thilg i e ann an linne dhomham a bha fo 'n àth far an robh e greis a' cur charan dheth agus 'ga càineadh agus ag ràdh na'n robh fios aige roimh làimh gu'm b'e sud an cleas a

[TD 117]

[Beurla]

[TD 118]

bha i a' dol a chluich air, gu 'n d' fheuch esan cleas eile dhi. An sin dh'fhairich i fuaim mar fhuaim sgaoth eun a' sgiathadh m'a timchioll, ach cha'n fhaca i ni air bith, gus an do sheall i aig a casaibh agus gu dé bha an sin ach a leanabh féin agus gun mhìr air cnàimh dheth na 's mó na air a' chlobha. Thug i leatha dhachaidh e, agus dh' fhàs e uidh air n-uidh na b' fhearr, gus an robh e mu dheireadh cho fallain ri leanabh air bith eile.

[TD 119]

[Beurla]

[TD 120]

[DA SGEUL MU SHAIGHDEAN SITHE.]

FHUARADH an dà sgeul a leanas o sheann duine a Chloinn An-léigh a bha ceithir fichead agus a cùig bliadhna dh' aois aig àm innsidh. Thubhairt e gu 'n robh a shinn-seanair 'na thuathanach beag air an Droman anns an linn a chaidh seachad. Coltach ri tuath eile an àma sin bha badan chaorach aige 'g ionaltradh air a' mhonadh anns an là. Ach an uair a thigeadh an oidhche b' àbhaist da an iomain a stigh do chrò-nan-caorach an ceann a' bhàthaiche de 'n tigh.

Oidhche bha an sin thuit gu'n deachaidh a mhac, is e 'na ghille òg, dh' ionnsuidh an doruis mhóir, a dh' fhaicinn ciod an coltas a bha air an speur mu'n rachadh e a laighe. Sheas e tacain eadar dà bhì an doruis ag amharc m'a thimchioll, agus an sin chuala e fuaim a' dol seachad le deann coltach ri srann sgaoth eun air an sgiathaibh. Aig a' cheart àm dh' fhairich e ni-eigin a' tuiteam air a chùlaibh ann an crò-nan-caorach. Phill e gun dàil tiota stigh, agus fhuair e am mult bànn marbh anns a' chrò.

Chaidh am mult fhionnadh, ach cha'n fhacas air a charcias leòn no bruthadh air bith a b' urrainn a bhi 'na aobhar a bhàis.

Cha robh diog tuilleadh air a ràdh mu bhàs a' mhuilt bhàin gus an d'thàinig tàillear an àite do thigh an tuathanaich a dheanamh aodaich. Air a' cheud oidhche 'n déidh dha tighinn, thubhairt e ri mac an

[TD 121]

[Beurla]

[TD 122]

tuathanaich: "Am bheil cuimhne agad air bàs a' mhuilt bhàin?" Fhreagair mac an tuathanaich gu'n robh. "Ma-tà," ars an tàillear, "is mise 'mharbh e, agus is tusa 'dh' fhaodas a bhi 'm chomain air-son sin a dheanamh." "Ad chomain air-son a' mhuilt bhàin a mharbhadh? Ciamar sin?" "Cò a b' fhearr leat a bhi air a mharbhadh, thu féin no 'm mult bànn?" "Am mult bànn, gun teagamh. Ach innis dhomh, guidheam ort, ciod a tha thu a' ciallachadh." Rinn an tàillear sin ann am beagan bhriathar.

Thubhairt e gu 'n robh esan fo chumhachd shìthichean Shìthein-na-Caillich, agus gu'm bitheadh iad 'ga thabhairt leò air turuis fhada troimh 'n athar anns an oidhche. Cha b' urrainn iad coire a dheanamh air aon duine ach tre dhuine eile, agus le sin, bhitheadh iad 'ga thabhairt-san leò, agus bheireadh iad air na saighdean sìthe a thilgeil air an neach d' an robh iad an droch rùn. "Bha iad," ar se, "an droch rùn duit-se, agus an uair a chuala thu sinn a' dol seachad le srann air an Droman, dh' iarr iad diom-sa saighead shìthe a

ghlacadh agus a thilgeil ort. B' éiginn domh an ni a dh' iarr iad orm a dheanamh, ach an àite cuimseachadh ort-sa, rinn mi air a' mhult bhàin. Gu fortanach dhomh-sa cha'n fhac' iad co a thuit, oir mu'n d' ràinig an t-saighead am mult, bha sinn astar mór seach an Droman air an turus gu cruinneachadh mór a bh' aig na sìthichean anns a' Chnoc 's a' Mhorbhairne. Theagamh nach 'eil thu ag creidsinn mo sgeòil, ach bheir mi dhuit dearbhadh cinnteach gur i 'n fhirinn a th' agam. Seall ann an crò-nan-caorach, agus gheibh thu an t-saighead ann fhathast."

Sheall mac an tuathanach, agus fhuair e, mar thubhairt an tàillear, an t-saighead 'na laighe fo ùrlar a' chrò.

[TD 123]

[Beurla]

[TD 124]

Mharbhadh an t-saighead shìthe gun leòn faicsinneach air bith fhàgail 'na déidh.

Bha fear-innsidh an sgeòil mu dheireadh ri buachailleachd, is e 'na bhalach, làimh ri baile Shrath-Abhann anns an taobh deas. Air latha soilleir Samhraidh thuit da 'bhi 'na shuidhe air bruaich mhòinteich, agus an crodh ag ionaltradh gu sàmhach m'a choinneamh. A chur seachad na h-ùine thòisich e air dial a gheàrradh anns an àilean uaine eadar a dhà chas. Am meadhon na h-oibre so bha leis gu'n cual' e 'n toiseach srannail anns an athar, agus tiota 'na dhéidh sin dearrasan eadar a chasan. Thionndaidh e 'shùil gu grad an taobh a thàinig an dearrasan, agus ciod a chunnaic e 'n sin, ach saighead shìthe sàidhte ann an teis-meadhon an dial. Bha i dearg-theth an toiseach, ach an ùine ghoirid bhàth uisge fuar na mòinteich i. Chuir e 'na phòca i an sin, agus an uair a bha 'mhuinntireas a mach thug e leis dhachaidh do'n Ghàidhealtachd i, agus leig e fhaicinn d'a athair i. "A laochain," ars 'athair, "b'e do charaid a thilg i, air-neo cha bhitheadh tusa an so an diugh."

An sin dh' innis 'athair dha an sgeul roimhe so, agus mar chuimsich an tàillear air a' mhult bhàin an àite a choimhearsnaich a bha 'na sheasamh 'san dorus.

[TD 125]

[Beurla]

[TD 126]

#### SITHICHEAN CHOIRE-CHAORACHAIN.

O CHIONN iomad bliadhna bha Domhnall Posda a' giùlan nan litrichean eadar Baile-chaolais agus an Gearasdan. Bha cuid de 'n rathad a bh' aige r'a iomachd gu math uaigneach agus ùigeil, agus bha 'n t-ainm aige bhi làn shìthichean agus bhòcain eile.

Air oidhche Shamhna bha Domhnnull, an déidh dha 'ghnothuch fhaotainn seachad, a' pilleadh air ais do Choire-Chaorachain far an robh e 'fuireachd. Greis mhath mu'n d' ràinig e 'n tigh, gu dé chunnaic e roimhe ach dà shìthiche dheug, a' dannsad agus a' leum a null agus a nall thar an rathaid. Cho luath 's a thug iad an aire dha 'tighinn, ghlaodh fear caol, ruadh dhiubh: "Bheir sinn leinn Domhnnull Posda." Ach bha fear eile dhiubh, gille gasda, a fhreagair: "Cha tabhair sinn leinn Domhnnull Posda, oir 's e Posda bochd a' bhaile againn fhéin a th' ann." An sin thuit dha sealltainn suas am bruthach os a cheann, agus ciod a chunnaic e air an àilean ghorm air a' mhullach, ach buidheann mhór shìthichean, ag cuibhleadh agus a' dannsad mar na fir-chlise. Chunnaic a' bhuidheann a bh' air an rathad mhór iad cuideachd, agus ghrad ghlaodh fear aca: "Bithidh sinn a' falbh as a so," agus ann am priobadh na sùla, bha iad air mullach a' bhruthaich leis a' bhuidheann eile.

Cha d'fheith Domhnnull a dh'fhaicinn crìoch na cluiche, ach chum e air a cheum, agus fhuair e dhachaidh gu tèaruinte. An déidh na h-oidhche sin cha'n fhaca e iad tuilleadh: ach bhitheadh e, air oidhchean àraidih de'n bhliadhna, ag cluinntinn monmhur am bruidhne 'san àite 'sam faca e iad roimhe.

[TD 127]

[Beurla]

[TD 128]

#### MAC AN TUATHANAICH AGUS NA SITHICHEAN.

BHA mac tuathanaich an Raineach a thuit ann an euslaint, agus a bhitheadh a' dol do'n mhonadh, mochthrath agus trath-feasgair, feuch am faigheadh e na b' fhearr.

An uair a thàinig an samhradh, agus a chaidh an crodh chum na h-àiridhe, dh' fhalbh e 'nan déidh, agus dh' fhuirich e 'nan cois gus an do phill iad dhachaidh chum an t-sratha an toiseach an fhogharaidh.

Air latha ceòthar, ciùin dh'fhalbh e g'an trusadh dh' ionnsaidh na buaile-bleoghainn, ach chaidh e air iomrall 's a' cheò, agus bha e ùine mhaith 'gan sireadh mu'n d'thàinig e orra. Fhuair e iad mu dheireadh ag ionaltradh ann an coire mór, brèagh le feur gorm brìghmhòr suas gu ruig an sùilean. Bha 'n là ceòbanach, blàth agus feur a' brùchdadadh a nìos gu bras as an talamh; agus, a thaobh gu 'n robh e sgìth leis an teas, agus le siubhal a' mhonaidh, shuidh e sìos air tolman uaine a ghabhail analach.

Cha robh e ach goirid an sin gus an cual' e guth, a' tighinn o bhun gach bileag fheòir aig a chasan, agus ag ràdh: "Cuid dhomh-sa dheth, cuid dhomh-sa dheth." Dh' éisd e 'n sin tacain, agus a nis bha 'n guth ceudna a' tighinn o bhun gach bileag fheòir a bh' anns a' choire. Sheall e feuch am faiceadh e co uaith a thàinig na

guthannan; ach cha robh duine, beag no mór, ri fhaicinn. Dh' éisd e rithist, agus an

[TD 129]

[Beurla]

[TD 130]

uair a chuala e a' ghàir cheudna an treas uair, thuig e gu'm b' ann o na sìthichean a thàinig e; agus ghlaodh e cho àrd riu fhéin: "Agus cuid dhomh-sa dheth cuideachd." Air ball sguir a' ghàir, agus an sin dh'iomain e 'n crodh chum na buaile.

Bha na banaraichean 'gam feitheamh, agus iognadh orra gu dé a ghlèidh iad cho fada. Thòisich iad air am bleoghainn; ach mu'n d'fhuairead iad an leth seachad, cha robh soitheach air a' bhuaile nach robh ag cur thairis le bainne. Cha b' urrainn iad a thuigsinn ciamar a dh' fhàs am bainne cho pailt ann an ùine cho goirid; mu dheireadh, thòisich iad air an t-sìd a mholadh agus a ràdh gu 'm b' i a b' aobhar do'n phailteas.

Dh' éisd mac an tuathanaich gu foidhidneach ris gach ni a chuala e, ach thubhairt e ris féin nach robh am bainne cho pailt anns na h-uile baile 's a bha air a' bhaile aca-san an latha sin, agus nach bitheadh e cho pailt an sud cuideachd, na'n do leig esan leis na sìthichean, an uair a bha iad 'ga tharruing g'an ionnsaidh anns a' choire.

[TD 131]

[Beurla]

[TD 132]

#### AONGHAS MOR THOM NA H-IUBHRAICH AGUS NA SITHICHEAN.

BHA Aonghas Mor 'na chìobair air baile làimh ri Tom na h-Iùbhraich an Inbhir Nis. Air feasgar ceòbanach fliuch, agus e a' tilleadh o chuartachadh a' mhonaidh, bha leis gu'n cuala e, a' tighinn a mach á creig làimh ris a' cheum air an robh e ag imeachd, guth coltach ri guth nighinn òig a bha e r'a pòsadh air an oidhche sin féin. Sheas e agus dh' éisd e, an dùil gu'n cluinneadh e an guth ceudna rithist. Chuala e an guth ach cha'n fhaca e coltas na h-inghine, no àite an aodann na creige anns am b' urrainn di bhi am folach. A' smuainteachadh an sin gu'm b' e guth mhic-talla a chuala e, chum e air a cheum gus an deachaидh e timchioll sròn na creige. Bha tolman bòidheach, uaine roimhe, agus cho luath is a thàinig e 'na shealladh, chunnaic e an dorus fosgailte agus solus a' tighinn a mach mar solus an là an soillearachd, agus chuala e an ceòl bu bhinne a thig no a thàinig, agus farum dannsaidh a stigh. Dh' èalaidh e dh' ionnsaidh an doruis, stob e a bhiodag anns an ursainn, agus thug e caol-shùil a stigh do'n t-Sìthean. B' ann an sin a bha an sealladh. Fir agus mnathan sìthe 'nan cròilein air meadhon an

ùrlair ag cuibhleadh is a' dannsadh le mire-chuthaich. Ach cha robh mìr de'n nighinn r'a fhaicinn. Sheas e far an robh e gus an d' thàinig bean-shìthe a mach, agus an deachaidh i dh' ionnsaidh uillt a bha

[TD 133]

[Beurla]

[TD 134]

goirid as. Agus an uair a bha i a' tilleadh chaidh e 'na coinneamh, agus sheas e anns an t-slighe roimpe. "Leig seachad mi, Aonghais Mhóir," ars ise. "Cha leig," fhreagair Aonghas, "gus an innis thu dhomh có i am boirionnach a chuala mi ag éigheach mu'n d'thàinig mi an sealladh an t-Sìthein." "Cha'n innis mi sin duit; cha'n fhaod mi," ars ise. "Mur innis, cha'n fhaigh thu seachad," ars esan. "Mur faigh ad dheòin, gheibh ad aindeoin," ars ise, agus shaighdich i seachad air, mar an dealanach. Bha aig Aonghas 'na làimh cromag le bior iaruinn anns an dara ceann dith, agus thilg e a' chromag an déidh na mnà-sithe agus bhail e i am bac nan easgaid. Thuit i air an lèar, agus mu'n d'fhuair i éirigh, bha i aige 'na ghàirdeanan, agus a' chromag tarsuinn roimpe.

"Innis dhomh, a nis," ars esan, "có i am boirionnach a bha ag glaodhaich anns an t-Sìthean mu'n d'thàinig mise 'na shealladh." "Aonghais Mhóir," ars ise, "ma dh' innseas tusa diomhaireachd na Ban-rìgh againne air Drochaid an Easain Duibh seachduin o'n nochd, is leat féin do bhean agus do mhac."

Chuir na briathran so ioghnadh mór air Aonghas, ach leig e as a' bhean-shìthe, agus dh' fhalbh e dhachaidh, agus phòs e an déidh dha ruigheachd.

Air feasgar eile, is e a' pilleadh dhachaidh as a' mhonadh, ràinig e a' chreag o'n cuala e an guth an oidhche roimhe. Sheas e aig a ceann, agus dh' éisd e car tamuill, ach cha chuala e diog. Chaidh e an sin air a aghaidh gus an d'thàinig e an sealladh an t-Sìthein. Dh' amhairc e rathad an doruis, agus chunnaic e solus a' dealradh a mach troimhe, ach cha chuala e fuaim ciùil no dannsaidh a stigh. Uime sin thionndaidh e air falbh, ach mu'n deachaidh e ro fhada air a shlighe, chunnaic e a' bhean-shìthe a' tilleadh

[TD 135]

[Beurla]

[TD 136]

o'n allt, agus anns an dol seachad ghlaodh i ris mar air a' cheud oidhche: "Aonghais Mhóir, is leat féin do bhean agus do mhac, ma dh' innseas tu diomhaireachd na Ban-rìgh againne air Drochaid an Easain Duibh air feasgar Di-haoine so a' tighinn."

Chuir an rabhadh a fhuair e mar so an dara h-uair càil-eiginn de dh' iomagain air Aonghas, gu sònraichte a chionn nach robh fios aige ciod a dh' fhaodadh tighinn as.

Ràinig e an tigh, agus choinnich a bhean e anns an dorus. Thug i fa-near gu'n robh ni-eigin ag cur dragha air a intinn, agus le sin dh'fheòraich i dheth an t-aobhar. Dh' innis e dhi gach ni a chunnaic agus a chuala e aig an t-Sithean.

"Aonghais, a ghaoil nam fear," ars a bhean, "na cuireadh ni dheth sin iomagain ort. Fhuair thu mise mu'n do ruith a' bhliadhna mach, agus le sin na cuireadh mise cùram tuilleadh ort."

"A bhean, cha'n 'eil mi 'gad thuigsinn," ars Aonghas. An sin thubhairt i:

"Mu thuaiream bliadhna roimhe so thàinig laigse orm, agus mi a' dol seachad air an t-Sithean. Shuidh mi sios, agus an ùine ghoirid thuit mi am chadal. An uair a dhùisg mi, bha mi anns an aon àite bu bhrèagha a chunnaic mi riamh agus air mo chuartachadh le fir agus le mnathan ag cur ri dannsadh. Dh' fheuch mi ri dol a mach, ach ge b' e taobh a ghabhainn, bhitheadh na sìthichean-oir b' iad a bh' ann-romham. Mu dheireadh thubhairt fear aca a bha a réir coltais 'na cheannard air càch: 'Ainnir dhonn nam miogshuil, gheibh thu mach, ma gheallas tu gu'm bi thu ad mhnaoi agam-sa, mur faigh thu do roghainn gràidh r'a phòsadh mu 'n tig bliadhna o'n nochd.' Bha mi cho toileach faotainn as is gu'n d'thug mi dha mo ghealladh. Ach, Aonghais, bu tusa mo roghainn a

[TD 137]

[Beurla]

[TD 138]

dh'fhir an domhain; agus o'n fhuair mi thu mu'n do ruith an ùine mach, tha mi nis saor o'n ghealladh a thug mi dha."

Air feasgar Di-haoine bha Aonghas Mór a' tilleadh as a' mhonadh aon uair eile, agus an uair a ràinig e Drochaid an Easain Duibh, chuimhnich e gu'm b' ann an sin a bha aige ri diomhaireachd Ban-rìgh nan Sìthichean innseadh. Sheas e car tacain air mullach na Drochaide, ach cha robh e fada an sin gus an cuala e an aon ghuth bu bhinne a dh' éisd e riamh ris anns an allt fuidhe. Thug e caol-shùil thar barran na Drochaide, agus cò a chunnaic e ag glanadh agus a' fùcadh aodaich air cloich anns an uisge ach a' Bhan-rìgh, agus b'e so an t-òran a bha i a' seinn:-

Séist.

Thoirionn O Ró Thùraibh Thoró,  
Thoirionn O is na Thùraibh Othó,  
Thoirionn O Ró Thuraibh Thoró.

I.

'S aithne dhomh 'Bheinn Mhór am Muile,  
'S aithne dhomh mullach Sguirr Eige,  
'S aithne dhomh 'n cat a bha 'n Ulbha,  
Agus 'earball ris an teine.

II.

Tha ceòl an talla mo ghràidh,  
'S tha òr an talamh MhicAidh;  
Ach tha òran an Inbhir Nis  
Air nach fhaighear fios gu bàth.

An uair a chriochnaich i an t-òran, ghlaodh Aonghas Mór o mhullach na Drochaide: "Ge b' oil leat, a

[TD 139]

[Beurla]

[TD 140]

bhean, tha thu cearr. Tha h-uile facal ad òran agam-sa nis, agus do dhìomhaireachd maille ris."

Chlisg a' Bhan-rìgh leis na briathraibh so, agus thug i sgreuch eagail aiste. Thog i an sin suas a ceann, agus an uair a chunnaic i Aonghas air an Drochaid, thubhairt i: "Rinn thu an gnothach orm. Is leat féin do bhean agus do mhac a nis." Agus an déidh dhi so a ràdh, chaidh i as an t-sealladh, agus cha'n fhaca e tuilleadh i.

[TD 141]

[Beurla]

[TD 142]

TAILLEAR RUADH RAIN EACH AGUS AN SITHBHREACH.

BHA 'n Tàillear Ruadh a chòmhnuidh an Raineach. Coltach ris a' chòrr d'a sheòrsa, bhiodh e a' dol o thigh gu tigh a dheanamh aodaich de 'n chlò a bhitheadh mnathan grunndail a' deanamh d' am fir agus d'am mic anns na h-àmaibh a chaidh seachad.

Uair-eigin, is e a' tarruing dlùth do thigh far an robh obair beagan làithean aige ri dheanamh, thàinig am feasgar air, agus chunnaic e, ann an doillearachd an anmoich, aon coltach ri leanabh fiòr bheag, a' ruith air thoiseach air, agus ag glèidheadh as an t-sealladh air chùl gach pris agus gach cnuic ri taobh an rathaid. Chruadhaich e a cheum an dùil gu'm beireadh e air an duineachan iongantach a bha roimhe, ach an àite a bhi a' buidhinn, b' ann a bha e ag call leis gach ceum a bheireadh e. Cho luath 's a thug e so fa-near, thòisich e air ruith le a uile neart; ach a dh' aindeoin a bhoicinn cha b' urrainn e an t-astar eatorra a ghiorrhachadh. Mu dheireadh chaill e a fhoidhidinn cho buileach is gu'n do thilg e an siosar mór air an duineachan sgiobalta a bha an toiseach air, agus bhual e anns na h-

easgaidean e. Thuit an sìthbhreach (oir b' e sin a bha ann) air a aghaidh, agus mu'n d'fhuair e éirigh bha e an gàirdeanaibh an Tàilleir, agus an siosar tarsuinn air a bhroilleach.

“Innis domh-sa c’àite am bheil thu a’ dol, mo ghille

[TD 143]

[Beurla]

[TD 144]

mhaith,” ars an Tàillear. “Tha mi air mo rathad o’n t-Sithean Mhór gus an tigh air thoiseach ort, a dh’ fhaotainn tacain de bhainne-ciche bean-an-tighe,” fhreagair an gàrlaoch crion. B’e so a’ cheart tigh gus an robh an Tàillear a’ dol. “Agus gu dé nì thu ri leanabh na mnatha féin,” ars e an sin. “U! cuiridh mi mach e do mo mhuinntir air uinneig-chùil an tighe agus bheir iad-san leò e do’n àite againne,” fhreagair am fear eile. “Agus an cuir iad dachaидh e an uair a gheibh thusa do leòir de bhainne-ciche a mhàthar?” “U! cha chuir, cha chuir tuilleadh.” “Nì sin an gnothuch,” ars an Tàillear, agus leig e as a phriosanach.

Cho luath is a fhuair e comas a choise, shìn e as dh’ ionnsaidh an tighe, agus bha e stigh mu’n d’ ràinig an Tàillear. Bha an tigh aige dha féin, oir bha fear-an-tighe agus a bhean anns a’ bhàthaich a’ leigeil a’ chruidh, agus gun duine stigh ach an leanabh anns a’ chreathall. Thog e an leanabh ’na ghàirdeanaibh, agus shìn e mach e air an uinneig-chùil, mar shaoil e, do na sìthbhrich eile. Ach bha an Tàillear rompa, agus ghabh e gu sàmhach an leanabh ’na ghàirdeanaibh, agus dh’fhalbh e leis gu tigh peathar dha a bha goirid as, agus dh’ fhàg e air a càram e.

An uair a thill e, fhuair e a’ bhean air thoiseach air, agus an tàcharan anns a’ chreathall, an impis sgàinidh ag caoineadh. Thog a’ bhean e, thug i dha deoch, agus an sin chuir i air ais e anns a’ chreathall. Cha robh e fada an sin an uair a thòisich e air glaodhaich is air caoineadh a rìs. Thog i e, agus thug i dha deoch eile. Ach a réir coltais cha’n fhoghnadh ni leis ach a bhi air a fhàgail an còmhnuidh air a’ bhroilleach. Chaidh a’ chluich so air a h-aghaidh fad beagan làithean eile. Ach air do fhoidhidinn an Tàilleir ruith a mach,

[TD 145]

[Beurla]

[TD 146]

leum e mu dheireadh bhàrr a bhùird-obair, thug e stigh làn cléibh de mhòine, agus chuir e teine mór air an teallach. An uair a bha an teine an teas a ghabhalach, leum e null do’n chreathall, thog e leis an tàcharan, agus mu’m b’ urrainn duine a bha stigh dol ’san eadraiginn, thilg e an teis-meadhon na lasrach e. Ach leum an

slaighean crion a mach troimh an luidhear, agus o mhullach an tighe ghlaodh e gu caithreamach ris a' mhnaoi: "Fhuair mi sud de shùgh do chléibh, ge b' oil leat," agus thug e an rathad air.

[TD 147]

[Beurla]

[TD 148]

#### TACHARAN CEANN AN T-SAILEIN.

BHA bean a chòmhnuidh an Ceann an t-Sàilein aig an robh leanabh-mic air nach robh aon chuid fas no snuadh mar air leanabaibh eile d' a aois. O mhaduinn gu feasgar cha rachadh stad mionaide air, ach ag caoineadh; agus dh' itheadh e fada tuilleadh bìdh na bha nàdurra d'a leithid.

Is e am fogharadh a bha ann, agus cha robh duine air a' bhaile a b' urrainn corran a tharruing nach robh mach air an achadh bhuana ach màthair an leinibh. Bhitheadh ise cuideachd a mach, mur bhiodh eagal gu'n sgàineadh an sgreuchan mosach a chridhe ag caoineadh na'm fàgadh i e air cùram neach air bith eile.

Thuit 'san àm gu 'n robh tàillear a' deanamh aodaich anns an tigh. Bha an tàillear 'na dhuine geur, furachail agus cha robh e ach ro ghoirid a stigh gus an do chuir e droch umhail air a' ghille a bha anns a' chreathall. "Faodaidh tusa," ars e ris a' mhnaoi, "dol thun na buana, agus gabhaidh mise cùram de 'n phàisd."

Dh'fhalbh a' bhean. Ach, mu'n gann a thug i a casan thar na stairsnich, thòisich an cranndas a dh'fhàg i 'na déidh air sgreadail agus air caoineadh gu cruaidh agus gu goirt. Dh' éisd an tàillear ris tacain maith, agus a shùil air, gus an robh e cinnteach nach robh ann ach tàcharan. Chaill e nis a fhoidhidinn ris, agus ghlaodh e le guth geur, crosga: "Stad, 'ille, de 'n

[TD 149]

[Beurla]

[TD 150]

cheòl sin; air-neo cuiridh mi air an teine thu." Sguir an caoineadh tacain ach an déidh sin thòisich e an dara h-uair. "An ann fhathast, a phiobaire an aon phuirt?" ars an tàillear. "Cluinneam an ceòl sin agad tuilleadh agus marbhaidh mi thu leis a' bhiodaig." An uair a chunnaic an sìthiche a' ghruaim a bha air an tàillear, agus a' bhiodag 'na làimh, ghabh e a leithid de eagal is gu'n d'fhuirich e ùine mhath sàmhach. Bha an tàillear 'na dhuine sunndach; agus a chur dheth an fhadail, thòisich e air port a channtaireachd. Am meadhon a' chiùil, thog an siocaire grannda burrall àrd; ach ma thog, cha d' fhuair e dol air aghaidh le a cheileir ach glé ghoirid. Leum an tàillear bhàrr a bhùird-obair, chaidh e le a bhiodaig 'na làimh a

null dh' ionnsaidh na creithle, agus thubhaint e ris an t-sìthiche: "Tha gu leòir againn de 'n cheòl ud. Glac a' phìob-mhór cheart agus thoir dhuinn aon phort math oirre, air-neo cuiridh mi a' bhiodag annad." Dh' éirich an sìthiche suas 'na shuidhe anns a' chreachall, rug e air a' phìob a bha aige an àite-eigin m' a thimchioll, agus chuir e suas an aon cheòl bu bhinne a chuala an tàillear riamh. Chuala na buanaichean e air an achadh, agus air ball leig iad a sìos an corrain, agus sheas iad ag éisdeachd ris a' cheòl shìthe. Mu dheireadh dh' fhàg iad an t-achadh, agus ruith iad an rathad a thàinig an ceòl. Ach mu'n d' ràinig iad an tigh, sguir am port; agus cha robh fhios aca cò a chluich e, no cia as a thàinig e.

An uair a phill na buanaichean dachaidh anns an fheasgar, agus a fhuair an tàillear bean-an-tighe leatha fhéin, dh' innis e dhi gach ni a thachair am feadh a bha i aig a' bhuain, agus nach robh anns an leanabh aice ach tàcharan. Dh'iarr e oirre an sin dol leis gu taobh Aird-Sheile de 'n chamus, agus a thilgeil a mach air an Loch. Rinn i mar dh'iarradh oirre, agus cho luath

[TD 151]

[Beurla]

[TD 152]

is a bhean an sìochaire cròn, mosach do'n uisge, thionndaidh e 'na sheann duine mór, liath. Shnàmh e an sin gu taobh eile a' chamuis. An uair a fhuair e a chas air tir, ghlaodh e rithe, na'n robh fhios aige-san roimh làimh ciod a bha i a' dol a dheanamh, gu'n tugadh esan oirre nach smaointicheadh i air a leithid a dheanamh gu bràth tuilleadh.

Thill ise dhachaidh, agus fhuair i a leanabh féin slàn, fallain aig an dorus roimpe.

[TD 153]

[Beurla]

[TD 154]

#### SITHICHE CHOIRE OSBAINN AGUS AN TAILLEAR.

BHA bean ciobair an Coire Osbainn aig an robh leanabh a dh' fhàs ro chrosda agus duilich a bhanaltrachadh. Cha robh fios aice féin no aig a fear ciod a bha air an leanabh, no ciod a dheanadh iad ris, gus an d'thàinig an Tàillear a dheanamh aodaich de dh' eige chlòtha air ùr-thighinn as a' muileann luaidh. Air an ath latha an déidh dha tighinn, chaidh bean a' chiobair do'n àite-mhòine, agus dh' fhàg i an leanabh air a chùram gus an tilleadh i. Goirid an déidh dhi falbh, gu dé a chuala an Tàillear air a chùlaibh ach ceòl binn na pioba móire. Sheall e an rathad as an d'thàinig an ceòl, agus co a chunnaic e 'na shuidhe anns an leabadh, ach seann duine beag, liath, le feadan connlaich 'na bheul, agus e ag cur ri port a chluich ris

am bheil na rainn a leanas air an seinn:

Uist Oireannainn! Uist Oireannainn!  
Uist Oireannainn! Uist O thi!  
'S fhada tha a' chaile gun tighinn  
'S gu'm faigheadh an Cannan cioch.  
Uist Oireannainn, etc.

Chum e air a' phort so a sheinn gus an cuala e am boirionnach a'  
tighinn. An sin sguir an ceòl, agus bha e 'na leanabh beag a  
rithist.

Cha d'innis an Tàillear do'n mhnaoi ni de na

[TD 155]

[Beurla]

[TD 156]

chunnaic is a chuala e am fad is a bha i air falbh. Air an ath latha  
an déidh dhi dol do'n àite-mhòine, ghabh e ubh, thug e am biadh as,  
lion e am plaosg le uisge, agus chuir e taobh an teine e. Bha  
ioighnadha cho mór air a' bhodachan de'n ni a chunnaic e is gu'n do  
thionndaidh e nall is gu'n d'thubhaint e: "Gu dé a tha thu a' dol a  
dheanamh le sin, a Thàilleir?" "Tha mi a' dol a theasachadh uisge a  
bhogadh bracha," ars an Tàillear. "Ma-tà tha mi còrr agus ceud  
bliadhna dh' aois, agus gu so cha'n fhaca mi ballan-uibhe a' dol a  
theasachadh uisge a bhogadh bracha," ars an duine beag, is e a'  
tionndadh a null agus a' tòiseachadh a rithist air cluich air an  
fheadan chonnlach. Chum e ag cluich puirt an là roimhe gus an cuala  
e a' bhean a' tighinn, agus an sin bha e aon uair eile 'na leanabh  
beag.

Air an treas là dh' innis an Tàillear do 'n mhnaoi ciod air an robh  
e 'na fhanuis, agus a bhارail nach robh anns an leanabh ach  
sithiche. "Agus ciod a nì mise ris?" dh' fheòraich a' bhean. "Thoir  
leat e," ars an Tàillear, "gus an t-eas 's a' choimhеarsnachd, agus  
tilg a sìos e thar na bruaich do 'n uisge." Rinn a' bhean mar dh'  
iarradh oirre. Ach cha bu luaithe a bhean an leanabh do'n uisge na  
dh' fhàs e 'na dhuineachan beag, liath. Dh' éirich e an sin air a  
chasan ann an corruich mhóir, agus streadp e suas ri taobh cas an  
easa, a' bagradh dioghaltais air a' mhnaoi, na'm beireadh e oirre.  
Ach chuir ise 'sna buinn cho luath is a b' urrainn i, agus cha d'  
amhairc i 'na déidh gus an do ràinig i an tigh, far an d'fhuair i a  
leanabh féin air a fhàgail aig an dorus roimpe.

[TD 157]

[Beurla]

[TD 158]

[AN NIGHEAN A DH' FHALMHAICH CISTE-MHINE DO-THRAOGHADH NAN

## SITHICHEAN.]

CHAIDH nighean òg uair-eigin roimhe so a shaodachadh cruidh a h-athar do'n mhonadh. Bha Sìthean roimpe anns an t-slighe a ghabh i, agus an déidh dhi tighinn 'na shealladh, thachair oirre buidheann shìthichean le aon na b' àirde na an còrr air an ceann. Rug am fear so oirre, agus le cuideachadh chàich thug e leis i do'n t-Sìthean.

Cho luath is a fhuair e stigh i, chuir e mar cheangal oirre na bha de mhin anns a' chiste-mhine a dheasachadh 'na aran mu'm faigheadh i a duais, agus cead falbh dhachaidh.

Cha robh a' chiste ach beag agus le sin shaoil an nighean bhochd nach bitheadh i ach goirid 'ga falmhachadh. Ach anns an dòchas so bha i gu mór air a mealladh. Oir ged a thòisich i air deasachadh, agus a chum i aige le a h-uile neart là an déidh là, bha a h-obair a réir coltais an diomhain. Mar dh' fhalamhaicheadh ise a' chiste, lìonadh a' chiste rìs. Chunnaic i mu dheireadh nach tigeadh crioch air a h-obair, agus uime sin, air a daorsa, am feasd. Lìon an smuaint so i le mulad cho mór is gu'n do bhrist i mach ann an caoineadh.

Bha seann bhean anns an t-Sìthean a thugadh air falbh 'na h-òige leis na sìthichibh, agus a bha cho fada ann agus gu'n do chaill i dòchas air faotainn as. Chunnaic a' bhean so staid na h-inghine, agus an uair

[TD 159]

[Beurla]

[TD 160]

a chuimhnich i air a truaighe féin, an uair a bha i an toiseach anns a' cheart chàs, ghabh i truas mór dhith, agus dh' innis i dhi ciamar a dh' fhalamhaicheadh i a' chiste. "Gach uair a tha thusa a' sgur a dheasachadh, tha thu a' deanamh arain de'n fhallaid mu dheireadh," ars ise. "Ach an déidh so cuir thusa an fhallaid air a h-ais anns a' chiste, agus chì thu gu'n teirig na tha innte de mhin ann an ùine ghoirid."

Rinn an nighean mar sheòl an t-seann bhean i, agus thàinig crioch air a' mhin mar thubhairt i. An uair a chunnaic an nighean a' chiste falamh, chaidh i le gàirdeachas far an robh ceannard nan sìthichean, agus dh' iarr i air a leigeil air falbh, a chionn gu'n do chriochnaich i an obair a fhuair i r'a deanamh. Ach cha do chreid e i gus an do sheall e anns a' chiste agus am faca e gu'n robh i falamh. An sin thug e a duais do'n nighean, agus leig e cead a coise dhi. Agus mar bha i a' dol a mach an dorus, thubhairt e: "Mo bheannachd ort-sa, ach mo mhallachd air do bheul ionnsachaiddh."

[TD 161]

[Beurla]

[TD 162]

[AN DA CHOIMHEARSNACH AGUS AN UISGE-BEATHA CALLUINNE.]

CHAIDH dà choimhearsnach a dh' iarraidh uisge-beatha na Calluinne do thigh-òsda a bha goirid as. An déidh dhoibh an t-uisge-beatha fhaotainn, phill iad leis ann am pigeachaibh air an dromanaibh, agus cuid deth, gun teagamh, fo an criosaibh. Air an rathad chunnaic iad solus dealrach rompa, agus goirid an déidh sin, chuala iad ceòl binn agus iolach ghàirdeachais mhóir a' tighinn o'n àite 'san robh iad a' faicinn an t-soluis. Bha fios aca gu'n robh Sìthean 'san àite sin; agus an uair a ràinig iad e, bha an dorus fosgailte, agus na sìthichean ag cur ri dannsadh.

Shàth an dara fear a bhiodag an taobh an doruis, agus sheas e féin agus a' cheud fhear air taobh a mach na biodaige. Ach ma sheas, cha d' fhuirich aon diubh fada ann. Thog an ceòl a inntinn cho mór is gu'n do leum e stigh, ag glaodhaich "suas e," agus gu'n do thòisich e leis a' phige air a dhruim air dannsadh leis na sìthichibh. An déidh dha a bhi greis air an ùrlar, ghlaodh a chompanach a bha mach ris tighinn, air-neo nach bitheadh iad dhachaидh an àm air-son na Calluinne. "Thud! tha gu leòir a dh'ùine againn," fhreagair e. "Cha do dhanns mi aon ruithil fhathast." An sin thàinig cuid de na sìthichibh dh' ionnsaidh an doruis, agus dh' fheuch iad iompaidh a chur air an fhear, a bha mach, dol a stigh le a chompanach; ach dh'fhan e far an robh e. An

[TD 163]

[Beurla]

[TD 164]

ceann ùine maithe, ghlaodh e rithis r'a chompanach, a bha stigh, teachd a mach agus falbh dhachaيدh leis. Ach ma ghlaodh, b'ann an dùmhain. Cha d'fhuair e ach leithid eile na ceud fhreagairt.

Chunnaic e nis nach robh math dha a bhi a' feitheamh na b'fhaide. Uime sin tharraing e a bhiodag á taobh an doruis, dhruid an Sìthean, agus dh'fhalbh e dhachaيدh.

An uair a ràinig e an tigh, bha gach duine a' feòraich c'ài te an d'fhàg e a chompanach. Dh'innis e dhoibh gach ni a thachair, agus mar dh'fhàg e a chompanach a' dannsadh anns an t-Sìthean. Ach cha robh aon aca a thug creideas d'a sgeul. An àite sin is ann a thubhairt iad gu'n do mharbh e a choimhearsnach agus gu'n d'rinn e suas an sgeul a dh'innis e a thionndadh an amharuis dheth fhéin. B' ann an dùmhain a bhoidich e gu'n robh e neo-chiontach. Chuir iad an làimh e, agus thug iad a mach binn bàis 'na aghaidh. Ghuidh e an sin orra dàil là agus bliadhna a thoirt da chum e féin a ghlanadh o 'n amharus fo an robh e. Fhuair e sin.

An uair a thàinig an ath Challuinn mu'n cuairt, chaidh e rathad an

t-Sìthein, anns an d'fhàg e a choimhearsnach. Bha an Sìthean fosgailte, agus a choimhearsnach ag cur ri dansadh leis na sìthichibh, mar dh'fhàg se e. Shàth e a' bhiodag ann an ursainn an doruis, agus ghlaodh e r 'a chompanach, a bha a' dansadh, is am pige fhathast air a dhruim, gu'n robh an t-àm dha nis tighinn a mach. "Ciod a tha thu ag ràdh? Cha do chrìochnaich mi a' cheud ruithil fhathast." "Am bheil fhios agad cia fhad a tha thu air an ùrlar?" "Cha'n 'eil os ceann dà no tri de mhionaidibh." "Tha thu an so là agus bliadhna. Tha do chàirdean an dùil gu'm bheil thu marbh, agus ri mise a chur gu bàs am màireach mur toir mi dhach-

[TD 165]

[Beurla]

[TD 166]

aidh thu beò slàn an nochd." "Stad gus an cuir mi crìoch air an ruithil so, agus falbhaidh mi leat an sin." Thug e an so ionnsaidh air pilleadh a stigh, ach rug a chompanach air ghàirdean air, agus spòn e mach e. Tharruing e an sin a' bhiodag á taobh an doruis, agus ghrad dhruid an dorus orra le chéile. Thill iad dhachaидh, agus an uair a ràinig iad, agus a thug a' cheud fhear am pige bhàrr a dhroma, bha an t-aodach fuidhe caithte gu ruig an craicionn.

[TD 167]

[Beurla]

[TD 168]

[MAR A THOGADH A' CHEUD CHAISTEAL AIR CARRAIG SHRUIBHLEADH.]

LAIMH ri Sruibhleadh bha uair-eigin a' fuireachd seann duin'-uasal a ghabh 'na cheann Caisteal a thogail air Carraig Shruibhleadh. Roghnaich e làrach air fìor mhullach na Cairge, agus tharruing e mach dealbh an togail a b' àill leis a chur suas oirre. Ach an uair a bha an dealbh criochnaichte, chunnaic e nach robh de dh' airgiod aige na thogadh an Caisteal. Ach a dh' aindeoin so, cha b' urrainn e cùl a chur ri dòchas a fhaicinn suas uair no uair-eigin mu'm faigheadh e am bàs. Maduinn agus feasgar chìteadh e ag coiseachd mu'n cuairt air an làraich a roghnaich e, agus chluinnteadh e ag gearan ris féin nach robh aige de stòras na bheireadh dha comas air a rùn a ghiùlan a mach.

Mu dheireadh thall thàinig duineachan beag far an robh e, is e ag gabhail a chuairt fheasgair ghnàthaichte air bhàrr mullaich na Cairge, agus thubhairt e: "Ciod a bheir thu dhomh-sa, ma thogas mise an Caisteal air do shon?" "Cha'n 'eil ni saoghalta agam-sa, a thairgeas mi dhuit, mur gabh thu an t-aodach 'sam bheil mi am sheasamh," fhreagair an duin'-uasal. "Am falbh thu leam bliadhna o 'n tac so, ma chuireas mi suas e roimhe sin?" ars an Coigreach.

"Cha gheall mi sin duit," ars an seann duine. "Ach cha ruig thu leas

falbh leam, ma gheibh thu mach m' ainm, mu'n ruith a' bhliadhna mach," ars an Coigreach.

[TD 169]

[Beurla]

[TD 170]

Air a' bhonn sin dh' aontaich an duin'-uasal, oir smuaintich e gu'm bitheadh e 'na ni iongantach mur faigheadh e mach ainm an duineachain bhitheach, an taobh a stigh de'n ùine a luathsaicheadh dha. Chaidh e dhachaidh, an oidhche sin, an sunnd na b' fhearr na b' àbhaist da; agus an uair a phill e air ais an ath mhaduinn, chunnaic e le gàirdeachas an stéidh air a leagadh. Oidhche an déidh oidhche, bha an duineachan beag ag cur ris an togail; ach air oidhche mu dheireadh an ràithe, cha robh e ri fhaicinn mu'n Chaisteal, is cha robh ni air bith air a chur ris an togail.

An uair a bha a' bhliadhna a' tarruing dlùth d'a ceann, bha an togail fagus air a bhi crìochnaichte. Bha nis an seann duin'-uasal a' fàs ro iomagaineach; oir cha d'fhuair e fathast a mach ainm a' Choigrich. Dh' fheuch e a rìs agus a rìs air ciod e a bhreithneachadh; ach a dh' aindeoin gach oidhirt a thug e, rinn e an diòmhain. Mu dheireadh chaidh e far an robh duine glic anns a' choimhearsnachd, agus dh'iarr e air a chuideachadh. Thubhairt an seann duine: "Is e sìthiche a tha anns a' Choigreach. Air latha mu dheireadh an ràithe lean e do'n àite d'an téid e, agus seas ag éisdeachd a muigh, agus is dòcha gu'n cluinn thu a ainm o bheul cuid no cuid-eigin a stigh."

Phill an duin'-uasal dhachaidh, agus an uair a thàinig an t-àm, rinn e gach ni a dh' iarr an duine glic air. Air feasgar mu dheireadh an ràithe lean e an sìthiche gus am faca se e a' dol a stigh do'n t-Sithean, agus an cuala e guth a stigh, ag ràdh: "An d'thàinig thu, a Thómais Sheochd?" Cho luath is a chuala e so, dh' fhalbh e, làn chinnteach gu'n d'fhuair e mach diòmhaireachd an t-sìthiche. Ach ghlèidh e an diòmhaireachd dha féin gus an d'thàinig feasgar mu dheireadh na bliadhna. An sin chaidh e dh'ionnsaidh

[TD 171]

[Beurla]

[TD 172]

na Cairge, far an robh an sìthiche a' feitheamh air a shon. Thubhairt an sìthiche: "Chrìochnaich mise m' obair, agus feumaidh tusa nis falbh leam." "Cha'n fheum; cha'n fhalbh mi leat fathast," fhreagair an duin'-uasal. "Feumaidh tu, mur innis thu dhomh-sa ciod is ainm dhomh," ars an sìthiche. "Nach tu Tómas Sheochd?" ars an duin'-uasal.

Fhreagair an sìthiche:

"Ma 's mise Tómas Sheochd,  
Is mi a dhealbh an t-olc;  
Tha thusa 'sin, a Shrutha-Shliabh,  
Is tha mise gun d' fhiach an nochd."

Agus air falbh ghabh e 'na lasair theine troimh bhalla a' Chaisteil,  
a fàgail 'na dhéidh tuill nach urrainn clach, no crann, no ni air  
bith fo'n ghréin a dhruideadh, ach buachar each.

[TD 173]

[Beurla]

[TD 174]

[AN GILLE DUBH MACRUIMEIN AGUS A' BHEAN-SHITHE.]

THA e coltach gu'n robh na sìthichean 'nan luchd-ciùil barraichte,  
agus gu'm b' i a' phìob an roghainn de gach inneal-ciùil. Is minic a  
chuala fear-gabhair-an-rathaid a fuaim a' tighinn a mach as an t-  
Sithean a thuit a bhi 'na shlighe, agus a dh'fhairich e a ceòl binn  
'ga theumadh gu bhi a' bualadh a stigh agus a chas a thogail leis na  
sìthichibh anns an dannsadh.

An ealdhain so a bha aca, tha e air a ràdh gu'n do theagaisg iad do  
chuid a dhaoine air an do ghabh iad spéis, agus a tha fhathast air  
chuimhne ann am beul-aithris. 'Nam measg sin bha an Gille Dubh  
MacRuimein.

Gu àm a' Ghille Dhuibh cha robh Clann Mhic Ruimein na b'fhearr na  
piobairean matha eile anns a' Ghàidhealtachd. B' esan a' cheud aon  
diubh a dh' éirich os ceann chàich uile ann an ainmealachd, agus ris  
an abradh gu coitchionn Rìgh nam Piobairean.

B'e an t-aon a b' òige de thri mic, agus air am bu lugh aig a  
athair. An uair a bheireadh a athair a nuas o chùl a' mhaide chruim  
a' phìob mhór ris an abradh e a' Chachlaidh Dhubh, agus a  
chlùicheadh e féin a' cheud phort oirre, shìneadh e i d'a mhac a bu  
shine, agus an uair a bhitheadh a mhac bu shine réidh dhith shìneadh  
e i do 'n dara mac; ach an uair a bhitheadh an dara mac réidh dhith,  
cha'n fhaigheadh an Gille Dubh a dh'urrat uibhir agus séid a chur  
'na màla. Bha e mar an ceudna air a chumail fodha le

[TD 175]

[Beurla]

[TD 176]

càch, agus air a fhàgail gu bhi a' deanamh gach oibre a bu  
tràilleile na chéile.

Air là sònraichte chaighd a athair agus a dhà bhràthair dh'ionnsaidh

na féille, agus dh' fhàg iad esan aig an tigh leis fhéin. An déidh dhoibh falbh, fhuair e am feadan, agus thòisich e air cluich air. Agus am meadhon na cluiche, cò thainig air ach a' Bhean-Shìthe as an Dùn.

"Tha thu trang ag iomairt ciùil, 'Ille," ars i. Fhreagair e gu'n robh. "Cò aca a b'fhearr leat, ealdhain gun rath, no rath gun ealdhain?" ars i an sin. Thubhairt e gu'm b' fhearr leis ealdhain gun rath. Spòn i ròineag as a ceann, agus dh'iarr i air a cur mu thimchioll ribheid an fheadain. An uair a rinn e sin, thubhairt i ris: "Cuir a nis do mheòir air tuill an fheadain, agus cuiridh mise mo mheòir air do mheòir-se." Cho luath is a bha sin deanta, thubhairt i: "An uair a thogas mise meur, togaidh tusa am meur a bhitheas fuidhe. Smaointich a nis air port 'sam bith a thoilicheas tu, agus cluich leam-sa e, mar dh'iarr mi ort." Rinn e sin, agus chluich e am port gu fileanta. An uair a chrìochnaich e am port, thubhairt i: "A nis is tu Rìgh nam Piobairean. Cha robh do leithid romhad, agus cha bhi do leithid as do dhéidh." Dh'fhàg i an sin latha math aige, agus dh' fhalbh i.

Cho luath is a dh' fhalbh i, thug e nuas a' Chachlaidh Dhubh, agus thòisich e air cluich oirre. Cha robh port air an smaointicheadh e nach d'fheuch e, agus nach b' urrainn e a chluich gu furasda. Mu'n do sguir e, thill a athair agus a bhràithrean o'n fhéill. Agus an uair a dhlùthaich iad air an tigh, chuala iad an ceòl, agus sheas iad a dh' éisdeachd. "Cò air bith a tha ag cluich, is ann air a' Chachlaidh Dhuibh," ars an t-athair r'a mhic. Chaidh iad air an aghaidh, ach sguir an ceòl mu'n d' ràinig iad an tigh.

[TD 177]

[Beurla]

[TD 178]

Chaidh iad a stigh, ach cha do ghabh aon aca air gu'n cuala e an ceòl, gus an d'thàinig an oidhche. An sin thug an seann duine a nuas a' phìob mhór, agus an déidh dha féin agus d'a dhà mhac port mu seach a chur oirre, dh' iarr e air a' Ghille Dhubh a thacan féin a ghabhail dhith. "An e mise?" ars e. "Cha 'n airidh mise air an onair sin. Is leòir dhomh-sa a bhi am thràill agaibh uile." "Glac a' phìob, agus cha'n iarrar ort obair thràilleil a dheanamh tuilleadh," thubhairt a athair.

Rug e air a' phìob mu dheireadh, agus chuir e suas an aon cheòl bu ghrinne a chuala duine a bha stigh riamh. "Dh' fhàg an ceòl sinn," ars an t-athair ris na mic eile. "Cha tig aon againn an uisge na stiùire do'n Ghille Dhubh." B' fhior mar thubhairt e, oir cha robh leithid a' Ghille Dhuibh ann r'a linn no 'na dhéidh.

[TD 179]

[Beurla]

[TD 180]

MAC RUIMEIN IS A FHEADAN AIRGID.

[Fhuair Mac Ruimein feadan airgid bho Bhean-shìthe Uaimh an Oir air chumhnant gu'n tigeadh e maille rithe do'n Uaimh aig ceann là is bliadhna. Is e so am port a chluich e, is e a' dol a steach do'n Uaimh:-]

Cha tig mise! Cha till mise!  
Mu'n tig mis' á Uaimh an Oir  
Bidh na minn bheaga  
'Nan gabhair chreagach,  
'S a' chlann laga 'nam fir-àir.  
Is cianail mise,  
'Triall fo gheasaibh;  
Bidh mi 'm feasd an Uaimh an Oir.

A' PHOG A FHUAIR E O LAIMH AN RIGH.

[Rinneadh na rainn so le Mac Ruimein, an uair a chluich e an làthair an Rìgh, agus air do'n Rìgh iarraidh air a dhuais innseadh, dh'iarr e cead air làmh an Rìgh a phògadh.]

Fhuair mi pòg, gu'n d'fhuair mi pòg,  
Fhuair mi pòg, o làimh an Rìgh.  
Cha d' chuir séid' an craiceann caorach  
A fhuair an fhàilte ud, ach mi fhéin.

[TD 181]

[Beurla]

[TD 182]

CLANN MHICGLAISEIN AGUS AN DA SHEALLADH.

A réir beul-aithris bha sealladh an dà shaoghail aig Cloinn MhicGlaisein Chreaganach an Liosmóir. Fhuair aon aca an comas so air an dòigh a leanas:-

An uair a bha a phàrantan a' dol leis air-son baistidh do dh'  
Eaglais na Sgioreachd, shuidh iad, fad beagan mhionaid a ghabhail  
foise air cnoc, làimh ri Allt Aogain, àite aig an robh ainm a bhi  
'na ionad-tathaich sònraichte aig na sìthichean. Am feadh a bha iad  
ag cur seachad an sgòs, leag iad sìos làimh riu an leanabh, paisgte  
ann am breacan, agus e 'na shuain chadail. Agus an uair a dh'fhalbh  
iad a ris, dhì-chuimhnich an té, ris an d'earbadh e, a thabhairt  
leatha. Cho luath is a chaidh a ionndrainn, phill iad air an ais,  
agus fhuair iad e 'na shuain chadail far an d'fhàgadh e. Cha robh  
atharrachadh air bith ri fhaicinn 'na choltas; gidheadh bha na  
sìthichean maille ris, agus dh'fhàg iad aige sealladh an dà  
shaoghail.

Ruith an comas a fhuair e an sin sìos uaith-san dh'ionnsaidh a shliochd ré iomad gineil. Tha aon diubh a bha ann an toiseach an linn so fathast air chuimhne mar thaibhsear comharaichte. So aon de mhóran sgeòil a bha aon uair air an innseadh m'a thimchioll:-

Bha bràthair-céile aige a chaill a cheud bhean 'na laighe-shiùbhladh, agus a dhiùlt fad ùine 'na dhéidh sin comhfhurtachd a ghabhail. Air feasgar-eigin, is e

[TD 183]

[Beurla]

[TD 184]

a' pilleadh dhachaидh an cuideachd MhicGlaisein, agus ag caoidh na bha uaith, thubhairt MacGlaisein ris: "Cha ruig thu leas a bhi ag caoidh mar sin air-son do mhnatha; ma thoilicheas tu, bheir mise air a h-ais dhuit i gun mhóran dàlach." Ach ghrìos fear a' bhròin air gun sin a dheanamh. "Ma-tà," ars MacGlaisein, "sin i, a' leum romhainn o chnocan gu cnocan 'na h-eun glas; agus mur leig thu leamsa a tabhairt air a h-ais dhuit mu 'n tig crìoch na bliadhna, cha'n fhaic thu tuilleadh i; oir tha i leis na sìthichean, agus tha iadsan a'dol air imrich an ùine ghoirid, agus aon uair is gu'm falbh iad, cha'n urrainn mise a tabhairt air a h-ais gu bràth."

Sguir a' bhantrach a chaoidh air-son a mhnatha; agus mu'n d'thàinig crìoch air a' bhliadhna, phòs e té eile. Air oidhche na bainnse, thubhairt MacGlaisein, is e a bhi an làthair, r'a chompanach: "Seall thar mo ghualainn, agus chì thu a' cheud bhean a' seasamh eadar an dara té agus a fear." Ach dhiùlt a chompanach an cuireadh.

[TD 185]

[Beurla]

[TD 186]

#### DAOINE BEAGA MHUILINN-FEUNACHAN AN DAOGHALL.

UAIR-EIGIN roimhe so bha a chòmhnuidh am Muilinn-Feunachan an Daoghall, muillear, a bha cho làidir is gu'n d' fhuair e, mar fharainm, Calum Làidir. Ach ged bha Calum làidir, cha robh duine 'san sgìreachd a bha cho mór air a chlaoiadh leis an dubh leisg ris. Bha leisg Chaluim air a cumail a suas le daoine beaga, nach faca duine, agus nach cuala ach ro bheagan.

An uair a bhitheadh an t-uisge gann, agus an siol r'a bhleith, chuireadh Calum, mu'n rachadh e laighe, làn an t-soithich cairteil de mhin-eòrna anns an treabhait; agus air feadh na h-oidhche bhitheadh am muileann air a fhaicinn laiste suas, an roth a' dol mu 'n cuairt as eugmhais uisge, caithreim ghàirdeachais a stigh; agus anns a' mhaduinn bhitheadh gach siol 's a' mhileann air a fhaotainn

bleithte, a' mhin am pocaibh, agus gach ni air a fhàgail gu cruinneil, òrdail. Na'm bitheadh duine air bith cho dàna is gu'n rachadh e do'n mhuileann am feadh a bhitheadh na daoine beaga aig obair, bheireadh cuid-eigin neo-fhaicsinneach breab dha anns a' chùlaibh, le neart cho mór is gu'n tuiteadh e gu làr; agus, an uair a dh' éireadh e, le sròn bhriste, is a' sileadh fala, bhitheadh am muileann an dorchadas, agus gach ni sàmhach.

An uair a bhitheadh feum air connlaich air-son na spréidhe, bhitheadh meadar mór càbhruch air a fhàgail air an ùrlar bhualaidh 'san oidhche, agus anns a'

[TD 187]

[Beurla]

[TD 188]

mhaduinn bhitheadh an siol uile air a fhaotainn buailte, a' chonnlach 'na boiteinean, agus an gràn gréidhte, agus deas air-son a' mhuilinn.

Air oidhche àraidh a bha na daoine beaga trang 's a' mhuileann, chunnacas àth Thulaich Ghriobainn r'a theine; agus chualas na daoine beaga ag glaoigh: "Bithidh pailteas mine againn a nis, agus càbhruch cuideachd; oir tha àth Thulaich Ghriobainn r'a theine; agus o so suas feumaidh Calum Làidir oibreachadh air a shon féin, no bàsachadh leis an acras." Dh' fhalbh iad an sin, agus cha do thill iad tuilleadh.

[TD 189]

[Beurla]

[TD 190]

#### SITHICHEAN CHREAG-THULAICH.

BHA duine o thaobh Loch Obha latha a' siubhal monadh a' Bhaile mhóir, baile a bha goirid as o'n àite 'san robh e ag gabhail còmhnuidh. Bha an latha grianach, bòidheach; agus an uair a ràinig e Creag-thulaich, shuidh e sìos air a mullach, a ghabhail seallaidh air an dùthaich m'a thimchioll. Cha robh e fada an sin, gus an d' thàinig dà shìthiche g'a ionnsaidh, agus corruiich mhór orra, a chionn gu'n robh e 'na shuidhe far an d'fhuair iad e. Bha fear dhiubh air-son a thilgeil thar na creige gun dàil; ach bha am fear eile air-son a leigeil as an uair sin. Chonnsaich iad mu'n chùis so car tacain, ach b' e deireadh na cluiche, gu 'n do leig iad as e, air chumhnant nach suidheadh e 'san àite 'san d' fhuaradh e tuilleadh.

Uair-eigin 'na dhéidh sin, thuit do 'n duine a bhi rathad na creige rithist, agus a dhearbhadh co dhiùbh bha e 'na chadal no 'na fhaireachadh, an uair a bha leis gu 'm faca e an dà shìthiche,

shuidh e sios anns a' cheart àite 'san robh e a' cheud uair. Ann am priobadh na sùla thàinig tri sìthicéan far an robh e, agus iad ann an corruich uamhasaich. Rug iad air, agus thug iad dha droch chrathadh agus bhrùthadh; agus an sin leig iad as e, a' bagradh dioghaltais bu mhiosa air, na 'm faigheadh iad 'san àite cheudna e rithist.

[TD 191]

[Beurla]

[TD 192]

#### NA SITHICHEAN AG CONNSACHADH.

BHA cuid a dhaoine o shean ag creidsinn gu'm bitheadh na sìthicéan air uairibh ag cruinneachadh as gach ceàrn de 'n dùthaich mu'n cuairt gu coinneamh a ghleidhadh an àite àraidi, mar bha an Cnoc anns a' Mhorbhairne; agus gu'n gabhadh aon bhuidheann diubh taobh muinntir a' bhaile air an robh an Sìthean aca suidhichte an aghaidh buidhne o bhaile no àite air bith eile.

Thàinig uair buidheann á Muile a ghleidheadh coinneimh ri buidheann eile as a' Mhoirbhairne; ach, air an uair sin, thachair iad air a chéile làimh ri abhainn Achachàirn, an àite an ionaid ghnàthaichte 's a' Chnoc. Cha robh iad fada còmhla gus am faca iad duine, ris an abradh Iain Og, a' tighinn an rathad. Cho luath is a thug a' bhuidheann Mhileach an aire dha, ghlaodh iad: "Bheir sinn leinn Iain Og." Ach a chionn gu'm b'ann o'n aon bhaile a bha e féin agus a' bhuidheann Mhorbhairneach, fhreagair na Morbhairneich: "Cha tabhair sibh leibh Iain Og." Ghlaodh na Muilich a rithist an guth àrd: "Bheir sinn leinn Iain Og," ach ma ghlaodh, fhreagair na Morbhairneich an guth cho àrd r' an guth féin: "Cha toir sibh leibh Iain Og." Chum an dà bhuidheann mar so ag connsachadh r' a chéile ùine mhath, agus mar b' fhaide a lean iad, b' ann bu dlùithe iad air a chéile, agus a b' àirde is a bu chroisde a bha an guth a' dol.

Cha robh na Morbhairneich cho lìonmhòr r' an

[TD 193]

[Beurla]

[TD 194]

coimhearsnaich o thaobh eile a' chaoil; ach, mur robh, bha iad pailte cho seòlta. An uair a chunnaic iad gu 'm b' e na buillean a bhiththeadh ann mu dheireadh, na'n cumadh iad suas an conas na b' fhaide, ghlaodh iad: "Is fhearr a bhi sunndach na a bhi sanntach; théid sinn gu taobh Achachàirn is dannsaidh sinn." Ach cha robh na Muilich toileach an cothrom a fhuairean iad a leigeadh seachad; agus le sin fhreagair iad: "Is fhearr a bhi cinnteach na a bhi cailleach; cha téid sinn gu taobh Achachàirn a dhannsadh." Chonnsaich iad mu'n chùis so greis eile, aon taobh ag ràdh gu'n rachadh, agus an taobh

eile ag ràdh nach rachadh iad gu Achachàирn a dhannsadh. Ach mu dheireadh thall, b' i comhairle na sìthe a bhuidhaich; chaidh iad le chéile gu taobh Achachàирn, agus, mu'n do sguir an dannsadh, fhuair Iain Og seachad.

[TD 195]

[Beurla]

[TD 196]

[A' BHEAN SHUAINEARTACH AIR A DIONADH O NA SITHICHEAN LEIS A' CHLAIDHEAMH MAC GILL'ONFHAIÐH.]

BHA iasgair làimh ri Loch Suaineart an Airdnamurchan a dh' fhàg a bhean leatha féin anns an tigh am feadh a bha e ag cur nan lòn anns an Loch, agus 'gam fàgail an sin fad na h-oidhche. Am fad is a bha e air falbh, thàinig dà choigreach-aon diùbh ro mhór, agus an t-aon eile ro bheag-dh' ionnsaïdh dorus an àite far an robh a bhean 'na laighe 'san leabadh. Bha fosgladh eadar mullach an doruis agus an t-àrd-dorus, troimh an do chuir am fear mórr a stigh a cheann, agus am faca e a' bhean anns an leabadh. Sheas e tacain ag amharc oirre gun ionnsaïdh a thoirt air dol a stigh, gus an do phùc am fear beag e cho cruaidh is gu'n do ghéill an dorus, agus an do spàrradh a stigh e do 'n àite-laighe gu ruig meadhon an ùrlair; ach na b' fhaide na sin cha b' urrainn an duine beag a chur. Sheas e far an robh e, gus an cuala e farum chas fhir-an-tighe a' dlùthachadh. An sin dh' fhalbh e féin agus a chompanach; agus mar bha iad a' fàgail an tighe, chualadh aon diubh ag ràdh: "Car-son nach d' thug thu leat am boirionnach?" Agus am fear eile a' freagairt: "Bha Mac Gill'onfhaidh 'na laighe eadar mi agus i." B'e so seann chlaidheamh a bha falaichte fo 'n aodach làimh ris a' bheinge, agus a fhuair an t-ainm so, aon chuid o 'n cheud duine aig an robh e, no o'n ghobhainn a rinn e.

[TD 197]

[Beurla]

[TD 198]

[CEUD MHAC AN T-SAOIR GHLINNE NODHA AGUS A LEANNAN SITHE.]

BHA aig ceud Mhac an t-Saoir Ghlinne Nodha leannan sìthe a bha a' tathaich ghleann agus choireachan uaigneach Chruachan Beann. Bu ghnàth leis a chomhairle a chur ris a' bhean shìthe so an uair a thuiteadh dha a bhi an càs air bith, agus nach robh fios aige cia mar a gheibheadh e as.

Thachair so uair a bha a bhràthair bu shine a' dol a chumail uaith a chòrach féin de stochd Inbhir Abha. Bha an dà bhràthair a chòmhnuidh le chéile, agus ag còrdadh math gu leòir, gus an do phòs am fear a bu shine dhiubh. Ach aon uair is gu'n do thachair sin, cha robh sith

na b' fhaide aig an fhear a b' òige air a' bhaile. Mu dheireadh dh' òrdaich a bhràthair air an t-àite fhàgail, agus falbh leis na bhuineadh dha do Ghleann Nodha, agus fuireachd an sin. "Agus gu dé a bhuineas dhomh?" dh' fheòraich am bràthair òg. "Am mart bànn agus na leanas i," fhreagair am fear eile. Shaoil am bràthair òg gu'n robh e ag ciallachadh a' mhait bhàin agus a falbhairean a mhàin, agus uime sin, gu'n robh e a' dol a chumail uaith a chòrach féin de 'n stochd. Cha robh fhios aige féin ciod a dheanadh e 'san t-suidheachadh 'san robh e, ach smuaintich e gu'n gabhadh e comhairle na mhnatha sìthe.

Dhìrich e Cruachan, agus fhuair e i an aon de na h-àitibh 'sam b' àbhaist dhi tachairt air. Dh' innis e dhi ciod a thubhaint a bhràthair, agus an sin dh' iarr

[TD 199]

[Beurla]

[TD 200]

e oirre a chuideachadh le a comhairle. "Rach air t'ais gu tigh do bhràthar agus fuirich an sin an nochd. Mu'n tig an latha, bithidh cur sneachda ann, agus còmhdaicheadh an talamh leis. Anns a' mhaduinn gabh sguab arbhair agus gairm am mart bànn as do dhéidh. Thoir ort an sin do Ghleann Nodha leatha féin agus leis na leanas i, agus fuirich ann."

Thill Mac an t-Saoir do dh' Inbhir Abha, agus rinn e gach ni mar dh' iarr a' bhean shìthe air. Dh' éirich e moch an ath latha, thug e sguab choirce as an t-sabhul, agus dh' fhalbh e do Ghleann Nodha leis a' mhart bhàin agus an leth a bu mhotha de bhuaile Inbhir Abha 'na dhéidh. Ràinig e an Gleann, far an do thog e tigh, agus goirid 'na dhéidh sin phòs e.

Uine mhath an déidh dha pòsadh, bha a bhean 'na laighe-shiùbhladh, agus a beatha an cunnart mór. Cha robh fios aige ciod a dheanadh feum dhi, no cò dh' ionnsaigh an rachadh e air-son cuideachaidh. Mu dheireadh smuaintich e air a' bhean shìthe, agus air dol far an robh ise. Ach cha bu luaithe a thàinig an smuaint so 'na cheann na chuimhnich e gu 'n robh i ro eudhor, agus gu'm faodadh i comhairle a thoirt seachad dha a dheanadh coire an àite maith d'a mhnaoi. Chuir an smuain so dragh air ré tamuill. Ach mu dheireadh thubhaint e ris féin gu'n glèidheadh e tinneas a mhnatha uaigneach, agus gu'n abradh e gu'm b' i an làir ghlas a bha an cunnart.

Ràinig e a' bhean shìthe, agus dh' fheòraich e dhith ciod a bheireadh freasdaladh do'n làir. Fhreagair i: "Gabh cóig cathraichean de 'n bhruth-chorc, agus cuir iad fo ghlùn cli na làrach, agus an ùine ghoirid bithidh i cho math is a bha i riamh.

Phill Mac an t-Saoir dhachaidh, agus chuir e bruth-chorc fo ghlùn cli a mhnatha, agus ann an tiota fhuair i fuasgladh.

[TD 201]

[Beurla]

[TD 202]

#### MURCHADH BUIDHE NAM FIADH.

B' E Diùrach a bh' ann am Murchadh Buidhe nam Fiadh. Bha e, mar tha a ainm a' leigeil ris, 'na shealgair fhiadh ro iomraideach 'na àm féin. De gach beinn anns an Eilean b' i Beinn an Oir a roghainn àite seilge, agus lean e air a tathaich, gus an robh e 'na fhìor sheann duine liath.

B' ann do na sìthichean a buineadh na féidh, agus bha iad diombach de Mhurchadh Buidhe a chionn gu 'n robh e cho trom air na daimh.

Latha bha e a' siubhal na beinne, chunnaic e damh brèagh, air an d' èalaidh e, gus an robh e an dlùthas saighead a thilgeadh air. Ach an uair a chaog e a shùil a ghabhail cuimse, thionndaidh an damh 'na dhuine, agus thubhaint e: "Tha thusa an sin, a Mhurchaidh Bhuidhe nam Fiadh, is tu air fàs liath ad shuidhe air sliabh Beinn an Oir." Fhreagair Murchadh: "Ma tha mise air fàs liath air sliabh Beinn an Oir, is fhurasda do Dhia mo dheanamh òg."

Air dha so a ràdh, phill neart na h-òige ris a rithist, agus bha e beò iomadh bliadhna an déidh sin.

[TD 203]

[Beurla]

[TD 204]

#### CROITEAN AN DOIRE SHEILICH.

CHA robh an Croitean ach deòirean bochd a bha 'na chùis thruais do dhaoine iochdmhor, agus 'na bhall gàire aig luchd na góraiche agus na h-amaideachd. Bha e air dhroch cumadh o'n là anns an d' rugadh e, le a ghlùinean lag a' lùbadh foidhe, agus le pait mhóir eadar a dhà ghualainn. An uair a ràinig e inbhe balachain, bha e na bu duaichnidh agus neo-chumachdala na bha e eadhon 'na leanabh. Cha robh uair a rachadh e mach air dorus nach bitheadh gràisg chloinne 'ga leantainn ag gàireachdann agus a' magadh air. Rinn an droch dhìol e cho fiata choimheach is gu'n do sheachainn e an cuideachd, agus gu'n do chaith e a ùine là an déidh là leis féin anns an Doire Sheilich a bha goirid as o thigh a mhàthar. Thug na coimhearsnaich fa-near far am bu gnàth leis dol, agus thug iad mar fhrith-ainm air, Croitean an Doire Sheilich.

Air feasgar àraidh an déidh dha móran fanaide fhulang o chloinn a' bhaile air an robh e a' fuireachd, theich e le cridhe goirt agus a' sileadh nan deur do 'n Doire Sheilich air son diona. Mu 'n deachaidh e ro fhada air aghaidh 'san Doire, choinnicheadh e leis an aon leanaban a bu bhòidhche a chunnaic e riamh. Cha b' urrainn e rithist

làn-chunntas a thoirt air coltas na ban-sìthiche, oir b' e sin a bha innite, ni mó bha cuimhne aige air a sgeadachadh na b' fhaide na gu 'n robh tonnag uaine m' a guailnibh agus crioslaichte m'a meadhon le crios òir agus gu 'n robh air a ceann boineid uaine le dos iteag airgid a' dannsadh 'na mullach.

[TD 205]

[Beurla]

[TD 206]

"C'àite am bheil thu a' dol?" ars a' bhean shìthe.

"Tha mi a' dol a chur seachad an fheasgair anns an Doire Sheilich," fhreagair Croitean.

"Nach 'eil companach idir agad leis an téid thu a chleasachd?" thubhairt i an sin. "Cha'n 'eil: cha dean aon air bith cuideachd rium, o'n nach 'eil mi coltach ri cloinn eile," thubhairt Croitean.

Mu dheireadh dh' fheòraich i dheth c' ainm a bha air, agus dh' innis e dhi gu 'n robh Croitean. "Croitean!" ghlaodh i. "Is fhada o'n bha fiughair againn ri tachairt ort. Is mise Mire-gath-gréine, agus is e m' aoibhneas a bhi a' deanamh an t-saoghail aighearach. Tiugainn leamsa, tha fiughair aig mo chuideachd riut, cuir seachad an oidhche cuide ruinne, agus anns a' mhaduinn cha bhi éis no earras ort."

Dh' fhalbh e leatha gu togarrach gus an d'ràinig iad cùl an t-Sìthein Mhóir. "Dùin do shùilean, agus thoir dhomhsa do làmh," ars a' bhean shìthe ris. Rinn e mar dh' iarr i air, agus ann an tiota bha iad anns an aon fhàrdaich a b' àille a chunnaic e riamh. Shlaod i suas troimh an chuideachd e, a' seinn gu h-eutrom:

Gu réidh gu léir!  
Gath-gréine air tilleadh,  
Croitean 's i féin,  
Le chéile air tighinn.

"Sonas is àgh air Mire-gath-gréine," labhair maighdean cheutach a b' àille air a sgeadachadh na càch, agus air an robh air a ceann crùn òir làn usgraichean.

"Ciod is àill leatha sinn a dheanamh ri Croitean bochd?"

"Sonas 'thoirt da an àite cràidh,  
Ealdain làn ratha, toil duine mhaith,  
Is bidh Mire-gath-gréine gu h-aobhinn aighearach."

Agus air falbh dhanns i gun sùil tuilleadh a thoirt air Croitean.

[TD 207]

[Beurla]

[TD 208]

“Cuin a tha Mire-gath-gréine air atharrachadh?” ars a’ Bhan-rìgh,  
“agus a réir a h-iarrtuis bitheadh e.”

Ghlac na sìthichean eile e, agus an uair a shaoil leis gu’n robh e  
air a shlaodadh as a chéile eatorra, leig iad as da, agus bha e cho  
deas, dìreach is bu chòir dha bhi. An sin chuala e an ceòl a bu  
mhilse ris an d’ eisd e riamh, lòn sòlas a chridhe, agus thòisich e  
air dannsadh còmhla ris na daoine beaga a bha air an ùrlar, agus  
stad cha d’ rinn e gus an do thuit e as a sheasamh leis an sgios.  
Cha robh e ach goirid ’na laighe air an ùrlar gus an d’ thàinig clò-  
chadal air, agus an d’ fhairich e na sìthichean ’ga ghiùlan air  
falbh troimh an athar, agus an ceòl ciùin tiamhaidh a’ dol na b’  
fhaide bhuaith.

Mu dheireadh dhùisg e, agus air dha sealltainn m’ a thimchioll, b’  
ann ’san Doire Sheilich fhuair se e féin ’na laighe. Dh’ éirich e,  
agus phill e dhachaидh. Bha e air falbh latha is bliadhna, agus anns  
an ùine sin, thàinig atharrachadh cho mór air is gu’m b’ ann air  
éiginn a dh’ aithnich a mhàthair féin e. Rinn i gàirdeachas ris,  
agus an déidh sin fhuair i e ’na chuideachadh mór dhi, oir bha làmh  
aige nis air gach ealdhain.

Am measg na h-òigridh a bhitheadh a’ fanaid air, bha giullan air an  
robh am frith-ainm Saigean. Bha Saigean ’na chreutair cròn, grànda,  
le làmhan agus casan coltach ri spàgan cràigein-ghàraidh, agus pait  
mhór ag éirigh suas eadar a dhà ghualainn. An uair a chunnaic e mar  
thill Croitean, cho dìreach ri luaichirean, agus cho uallach ri  
buachaillie nan laogh, rinn e suas càirdeachas ris, agus cha do stad  
e gus an d’ innis e dha gach ni a thachair o’n fheasgar a chaidh e  
do ’n Doire Sheilich, gus an do phill e air ais a rìs. Ach leag e  
bóid air Saigean gun e a dh’ innseadh sin do dhuine beò, a chionn gu  
’n robh e féin fo ghealladh

[TD 209]

[Beurla]

[TD 210]

aig na sìthichean a ghlèidheadh uaigneach. Gheall Saigean gu ’n  
deanadh e mar dh’ iarradh air.

Air an fheasgar sin féin chaidh Saigean do ’n Doire Sheilich an dùil  
gu ’n coinnicheadh e aon de na sìthichean a leighiseadh e mar  
leighiseadh Croitean, ach cha’n fhaca e gin. Feasgar an déidh  
feasgair lean e air dol do ’n àite cheudna, gus, mu dheireadh, am  
faca e aig bun pris cuilinn duineachan beag ’na shuidhe agus ag  
amharc le fiamh ghàire fanaidich ’na ghnùis.

“An tusa Mire-gath-gréine?” arsa Saigean.

"Cha mhi," fhreagair an duineachan, "ach is mi Coma-co-dhiùbh. Ciod do ghnothach-sa ri Mire-gath-gréine?"

"O gu 'n toir i dhiom a' phait so mar thug i a' chroit bhàrr Chroitein," thubhairt Saigean. "An toir thu mi do 'n àite far am bheil i?"

"Nì mi sin," arsa Coma-co-dhiùbh, "ach gheibh thu cead tighinn as mar as àill leat féin."

"Tha mi coma cia mar gheibh mi as, ma gheibh mi ann, agus ma bheirear dhiom a' phait mhosach so."

Rinn an duineachan beag glag mó r gàire, agus an sin dh' fhalbh e le Saigean do 'n t-Sithean Mhór, agus thug e stigh e, mar thugadh Croitean.

"Cò e so air teachd d' ar n-ionnsaidh gun chuireadh gun iarraigdh?" ars a' Bhan-rìgh, agus i ag amharc gu cruaidh air Saigean.

"Tha cràigean d' an ainm Saigean, a chuir Croitean air sgriob an fhortain, an dùil gu 'n toirtear dheth a phait," fhreagair Coma-co-dhiùbh.

"An do bhrist Croitean a bhóid is a ghealladh nach innseadh e do dhuine air bith d'a dheòin mar dh' éirich dha an so?" arsa a' Bhan-rìgh, agus i a' tionndadh le corrúich 'na gnùis ri Saigean.

[TD 211]

[Beurla]

[TD 212]

"Cha do bhrist; oir cha d' innis e dhomh aon ni gus an do ghuidh is gu 'n do ghríos mise air an toiseach," fhreagair Saigean.

"A bheadagain mhi-mhodhail! gheibh thusa do thoillteanas," ars ise, agus air ball ghlaodh i ris na sìthichean eile: "Spàrraibh a' phait air a' chroit, agus bheir an aon sac dhachaidh iad."

"A' phait air a' chroit! a' phait air a' chroit!" sgreuch na sìthichean uile, agus ghramaich iad an Saigean air a làmhan agus air a chasan, agus thilg iad a sìos is a suas, a null is a nall e, gus an do chaill e a aithne gu h-iomlan.

An uair a thàinig e g'a dh'ionnsaidh féin, b' ann 'san Doire Sheilich a bha e, a' phait a dhà mheud is a bha i roimhe, agus a chnàmhànan cho sgith, brùite is gu 'm b' ann air éiginn a b' urrainn e carachadh. Fhuair e air a chasan le móran strì, agus an sin shnàig e dhachaidh; ach gu latha a bhàis cha d' innis e do dhuine ach do Croitean, mar thachair dha 'san t-Sithean Mhóir.

[TD 213]

[Beurla]

[TD 214]

A' CHAOINTEACH.

SGEUL MU BHEAN-SHITHE.

IS e Bean-Shìthe a bha anns a' Chaointich. Bha i a' leantainn Chlann Mhic Aoidh agus fhineachan eile 'san Ròinn Ilich. An uair a bhithheadh bàs a' dol a thachairt an aon de na fineachan sin, thigeadh i dh' ionnsaidh tigh an duine thinn le tomaig uaine m'a guailnibh, agus bheireadh i seachad rabhadh d'a theaghlach le caoidhearan brònach a thogail taobh a mach an doruis. Cho luath is a chluinneadh càirdean an duine thinn a guth, chailleadh iad dòchas r'a dhol am feobhas. Chuala iad a' Chaointeach a' tuireadh, agus bu leòir an dearbhadh sin leò gu'n robh a chrìoch aig làimh.

Ach sguir a' Chaointeach a thabhairt sanais seachad do mhuinntir na Ranna. Chualadh i mu dheireadh aig tigh 'san àite sin o cheann iomadh bliadhna.

Bha 'san àm duine tinn air a leabadh bàis agus a chàirdean a' feitheamh air. B'e an geomhradh a bha ann, agus bha an oidhche fliuch, fuar, le uisce agus le gaoith. Sheas i muigh aig dorus an fhuardaidh de'n tigh; agus thog i an sin caoidhearan muladach. Chuala an teaghlach a caoidh; agus ghabh aon aca a leithid de thruas di, is gu'n deachaidh e mach air dorus an fhasgaidh, agus gu'n d'fhàg e aice seann bhreacan air àite suidhe, a bha aig taobh an doruis. Phill e stigh an sin, agus ghlaodh e rithe: "Thig, a bhean bhochd, air taobh an fhasgaidh; agus cuir umad cirb de mo bhreacan." Air ball sguir an tuireadh; agus o sin gu so cha chualadh agus cha'n fhacadh a' Chaointeach 'san Ròinn.

[TD 215]

[Beurla]

[TD 216]

GLAISRIG BHAILE BHEOLAIN AGUS SEALBHACH MAC SHEALBHAICH.

BHA Maighdean, no Gruagach, a' leantainn teaghlach Bhaile Bheòlain an Liosmór. Bha a' mhaighdean so ag gabhail càraim mhóir de'n teaglach, agus de gach ni a bhuineadh dhoibh. Ach b' i an fheudail a culaidh chàraim os ceann gach ni eile. Ann a' mhaduinn shaodaicheadh i iad a mach do'n mhachair, agus an uair a thigeadh am feasgar, dh'iomaineadh i dhachaидh iad a rìs. Bhithheadh i mar an ceudna 'gan leantainn 'nan siùbhal anns an àite-ionaltraidh fad an là; agus ged nach robh i féin r'a faicinn, bha a guth gu minic r'a chluinntinn 'gan tionndadh o bhruaich na creige, no 'gan ruagadh as na dailthean coirce. Agus b' i an aon duais a bha i ag iarraidh airson a seirbhise làn meadar de mhèag fuar air a fhàgail dhi 'san

oidhche an uinneig a' bhàthaich. Ach am feadh bha i ag gabhail cùraim shònraichte de theaghlaich agus de spréidh Fhir-a'-bhaile, bha i mar an ceudna ag amharc an déidh gach teaghlaich agus duine a bha air an fhearann. Air uairean leanadh i iad gu tìr-mór, agus chuidicheadh i iad, an uair a chitheadh i iad am feum a cuideachaidh.

Ghabh Sealbhach Mac Shealbhaich, duine foghainn teach, neo-sgàthach, a bha a chòmhnuidh am Fracarsaig, a bhàta, agus chaith e leatha thar na Linne Morbhairnich do Gleann Sannda air-son connaidh. An déidh dha foghnadh de fiodh a gheàrradh agus a

[TD 217]

[Beurla]

[TD 218]

chur anns a' bhàta, phut e i o'n chladach, agus bha e féin a' dol a leum innse, an uair a chuala e air a chùlaibh cailleach bhochd ag iarraidh air a tabhairt a null gu taobh eile na Linne. Ud! Ud! tha fhios gu'n deanadh e sin do bhean bhochd; agus air ball leum a' chailleach air bàrd cho iollagach ri nighinn òig. Shuidh i an sin air té de na totaibh, agus dh' iarr i air ràmh a shìneadh dhi. Cha deanadh e sin: dh' iomaireadh e am bàta leis féin. Ach lean i cho fada air an ràmh a dh' iarraidh is gu'n d'thug e dhi e mu dheireadh. Cho luath is a fhuair i e 'na làmhan, ghlaodh i: "Buille air, a Shealbhaich." Ach ma dhùlanaich ise esan, dhùlanaich esan ise, ag ràdh: "Buille eile oirre, a chailleach." Agus an sin dh' iomair iad le chéile gu cruaidh, agus chuir iad am bàta 'na still air a slighe. Mar a b' fhaide a bha a' chailleach ag iomram, b' ann a bu làidire a bha i a' fàs. Air an làimh eile bha Sealbhach a' dol na bu laige agus na bu laige leis gach buille a bheireadh e. An uair a chunnaic i so, ghlaodh i le guth na bu dàine na air tùs: "Buille air, a Shealbhaich." Sgìth is mar bha Sealbhach bochd, bhrosnaich an dara dùlan so e cho mór is gu'n do fhreagair e le guth cho àrd agus cho dàna, r' a guth féin: "Buille eile air a rithist, a sheann chailleach," agus an sin chuir e cho fada thuige e féin is gu'n robh e an ùine goirid an impis tuiteam a sìos claoidhte air ùrlar a' bhàta. Ach chuidich näire, gu 'm faigheadh cailleach an làimh-an-uachdair air, e a chumail air féin beagan na b' fhaide, agus an sin fhuair e fuasgladh; oir an déidh do'n bhàta an t-aiseag a dheanamh an ùine anabarrach goirid, ràinig i an tèaruinteachd Camus Fhracarsaig.

An uair a fhuair Sealbhach am fiodh a mach thubhairt e gu'n rachadh e do'n tigh a b' fhaigse air-son cuid-eigin a tharruingeadh leis am bàta suas air a' chladach. "Cha ruig thu leas," ars a' chailleach,

[TD 219]

[Beurla]

[TD 220]

“ma tharruingeas tusa do thaobh féin, tarruingidh mise an taobh eile.” Fhuair e cheana a leithid de dhearbhadh air a neart is nach do smuaintich e air teagamh a chur ann a nis. Le sin rug iad le chéile air a' bhàta, agus le aon sgriob fhada tharruing iad i o oir an uisce suas air an fheur ghorm. An sin chaidh a' chailleach as an t-sealladh; agus dh'aithnich Sealbhach gu'm b' i Maighdean Bhaile Bheòlain a bha innte.

Greis an déidh sin air do bhanaraich ùr mèag goileach fhàgail 'san oidhche am meadar na Maighdinn, dh' fhàg i an t-àite le gràin, agus cha'n fhacas i o sin anns a' choimhearsnachd.

[TD 221]

[Beurla]

[TD 222]

#### MAIGHDEAN GHLINN-FAOCHAIN.

BU Mhaighdean Nic Gille Mhìcheil a bha a' leantainn Caimbeulaich Ghlinn-Faochain, làimh ris an Oban Latharnach. Bha i ag amharc as déidh seirbhisich an tighe, agus 'gan smachdachadh na'n dearmadadh iad an obair a dheanamh, no na'n deanadh iad i gu neo-sgoinneil.

Uair-eigin a fhuair searbhanta, is i air ùr-thighinn, earail o Fhear Ghlinn-Faochain an t-uisge thabhairt a stigh roimh an dorchadh, air eagal gu'm bitheadh Nic Gille Mhìcheil diombach dhith thubhairt i: “Ma thig i tarsuinn ormsa, cuiridh mi car 'na h-amhaich dhi.” Ged nach robh a' Mhaighdean r'a faicinn, bha i an làthair 'san àm, agus chuala i ciod a bhagair an t-searbhanta a dheanamh oirre. Goirid an déidh sin, air do'n t-searbhanta dol do'n tobar, thill i stigh le a ceann air a thionndadh null r'a cùl, gus an robh a h-aghaidh ag amharc thar a gualainn deise. An uair a dh' fheòraicheadh dhith an t-aobhar, is e na b' urrainn i a ràdh, gu'n d'fhuair i o làimh 'san dorcha sgleog 'san lethcheann chli a chuir a' gheoic ud oirre.

Cho luath is a chuala Gleann-Faochain ciod a rinneadh oirre, thug e mach i air làimh, agus choisich e leatha timchioll an tighe, a labhairt ris a' Mhaighdinn 'san dorcha, agus ag ràdh rithe: “a Nic Gille Mhìcheil, a thruaghain, nach cuir thu, air mo bhuidheachas féin, ceann na searbhanta mar bha e roimhe?” An ceann tacain fhuair an t-searbhanta sgleog eile, air an uair so

[TD 223]

[Beulra]

[TD 224]

'san lethcheann dheas. Chuir am buille a ceann air ais teann air mar bha e an toiseach. Dh'fhuirich e an sin 'na shuidheachadh mu dheireadh, mar rabhadh do dhaoine eile an aghaidh dioghaltas a

bhagradh air Nic Gille Mhìcheil.

An uair a chaidh oighreachd Ghlinn-Faochain a reic, chualas i fad na h-oidhche ag osnaich is ag caoineadh am measg nan craobh a bha timchioll an tighe. Ach an déidh sin cha chualas is cha'n fhacas i, aon chuid mu'n tigh, no an àite air bith eile 's a' Ghleann.

[TD 225]

[Beurla]

[TD 226]

#### GILLECRIOSD TAILLEAR, AGUS A' CHAILLEACH.

B' APUNNACH Gillecriosd tàillear. Bhitheadh e a' dol o thigh gu tigh a' deanamh aodaich; agus an uair a theirigeadh obair air 'san Apuinn rachadh e thar na Linne do Cheann-ghearrloch agus do'n Mhorbhairne air-son tuillidh.

Uair a bha e féin is a ghille a' dol thar a' mhonaидh eadar an dà àite sin, thuit an oidhche orra aig dol-a-stigh a' Ghlinne Ghil. Cha deachaidh iad air an aghaidh ach goirid anns a' Ghleann an uair a chunnaic iad solus rompa, agus rinn iad dìreach air. Ràinig iad am bothan-àiridhe, as an d'thàinig an solus, agus rinn a' bhanarach agus am buachaille, a bha an cois a' chruidh, am beatha. Bha iad le chéile sgìth agus fliuch, agus le sin ghabh iad gu toileach ris a' chuireadh a thugadh dhoibh. Chaidh iad a stigh, agus shuidh iad sios ri taobh teine mór fhalaigse, a bha air meadhon an ùrlair.

Roimh àm dhol-a-laighe, thàinig Cailleach mhór, fhiadhaich a dh'ionnsaidh an doruis, agus dh'iarr i cead dol a stigh, agus i féin a thiormachadh. Mar bha am mi-fhortan 'san dàn, thubhaint Gillecriosd rithe tighinn air a h-aghaidh, agus suidhe còmhla riu mu'n teine. Cha d'fheith i an ath chuireadh, ach thàinig i, agus shuidh i aig an teine, agus thòisich i ri i féin a thiormachadh. An ceann tacain dh'fhàs i neo-shocrach, a' tionndadh taoibh an déidh taoibh ris an teine; agus mar bha i a' tiormachadh, bha i ag at agus ag at, agus a' fàs dàna agus ladarna 'na cainnt. Thuit do

[TD 227]

[Beurla]

[TD 228]

Ghillecriosd an adharc shnaoisein aige a tharruing as a phòca, agus snaoisean a ghabhail. Thug ise so fa-near, agus dh'iarr i air an adharc a shineadh dhise. Fhreagair e nach robh e riamh 'na chleachdadadh aige a tabhairt d'a leithidse; ach na'n toilicheadh i, gu'n tugadh e dhi deannag air bàrr na biodaig. Chuir e an sin beagan air ceann a mach na biodaig, agus shin e null dhi e. Ach mar sin cha ghabhadh i e; agus a chionn nach faigheadh i e mar bha i ag iarraidh, chaidh i ann am feirg mhóir agus ann an droch cainnt.

Dh' éirich a' bhanarach agus am buachaille agus gille an t àilleir, agus chaidh iad taobh eile a' chailbhe, a bha a' roinn a' bhothain 'na dhà cheàrn.

Dh' éirich a' Chailleach an sin, agus am badaibh an t àilleir bhithheadh i. Ach thug e dhi sàthadh no dithis leis a' bhiodaig, a thug oirre tilleadh r'a h-àite suidhe aig taobh an teine.

An ceann tacain dh' éirich i an dara uair, agus chaidh i, mar shaoil esan, a mach. Ach cha robh i fada air falbh gus an cuala e, an ceann eile a' bhothain, ròcail grocaich mar aig duine 'ga thachdad.

Ghreas e sios, agus co a bha roimhe ach a' Chailleach, agus i ag cur ri tachdad na banaraich. Thug e stobadh eile de'n bhiodaig dhi, agus dh'iomain e roimhe i do'n cheann 'san robh an teine. Las a' Chailleach nis le corruiich mhóir, agus b' ann air éiginn a b' urrainn e a cumail dheth. Sheas i m'a choinneamh a' feitheamh cothruim air a ghlacadh; agus cha do sguir i strì ris gus an robh bristeadh an latha am fagus. An sin chaidh i mach, agus ghlaodh i àirde a cinn air Gormla Mhóir o'n Mhaigh an Lochabar, agus air Nighean Fhir Leirg na h-Uinnsinn an Cnapadal. Ach gu fortanach do Ghillecriosd t àillear, ghoir an coileach dubh air bruach os a ceann, agus b' éiginn di an rathad a ghabhail.

[TD 229]

[Beurla]

[TD 230]

#### [SEALGAIR SHRATH EIRINN IS A' CHAILLEACH.]

BHA sealgair ainmeil a chòmhnuidh an Srath Eirinn air taobh deas Loch Nis anns na làithibh a dh'fhalbh. An uair a thàinig àm na seilge, chaidh e le a dhà chù do'n Chrò-Chlach an ceann shuas a' Glinne; agus an déidh dha an là a chur seachad a' leantuinn an fhéidh, thog e air gu bothan-àiridhe a chaitheamh na h-oidhche. Ràinig e am bothan 'san fheasgar, las e teine, agus chuir e àird air an t-suipeir. An déidh dhà an t-suipeir a ghabhail agus tuilleadh connaidh a chur air an teine, thilg se e féin air dùn luachrach an oisinn a' bhothain. Lean a dhà chù e, agus laigh iad air a chùlaibh.

An ùine ghoirid thàinig cearc a stigh, agus leig i aon taobh foipe air lic an teinntein, agus chum i an taobh eile ris an teine. Cha robh i fada 'san t-suidheachadh sin an uair a thòisich i ri at agus ri at. An ceann tacain dh' éirich i, agus thionndaidh i an taobh a bha foipe ris an teine; agus ma dh' at i roimhe, dh' at i nis a sheachd uibhir. Mu dheireadh dh'fhàs i 'na boirionnach, agus sheas i suas air an ùrlar mu choinneamh an t-sealgair. Cho luath is a thug na coin an aire dhi, dh' éirich gart orra, agus leum iad a null air an ùrlar gu bhi aice. "Caisg do choin," ars a' chailleach. "Cha'n urrainn mi," fhreagair an sealgair. Spòn i riobag as a falt, agus an uair a bha i a' sìneadh na riobaige dha, thubhaint i: "Ceangail le sin iad." Ghabh esan air na coin a cheangal leis an riobaig, ach

an àite na riobaige chuir e orra aon d'a ghartain féin.

[TD 231]

[Beurla]

[TD 232]

Cho luath is a shaoil a' chailleach gu'n robh na coin ceangailte, leum i null do'n oisinn, agus shàsnaich i anns an t-sealgair. Leum na coin an sin gu bhi an greim innse-se. "Teannaich, a riobag!" ars ise an so. "Lasaich, a ghartain!" fhreagair esan. Mu dheireadh fhuair na coin fa sgaoil, agus shàsnaich iad anns a' chailleach. An so leig i as an sealgair, agus chaith i an comhair a cùil a mach an dorus.

Lean na coin i, gus an do chuir iad i ri leathad bruaich a bha mu choinneamh an doruis. An uair a ràinig iad a bhun, thòisich strì chruaidh eadar iad féin agus ise, a mhair ùine fhada. Ach thàinig crìoch air a' chath mu dheireadh. Thill na coin r'am maighstir air an loireadh agus air am beubanachadh gu mór. Agus dh' fhalbh a' chailleach ag ràdh: "Na 'n robh tosg a' choin òig anns an t-seann chù, no tùr an t-seann choin anns a' chù òg, cha d' fhuair mise as orra."

Air an ath latha chaith an sealgair dhachaidh; agus an uair a ràinig e an tigh, choinnich a bhean e a' dol an cabhaig gu tigh ban-choimhearsnaich a bha an cràdh mór agus a réir coltais air beul bàis. Thug e oirre tilleadh dhachaidh; agus an déidh dha greim bìdh fhaotainn, chaith e féin gu tigh na mnatha tinne. An uair a chuala i gu 'n robh e a' tighinn, ghlaodh i riusan a bha stigh leatha, an dorus a dhruideadh agus a chrannadh. Rinn iad mar dh' iarr i orra. Ach cho luath is a thàinig an sealgair dlùth gu leòir, chuir e an dorus roimhe, agus chaith e stigh. Chaith e dìreach dh' ionnsaidh na leapa, agus thilg e an t-aodach sios bhàrr uchd na mnatha. Bha sealladh déistinneach air a leigeil ris da nis: bha dà chìch na mnatha air an reubadh as an àite. Thuig e an t-aobhar. B' ise a choinnich e féin agus a choin 's a' bhothan-àiridhe air an oidhche chaith seachad; agus uime sin, tharruing e a chlaidheamh, agus chuir e gu bàs i mar bhuitsich.

[TD 233]

[Beurla]

[TD 234]

**SGEOIL MU GHЛАISTIGEAN.**

BHA Domhnall MacIain 'na àireach aig tuath Achadh-an-todhair an Lochabar. An uair a thàinig an samhradh, chaith e le spréidh a' bhaile chum àiridh na Beinne Brice air taobh tuath an Uisge Dhuibh.

Air là àraighe, is e 'na shuidhe air an lòn an cois na Beinne, agus

an crodh 'nan laighe m'a thimchioll, chuala e guth caol ann fad as; agus ghrad dh' amhairc e an taobh o 'n d'thàinig e. Ciod a chunnaic e an sin, a' tighinn le luathas mór, agus a' deanamh dìreach air an àite 'san robh e 'na shuidhe, ach Glaistig. Gun dàil tiota tharruing e as a rathad, agus dh' fheuch e ri falach a dheanamh air féin ann an tom roideagaich. Ach ma dh' fheuch, cha b' ann gun fhaireachadh dhise. Thionndaidh i an taobh a ghabh e, agus ann am priobadh na sùla bha i 'na seasamh r'a thaobh. Thòisich i an sin ri leum a null is a nall thar a chuirp, a' bualadh a basan, agus ag ràdh nam briathar a leanas:—

Am faic sibh am bramachan roidein  
'Na laighe am measg nam bó?  
Bhuaileadh e buille eadar dà bhuelle  
Is buille eadar dà dhòrn,  
'San lòn eadar dà dhoire  
'San doire eadar dà lòn?

An uair a dh' fhàs i sgìth de'n obair sin, dh'fhalbh i le cruinn-leum uallach a' seinn na luinneig so:

Is mire mi na'm fior-eun mór  
Is mire mi na'm fior-eun òg,  
Is mire mi na laogh dà bhó,  
Is mire mi na meann an crò;

[TD 235]

[Beurla]

[TD 236]

agus a' siubhal le leithid de luathas is nach b' urrainn Domhnnull buachaillle bochd, is e leth-mharbh leis an eagal, a casan fhaicinn ag imeachd air an talamh. Chum i air aig an ruith so ag cromadh agus a' spionadh bad feòir le a fiaclan as an talamh gus an deachaidh i as an t-sealladh.

CHAIDH an Domhnnull Mac Iain ceudna samhradh eile do'n Bheinn Bhric le crodh Achadh-an-todhair. Ràinig e am bothan-àiridhe aig Ruighe na Cloiche làimh ri Uisce Chiarainn mu thràth feasgair. Air an rathad thrus e ultach connaidh, agus thug e leis e do'n bhothan. Chuir e an connadh an òrdugh air lic an teinntein, ghlac e an àsuin-theine, agus an déidh dha teine bhualadh, thòisich e air a' chonnadh a lasadh.

Am meadhon na h-oibre so, bha leis gu'n cuala e glaodh coimheach, air tùs fad air falbh, agus goirid an déidh sin, móran na b' fhaigse. Mu dheireadh chuala e an guth ceudna air taobh muigh an tighe ag ràdh:

"Heich: Hó! Thall!  
An d' fhalbh am fear so thall fhathast."

Mu 'n gann a thionndaidh e a shùil an rathad a thàinig an guth, dh' fhosgall an dorus agus sheas Glaistig m'a choinneamh anns an fhosgladh. Ghlaodh i mach: "A Dhomhnuill MhicIain, bha mi air an Uiriallaich an uair a chuir thu a' cheud srad 'san spong, agus an Coire na Snaige an uair a ghabh an sop teine, agus tha mi an so a nis an uair a tha an connadh a' tòiseachadh air gabhail." "Is math a choisich thu, a bheathaich bhochd," arsa Domhnall MacIain.

Thug i an so ionnsaidh air tighinn a stigh; ach ma thug, thug Deargan, cù a' bhuachaille, ionnsaidh oirre-se. "Caisg Deargan, a Dhomhnuill MhicIain," ars i. Ghabh Domhnall MacIain air an cù a chasg, ach nach b' urrainn e. "Ceangail do chù, a Dhomhnuill MhicIain," ars i an sin. "Cha'n 'eil rud agam leis an

[TD 237]

[Beurla]

[TD 238]

ceangail mi e," fhreagair am buachaille. Spòn i ròineag liath as a ceann, agus shin i dha i, ag ràdh: "Ceangail le so e." Ghabh am buachaille air an ni a dh' iarradh air a dheanamh, ach chuir e a ghartan féin air a' chù an àite ròineag na Glaistige.

Cho luath is a shaoil ise gu'n robh an cù ceangailte, leum i am bad a' bhuachaille; ach ma leum, thug Deargan leum 'na bad-sa. Ghlaodh i an sin. "Tachd is teonnaich, a ròineag. Tachd is teonnaich, a ròineag." Ach thilg am buachaille an ròineag air an teine, agus chnac agus chnac i gus an do leum i mach air mullach a' bhothain. Cha bu luaithe bha sin seachad na fhuair an cù as, agus a chaidh e an sàs anns a' Ghlaistig. Ghlaodh i àirde a cinn: "Thoir dhiom do chù a Dhomhnuill MhicIain, agus cha chuir mi tuilleadh dragha ort.' Rinn am buachaille mar dh' iarr i air, agus an sin thubhaint i ris: "Rach do'n Bheinn Bhric moch am màireach, a Dhomhnuill MhicIain, agus gheibh thu an t-Agh Bàn a tha thu a' sealg o cheann iomadh là, ach nach d' fhuair thu fhathast." An déidh dhi so a ràdh, thug i an dorus oirre.

Moch air an ath là thug am buachaille leis a bhogha is a shaighdean, agus chaidh e do'n Bheinn Bhric. An uair a ràinig e a' Bheinn, chunnaic e a' Ghlaistig a' tighinn 'na choinneamh le greigh fhiadh roimpe, agus an t-Agh Bàn air an ceann. Ghabh e cuimse air an Agh, agus leig e as an t-saighead. Ach mu'n d'fhàg an t-saighead glaic an iubhair, chuala e a' Ghlaistig ag glaodhaich le guth nimheil: "Sàth 'na ghoile, a shaighead! Sàth 'na ghoile!" Shàth an t-saighead an goile an Aighe Bhàin, agus fhuair Domhnall MacIain e dhachaидh leis, mar ghealladh dha.

[TD 239]

[Beurla]

[TD 240]

## CRONAN GLAISTIG NA BEINNE BRICE.

IS e so an Crònan a bhithheadh Glaistig na Beinne Brice a' seinn d'a h-éildean am feadh a bhiodh i 'gan iomain roimpe air an t-sliabh:-

Cailleach Beinne Bric, horó!  
Bric horó! Bric horó!  
Cailleach Beinne Bric, horó:  
Cailleach mhór an fhuarain àird  
Cha leiginn mo bhuidheann fhiadh  
Bhuidheann fhiadh, bhuidheann fhiadh,  
Cha leiginn mo bhuidheann fhiadh  
A dh' iarraidh shlige duibh' a 'n tràigh.  
Gu 'm b' annsa leò biolair fhuar,  
Biolair fhuar, biolair fhuar,  
Gu'm b' annsa leò biolair fhuar,  
A bhiodh an cois an fhuarain àird.

[TD 241]

[Beurla]

[TD 242]

## [AN DA BHRATHAIR A BHA AN ODHANAICH AGUS GLAISTIG NA BEINNE BRICE.]

BHA uair-eigin an Odhanaich dà bhràthair a bha anabarrach déidheil air seilg agus air iasgach. An àm an t-samhraidh agus an fhogharaidh b' àbhaist dhaibh dol do'n Mhonadh Dhubh, agus ré na h-ùine a bhithheadh iad an sin, ghabhadh iad fasgadh ann am bothan-àiridhe

Lagan Odhar a' Chàthair  
Aig sàil Beinne Bhric.

An so bhithheadh a' Ghlaistig a' tadhal orra gus an d'fhàs i féin agus iadsan cho eòlach air a chéile is ged robh iad 'nan coimhearsnaich riamh. Ach cha robh tlachd air bith aig na sealgairibh 'na cuideachd, oir bha i cho draghail is gu'm b' éiginn daibh a bhi a ghnàth air an earalas 'na h-aghaidh.

Bha fear de na bràithribh, air an robh mar ainm Gilleasbuig, foidhidneach rithe; ach cha robh am fear eile ris an abradh iad Raonull. Cha robh Gilleasbuig toilichte d'a bhràthair air-son a ghiùlain; oir bha eagal air gu'm brosnaicheadh e an trusdar caillich gu dioghaltas a dheanamh orra. Le sin, an uair a chasadadh a bhràthair oirre le a bhiodaig, agus a ghlaodhadh i: "Caisg Raonull, a Lasbaig," theireadh Lasbaig le spraic: "Nach leig thu leis a' bheathaich bhochd." An sin thionndaidheadh i air féin, oir cha b' urrainn di fuireachd sàmhach tiota, agus dh' iarradh i air gradan, le rùn a ghlacadh air làimh an uair a bhithheadh e a' sineadh dhi a' ghradain, agus a thoirt

[TD 243]

[Beurla]

[TD 244]

air falbh leatha. Ach chuireadh esan an gradan air bàrr na biodaige, agus chumadh e rithe e air an dòigh sin. An sin lùbadh i a gàirdean, agus thionndaidheadh i ceann a h-ruillne ris, agus theireadh i: "Cuir air a so e, a Lasbaig!" Ach bha fios aig Lasbaig gu'm b' e aobhar an iarrtais so greim fhaotainn an toiseach air cois na biodaige, agus a ris air féin. Chuireadh so e air a fhaicill roimpe, air chor is gu'n robh e 'ga glèidheadh dheth le bàrr na biodaige.

Air là sònraichte chuir i le a conas a leithid de fheirg air Raonull is gu'n do leig e leis an abhag dol an sàs innte. Ghlaodh Gilleasbuig ris an cù a chasd agus e leigeil leatha. Thug Raonull cluas bhodhar dha so; agus an àite na h-abhaige a chasd, is ann a stuig e innte an cù glas mar an ceudna. Las so suas a corraich gu mór. Thug i aon sùil ghruamach fhiar air, agus thubhaint i ris mu 'n d' fhalbh i: "Theagamh gu'n diol mise so fhathast ortsa, a fhleasgaich."

An déidh dhi falbh, thubhaint Gilleasbuig r' a bhràthair: "Is olc a rinn thu. Tha eagal orm gu'n dean an aigeannach ud cron oirnn fhathast." Ach fhreagair a bhràthair nach b' eagal daibh cho fhada is a bhitheadh an cù glas agus an abhag aca.

An ath oidhche, mu àm dol a laighe, chuala iad guth caol an toiseach mar gu'm bitheadh e fada as, agus goirid an déidh sin, mar gu'm bitheadh e na bu teinne dhaibh. Bha an guth a' tighinn, agus a' tighinn le luathas mór. Mu dheireadh, ghlaodh Gilleasbuig ri Raonull: "Is i a' Ghlaistig a tha ann! Glac do bhiodag gu h-ealamh, agus bi deas air a son, an uair a thig i." Tharruing Raonull a bhiodag, agus leum an cù glas a suas r' a thaobh, agus gart uamhasach air. Stuig e an sin an cù agus an abhag, agus air ball ghabh iad a mach le deann an còmhdhail na Glaistige.

Dh' fhan an dà bhràthair a stigh anns a' bhothan

[TD 245]

[Beurla]

[TD 246]

ag éisdeachd ciod a thachradh. Cha robh iad ach goirid a' feitheamh gus an cuala iad a' ghairm ghallain a thòisich a mach. Lean a' chaithream so ùine fhada mu'n dorus, ach uidh air n-uidh chaidh i na b' fhaide air falbh o'n tigh. Mu dheireadh aig tionndadh na h-oidhche gu là, sguir an cath agus thill na coin air an ais do 'n bhothan.

Thàinig an cù mór an toiseach gun air ach bad an sud agus an so de fhionnadh; agus goirid 'na dhéidh thàinig an abhag cho lom ri cearc

air a h-ùr spìonadh.

[TD 247]

[Beurla]

[TD 248]

#### AN SEALGAIR AGUS GLAISTIG NA BEINNE BRICE.

BHA sealgair latha a' tilleadh o'n Bheinn Bhric, agus an uair a ràinig e bun na beinne, bha leis gu'n cuala e fuaim coltach ri cnacail dà chloiche 'gam bualadh ri chéile, no ri greadhnaich adhaircean an daimh, an uair a bhitheas e 'gan tachas ri creig. Chum e air a cheum gus an d'thàinig e an sealladh cloiche móire, a bha 'na laighe ri taobh an rathaid, agus an sin chunnaic e coltas boirionnaich 'na gurrach aig bun na cloiche, le tonnaig uaine m'a guailnibh, agus 'na làmhan dà lurgainn fhéidh, a bha i a' bualadh gun sgur r'a chéile. Ged thuig e gu'm bi a' Ghlaistig a bha innse, ghabh e de dhànanachd a ràdh rithe: "Gu dé a tha thu a' deanamh an sin, a bhean bhochd?" Ach b' e an aon fhreagairt a fhuair e: "O 'n loisgeadh a' choille, o'n loisgeadh a' choille;" agus chum i air a' cheileir so cho fhada is a bha e an astar cluinntinn dhi.

[TD 249]

[Beurla]

[TD 250]

#### MAC LACHAINN AGUS A' GHЛАISTIG.

BHA a' cheud aon de Chloinn Lachainn Airdnamurchan ag gabhail còmhnuidh an Gleann na h-Iubhraich. 'Na ghreigh each bha làir bhrèagh, għlas; agus bha e toileach a' cheud searrach a bhitheadh aice a ghleidheadh. Ach bha fios air so aig a' Ghlaistig a bhitheadh a' tathaich nan sgairneach ri taobh easa no still a bha 's a' choimhearsnachd; agus a chionn gun robh fuath aice dha mar choigreach 'san àite, chuir i roimpe nach faigheadh e a thoil leis.

Cho luath is a rugadh an searrach, ghabh i e agus spàrr i e ann an toll os ceann sruthain a bha fo 'n talamh, agus anns an do bhàthadh e. Air an là 'na dhéidh sin fhuair Mac Lachainn an searrach marbh 'san toll, ach shaoil leis gu'm b' e féin a thuit ann leis a' mhi-fhortan. An ath bhliadhna thachair an ni ceudna, oir fhuaradh an dara searrach marbh anns a' cheart toll agus anns a' cheart sruthan a bha fodha. Bha a amharus a nis air a thogail, agus le sin chuir e roimhe gu'm faireadh e an làir air an ath shamhradh aig àm breith an t-searraich.

An uair a thàinig an t-àm, chaidh e latha do'n mhonadh a dh' fhaicinn na làrach; ach bha a' Ghlaistig an sin roimhe agus ag cur ris an treas searrach a phùcadh troimh an toll do'n t-sruthan a bha fodha. B'aithne dha gu math ciamar a dhònadh se e fein o chumhachd

nan sìthichean, agus uime sin għlaġi 'na ghàirdeanan, agus le strì mhór chuir e fodha i mu dheireadh.

[TD 251]

[Beurla]

[TD 252]

"Tha do bhàs air do mhuin, a Chailleach," ars e, is e 'na sheasamh thairte.

"Is leam fhéin mo éirig," fhreagair ise. "Gu dé an éirig a bheir thu dhomh?" ars esan. "Sealladh an dà shaogħail dhuít féin, agus soirbheachadh dhuít féin agus do d' shliochd ad dhéidh." Air na cumhnantan sin leig e as i.

Uair-eigin 'na dhéidh sin bha e am Bràigh Lochabar, agus thug e leis a shlat, agus chaidh e dh' iasgach air abhainn Spithein. Air a' cheud siab chuir e'n dubhan an sàs ann an iasg brèagh a thug e air tìr air bruaich na h-aibhne. Air dha bhi acrach, las e teine ri taobh na h-aibhne, agus chuir e an t-iasg air.

Goirid an déidh sin thuit gu'n do leag e a mheur air bolgan a dh' éirich air taobh uachdair an éisg. Loisg an teas a mheur cho dona is gu'n do chuir e 'na bheul e 'ga fhionnarachadh. Cha bu luaithe a rinn e sin na fhuair e sealladh an dà shaogħail, no am briathraibh eile, an dara sealladh. Bha a' cheud chuid de ghealladh na Glaistige air a coimhlionadh an sin, agus tha e air a ràdh gu'n do choimhlionadh a' chuid eile 'na dhéidh sin.

[TD 253]

[Beurla]

[TD 254]

[DOMHNULL MOR OG AGUS GLAISTIG NA BUIDHEINNICH.]

THA an sgeul a leanas air innseadh an so a chionn gu'm bheil e, mar tha an dara sgeul, a' nochdadħ gur treud fhiadh a bha ann an treud na Glaistige.

BHA Domhnull Mór Og Camaron a chòmhnuidh am Bràigh Lochabar ann an ceud leth an linn a chaidh seachad. Bha e 'na dhuine comharraichte air iomadh dòigh. Anns a' cheud àite bha an dà shealladh aige. Mar dh' éirich do'n Phortair Cham, chunnaic e roimh làimh cuin agus c'àiṭe an robh Cailein Caimbeul Ghlinn Iubhair gu bhi air a mharbhadh; agus a réir beul-aithris, bha e cho cinnteach gu'n tachradh gach ni mar chunnaic e, is gu'n d' thàinig e a h-uile ceum o'n Bhràigh gu coille Odhanaich far an d' fheith e gus an cuala e fuaim na h-urchair a loisgeadh air taobh eile a' chaolais le Ailein Breac.

Bha Domhnall mar an ceudna ainmeil mar shealgair fhiadh. Cha robh a leithid r'a fhaotainn an Lochabar r'a linn, agus is coltach gu'n robh an dara sealladh feumail dha mar shealgair. Air là àraidi, am feadh a bha e a' sealltainn suas o iochdar a' Ghlinne ri mullach na Buidheinnich, thubhairt e ri coimhairsnach, a bha 'na sheasamh làimh ris: "Is mise a tha a' faicinn an t-seallaiddh! Cuir thusa do chas air mo chois-sa, agus chì thu e cuideachd." Rinn a choimhairsnach mar dh'

[TD 255]

[Beurla]

[TD 256]

iarradh air, agus chunnaic e nis ni nach faca e gus a sin, an aon sealladh bu bhrèagha a chunnaic e riamh air féidh.

Bha Domhnall a ghnàth a' leantainn nam fiadh, agus b' i a roghainn thar gach beinne-seilge a' Bhuidheinneach.

Air maduinn chiùin mu bhristeadh an là, bha e 'na shuidhe air aisridh nam fiadh 's a' bheinn le a ghunna caol nach do dhiùlt riamh air a ghlùn, agus a' feitheamh gus an teirneadh "a' ghreigh uallach" o mhullach na beinne a dh' òl an dighe-maidne as na fuarain ghlana a bha a' bristeadh a mach o thaobh an t-sléibhe fuidhe. Mu dheireadh chunnaic e iad a' tighinn a mach as a' cheò a bha a' falach a' chreachainn os a cheann, agus Glaistig mhór 'gan iomain roimpe. Ghrad thug i anaire do'n t-sealgair, agus mu 'n d'thàinig a' chuid a bha air thoiseach do na féidh an dlùthas urchair, ghlaodh i ris: "Tha thu tuilleadh is trom air na h-aighean agam-sa, a Dhomhnuill Mhóir. Cha'n fhaod thu a bhi cho trom orra is a tha thu."

Bha Domhnall Mór deas-chainnteach, agus, le sin chuir e seachad i leis an fhreagairt ullamh so: "Cha do mharbh mi riamh agh far am faighinn damh." Leig e na h-aighean seachad air, agus a' Ghlaistig 'nan déidh, agus cha do chuir i tuilleadh dragha air.

[TD 257]

[Beurla]

[TD 258]

[AN CEATHRAR SHEALGAIR IS AN CEATHRAR GHЛАISTIG.]

CHAIDH ceathrar shealgair a sheilg do Bhràigh Lochabar ann an aon de na linntibh a chaidh seachad. An déidh do sheilg an là a bhi thairis, thug iad orra gu bothan-àiridhe a chaitheadh na h-oidhche. Ràinig iad am bothan am beul an anmoich, agus an déidh teine a lasadh agus an suipeir a ghabhail, shuidh iad mu'n teallach, agus thòisich iad ri còmhradh. Dh' fhairich iad iad fhéin ro chomhfhurtachail, agus thubhairt triùir dhiubh ann am fala-dhà nach robh ni da 'n dìth a nis ach an leannain chum an deanamh cho sona

ris an rìgh. “’N Ni Maith eadar mise agus sin,” thubhaint an ceathramh sealgair.

Sguir an còmhradh an sin, agus tharruing an triùir shealgair air falbh do dh’ oisinn a’ bhothain, ach dh’ fhuirich an ceathramh fear far an robh e.

Goirid an déidh sin thàinig ceathrar bhan a stigh do ’n bhothan, an cruth agus an coltas leannan nan sealgair. Chaidh triùir dhiubh a null agus shuidh iad làimh ris an triùir shealgair ’san oisinn; ach sheas a’ cheathramh h-aon mu choinneamh an t-sealgair a bha aig an teine.

An uair a chunnaic an sealgair, a bha aig an teine, so, tharruing e a bhiodag as an truail, agus chuir e i tarsuinn air a ghlùin. An sin thug e mach dà thruimb as a phòca, agus thòisich e air cluich orra. Thug a’ bhean a bha m’ a choinneamh an aire dha so, agus thubhaint i:

“Is math an ceòl a tha ’san truimb  
Mur bhi am pong a tha ’na déidh:-  
Is math le fear d’ an cuid i bhi  
'Na ghob an àite té.”

[TD 259]

[Beurla]

[TD 260]

Ach cha do ghabh an sealgair air gu ’n cuala e i, ach chum e ag cluich air na truimb, mar bha e roimhe. An sin thòisich i air tighinn na bu dlùithe agus air breith air le a cròig; ach chum e dheth i cho math is a dh’fhaodadh e le a bhiodaig. An uair a dh’fhairslich oirre greim fhaotainn air mar so, dh’fheuch i seòl eile air. “Thoir dhomh gradan,” ars i. Rinn an sealgair gradan, agus shìn e dhi e air bàrr na biodaige. An uair a chunnaic i so, chum i ris ceann a h-uillne, agus thubhaint i: “Cuir an so e.” Ach thuig an sealgair gu’m b’ e aobhar a dèantais cothrom fhaotainn air greim a dheanamh air an làimh ’san robh a bhiodag, agus uime sin bha e air a fhaicill. Cho luath is a dh’fhairich e i a’ dol a shìneadh a mach a gàirdean air feadh a bha esan a’ ruigsinn di a’ ghradain, chum e rithe bàrr na biodaige agus thug e dhi sàthadh no dhà leatha. Dh’fhoghainn sin leatha. Chaidh i air a h-ais chum taobh eile an teine, agus sheas i an sin ag cumail conais ris.

Mu dheireadh chuala e glaodh coilich mar gu’m bitheadh e air mullach monaidh. “Sud,” ars an té a bha air taobh eile an teine, “coileach dubh a’ Mhàirt: is mithich a bhi falbh.” Gun tuilleadh a ràdh thug i an dorus oirre, agus ghrad leum a triùir bhan-chompanach ’na déidh.

Cho luath is a thàinig an latha, chaidh an ceathramh sealgair a null do’n oisinn, agus fhuair e a thriùir chompanach fuar, marbh, le am muineil geàrrta, agus gach srad fala sùigte as an cuislean. Cha

robh teagamh aige nis nach bu Ghlaistigean a bha 'sna mnathan. B' iad an triùir bhéisteann a rinn sud, agus dheanadh an ceathramh té a leithid eile air-san, mur bhi air-son nam briathran agus nam meadhon eile a ghnàthaich e.

[TD 261]

[Beurla]

[TD 262]

#### [GOBHAINN SRON AN T-SITHEIN AGUS A' GLAISTIG.]

BHA gobhainn de Chloinn a' Phearsain a chòmhnuidh an Sròn an t-Sithein an aon de na linntibh a chaidh seachad. Bha e 'na chleachduinn aige a' cheàrdach a réiteachadh agus gach iarunn agus ball acfhuinn a chur seachad mu'm falbhadh e dhachaидh 'san oidhche. Ach an uair a philleadh e air ais air an ath mhaduinn agus a dh' fhosgladh e dorus na ceàrdaich, gheibheadh e a h-uile ni air an toirt as an àite 'san d'fhàg e iad, agus air an sgapadh air feadh an ùrlair. Cha b' urrainn e a thuigsinn ciod a b' aobhar do'n aimhreit so, agus uime sin chuir e roimhe fuireachd oidhche anns a' cheàrdaich feuch am faigheadh e mach e.

Sheas e ann an oisinn aig cùl an doruis, agus an t-òrd mór aige eadar a dhà làimh, a' feitheamh ciod a thachaireadh. Dh' fheith e ùine mhath gun ni fhaireachadh; ach mu dheireadh thàinig Glaistig mhór a stigh 'na still air an dorus, agus gun dàil tiota thòisich i, le mire chuthaich, air gach iarunn agus gach ball acfhuinn air am faigheadh i a làmh, a thilgeadh a null is a nall air feadh an tighe.

Bha aon 'na cuideachd air an robh coltas leinibh bhig. Thug an t-aon so an aire do 'n ghobhainn 'na sheasamh aig cùl an doruis, agus air ball thubhairt e: "Tha an Tamhasg 's a' chùil, a chailleach! Tha an Tamhasg 's a' chùil." Fhreagair i gun uibhir agus stad air a ceum no sùil a thoirt an taobh a bha an gobhainn: "Cha'n 'eil ann ach Logais Beag! Cha'n 'eil ann ach Logais Beag!"

[TD 263]

[Beurla]

[TD 264]

Mu dheireadh fhuair an gobhainn cothrom oirre 'san dol seachad, agus bhuail e an t-òrd mór oirre le a uile neart. Tharruing e an sin an t-òrd a thoirt di ath bhuille, ach ghlaodh i ris e chumail air a làimh, agus nach cuireadh i dragh tuilleadh air. Rinn e mar dh'iarr i, agus cho luath is a fhuair i as, thubhairt i ris gu 'm bitheadh gach aon d'a shliochd, a rachadh a thoirt a stigh air a fheusaig troimh dhorus na ceàrdaich, 'na làn-ghobhainn o'n uair sin.

Mar thubhairt b' fhìor. Cha robh aon d'a shliochd nach d'fhuair a cheàird air an dòigh fhurasda so, agus bha an dream 'nan goibhnibh

ainmeil 'san àite ré iomadh linn.

[TD 265]

[Beurla]

[TD 266]

[GLAISTIG NO MAIGHDEAN GHLINN DUROR.]

BHA Glaistig an Gleann Duror ris an abradh iad a' Mhaighdean. Bu bhoirionnach saoghalta a bha innte an toiseach. Bho cheann dà no tri cheud bliadhna bha i 'na banaraich eadar Gleann Dùròr agus Gleann a' Chaolais, agus tha a h-ainm agus a sloinneadh, agus eadhon am baile 'san d'àraicheadh i, fhathast air chuimhne.

Thugadh air falbh i as a laighe-shiùbhladh leis na sìthichean, agus cha do thill i tuilleadh. Ach a réir beul-aithris, thionndaidheadh i 'na ban shìthe no 'na Glaistig, a ghabh fasgadh ann an easaibh agus ann an còsaibh nan creag eadar an dà Ghleann. Bha i gu sònraichte a' tathaich Eas nam Mèirleach air taobh deas Beinn Bheithir agus bu tric a chunnacas an sin i le luchd-gabhall-an-rathaid.

Is coltach gu'n do lean rithe 'na Glaistig an spéis a bha aice roimhe do chrodh agus do gach seòrsa spréidhe. Gu minic bha i r'a faicinn am meadhon a' chruidh mar gu 'm bitheadh i 'gan cunnatas, agus roimh fhaidhrichean, agus aig àm atharrachadh tuath, mar gu'm bitheadh i ag cur air leth a' chuid de'n stochd a bha falbh, no ag gabhall seilbhe anns a' chuid a bha air tighinn. Ma bha aon de 'n tuath a b' fhearr leatha na càch, bha i ro chùramach m'a spréidhsan; agus aig àm dol air imrich, chuireadh i gach bacadh eadar e agus an togail bhàrr an fhearainn. A réir beul-aithris thachair so an uair mu dheireadh o cheann deich

[TD 267]

[Beurla]

[TD 268]

bliadhna fichead. Co dhiùbh, o sin gu so cha'n fhacas is cha chualas a' Ghlaistig. Theagamh gu'n do ruaikeadh as a' Ghleann i le sgreadail fhìdeag nam bàtaichean smùide a' dol sìos is suas an Linne Sheilich, no le urchairean luchd-buidhinn cloiche na Creige-Eiteige aig bun Eas nan Con. Co dhiùbh, dh'fhalbh i, agus cha'n 'eil duine 'ga h-ionndrainn.

Is iomadh sgeul a bha air innseadh m'a timchioll, agus is iomadh meadar math bainne a chaitheadh oirre le banaraichean air àiridhean a' Ghlinne. Oir an oidhche a dh' fhàgadh iad am meadar làn bainne aice, gheibheadh iad gach ni ceart an dara mhàireach; ach an oidhche nach fàgadh, bhitheadh na laoigh air an leigeil a mach as a' chrò, agus an crodh air an deoghal air an ath mhaduinn.

[TD 269]

[Beurla]

[TD 270]

#### BANRIGH NAN SITHICHEAN AN RIOCHD MUILE-MHAG.

BHA uair eigin a' fuireachd, aig ceann Loch Raonasa an Arainn, bean tuathanaich a bhitheadh a' deanamh àite mna-glùin d'a ban-choimhearsnaich. Air latha bòidheach fogharaidh thuit dhi féin agus do mhnaoi eile a bhi mach air an achadh ag geàrradh coirce. Roimh fheasgar leum muile-mhàg mhór, bhuidhe gu h-éigineach á rathad a corrain; agus, an uair a chunnaic i an creutair truagh 'ga slaodadh féin á cunnairt, thubhairt i: "Tha thusa an sin, a luideag bhochd; b' fheàrrde thu mise mu d' thimchioll an ùine ghoirid." "O! am beathach mosach," ars a' bhean eile: "ma thig i an rathad agamsa, cuiridh mi bàrr mo chorrain troimpe." "Cha chuir, cha chuir," arsa bean an tuathanaich; "cha'n 'eil an creutair bochd ach a' màgaran mu 'n cuairt a' trusadh a cuid mar tha sinn féin." Agus leigeadh air falbh a' mhuile-mhàg le a beatha.

An ceann beagan làithean thàinig gille an cabhaig a' marcachd air each glas gu tigh an tuathanaich, agus bhual e buille air an dorus leis an t-slait a bha 'na làimh. Chaidh an tuathanach a mach, agus thubhairt an gille ris gu'n d'thàinig e air-son na mnà a dh' fheitheamh a bhan-mhaighstir, is i am feum a cuideachaidh. Dh'iarr an tuathanach air dol a stigh agus biadh a ghabhail, am fad is a bhitheadh a bhean a' deanamh deas air-son an turuis. Fhreagair e gu'n

[TD 271]

[Beurla]

[TD 272]

robh e an cabhaig, ach gu'm feitheadh e far an robh e gus am bitheadh i deas. An so thàinig a' bhean a mach, agus thubhairt i nach rachadh i ceum leis mur tigeadh e stigh, agus an gabhadh e greim bìdh. Ach chuir e 'na cuimhne ciod a thubhairt i r'a bhan-mhaighstir an uair a thachair i oirre ann an riochd muile-mhàg air an achadh bhuan; agus an sin thubhairt e nach faodadh i dol á cois a facail. Chunnaic i gu'n robh i an sàs leis an ni thubhairt i, agus gu 'm feumadh i falbh leis. Ach mu'n d' fhalbh i, gheall an gille gu'n tugadh e dhachaidh gu sàbhailt i an ceann beagan làithean.

Chuir an tuathanach a bhean air cùl a' ghille; agus cho luath is a fhuair i 'na suidhe an sin, air falbh 'na dheannaibh ghabh an t-each glas a suas ri aodann a' bhruthaich. Ann an ùine glé ghoirid ràinig e am mullach, agus an sin thionndaidh e a aghaidh ri glomhas mór a bha eadar am bruthach a dhìrich e agus aon eile a bha m'a choinneamh. An uair a thug bean an tuathanaich so fa-near, ghlaodh i ris a' ghille: "Ciod is ciall duit? Am bheil thu an dùil gu'n leum

an t-each an glomhas sin." Ach mu 'n robh na briathran as a beul chaidh an t-each thairis air mar eun air iteig. "Is math a fhuaradh thu, a phiseag għlas!" ars an gille ris an steud a bha fodha. Chuir na briathran so iogħnadħ air bean an tuathanaich; ach, ma chuir, bu mhóide a h-iogħnadħ an uair a dh' amhairc i, agus a chunnaic i nach robh anns an steud a mħarcaich i féin agus an gille, ach cat glas.

"A nis," ars an gille ri bean an tuathanaich, "tha thu a' dol do Shìthean, a tha goirid as a so, a dh'fheitheamh air Ban-rìgh nan Sìthichean; agus, mu'n téid thu na 's fhaide, innsidh mi dhuit ciod is còir dhuit a dheanamh, an uair a ruigeas tu e. Na bittheadh eagal ort mo chomhairle-sa a għabbail, oir cha'n e sìthiche

[TD 273]

[Beurla]

[TD 274]

a tha annam-sa idir, ach duine saogħalta. Tha mi fo għeasaibh aig na sìthichean fad bliadhna thar fhichead; agus tha bliadhna eile agam ri chur a stigh fhathast, mu'm bi mi saor, agus comas agam pilleadħ air m' ais ri mo dħaoine féin a rithist. Chum gu 'm bi agad-sa cuideachd comas pilleadħ dhachaidħ aig ceann do ùine féin, thoir fa-near ciod a their agus a nì thu, fhad is a bhitheas tu 'san t-Sìthean. Cha bhi nithean an sin mar dh' amhairceas iad; ach, dean thusa mar dh' iarras mise ort, agus chièr thu iad mar tha iad; agus cha bhi thu tuilleadħ an cunnart a bhi air do mhealladh leò. Ma-tà, għeibh thu tri seòrsachan siabuinn, aon aca geal, aon eile dhiubh buidhe, agus an treas aon dearg. An uair a għeibh thu leat féin, suath an siabuġġ geal os ceann do shùla deise, agus bheir e air falbh an sgleo dhith, agus an sin chièr thu nithean gu ceart. Ach thoir aire mhath nach bean thu ri do shùl no ri do mhala le aon de 'n dà sheòrsa eile. Sin agad mo cheud chomhairle; agus so té eile, agus bi cinnteach nach dearmad thu i. An uair a bhitheas do ùine mach, thig mise air do shon; agus an sin cruinnichidh na sìthichean mu do thimchioll, agus tairgidh gach aon diubh ni-eigin r'a thabhaġġ leat mar għejan-math. Faodaidħ tu rud air bith a bheir iad dhuit a għabbail, ach òr is airgiod; agus innsidh mise dhuit a rithist ciod is còir dhuit a dheanamh riu. Ach tha sinn a nis an sealladh an t-Sìthein, agus feuch nach tig thu thairis air ni air bith a thubhaġġ mise riut."

Bha dorus an t-Sìthein fosgailte rompa, agus solus sèimh a' deàrrsadħ a mach troimhe. Chaidh bean an tuathanaich a stigh, agus b' ann an sin a bha an t-àite brèagh. Bha na ballachan agus am mullach loinnireach le òr agus airgiod; agus air an ûrlar bha bòrd fada, uidheamaichte, agus saor do na h-uile a thigeadh. Bha an sin cuideachd mhór a dh' fhir agus a mhnathan òga

[TD 275]

[Beurla]

[TD 276]

sgeadaichte an aodach uaine, agus a thug bàrr air na chunnaic i riagh ann am maise. Chuir iad uile fàilte oirre, agus thug aon aca stigh i do sheòmar na Ban-rìgh.

Rinn a' Bhan-rìgh gàirdeachas rithe, agus thubhaint i gu'n robh earbsa aice intte, o'n là a ghabh i truas dith air an achadh bhuana. Dh' fhuirich bean an tuathanaich greis 'san t-Sìthean. Air là àraidh, an uair a bha i leatha féin, ghabh i an siabunn geal, agus shuaith i e os ceann a sùla, agus an sin ghrad dh'atharraicheadh gach ni m'a timchioll. Thionndadh an t-àite brèagh 'na tholl ruadh gainmhich, agus na daoine móra eireachdail a bha ann, 'nan seann chreutairean beaga, duaichnidh. Cha do ghabh i oirre ciod a rinn no chunnaic i, ach o sin bu latha gach mionaid leatha gus an d' fhuair i as. Mu dheireadh thàinig an gille an cabhaig, agus ghlaodh e rithe a bhi deas falbh leis-san, a chionn gu'n d' thàinig an t-àm anns am feumadh esan a ghealladh a choimhlionadh d'a fear.

Cho luath is a chuala na sìthichean so, chruinnich iad mu'n cuairt oirre, agus thairg gach aon aca dhi ni-eigin mar ghean-math. Ghabh i gach ni a fhuair i, ach airgiod agus òr, mar dh' iarradh oirre; agus chaith i mach. An sin dh' fhalbh i 'na suidhe air cùl a' ghillie air an steud għlas. Ach għabha għillie rathad ùr a thug iad troimh phreasan dhreas agus dhroighinn. Cho luath is a ràinig iad a' cheud phreas, ghlaodh an gille rithe aon de thiодhlacan nan sìthichean a thilgeil ann. Rinn i sin, agus għrad-sprèadh e le fuaim cho cruaidh ri urchair gunna, agus chuir e am preas 'na lasair theine. An sin thilg i air falbh na bha aice, aon an déidh aoin; agus mar thachair do'n cheud aon, thachair do'n chòrr. "A nis," ars an gille, "na'n do glèidh thu na rudan ud gus an deachaidh thu dhachaidh,

[TD 277]

[Beurla]

[TD 278]

chuireadh iad an tigh ri theine, agus loisgeadh iad thu féin is na bhiththeadh ann." Ràinig iad tigh an tuathanaich an tèaruinteachd, dh' fhàg an gille beannachd aig a' mhnaoi, agus an sin dh' fhalbh e air an steud għlas an taobh a għabha e an toiseach.

[TD 279]

[Beurla]

[TD 280]

BO MHAOL ODHAR DHOIRE-MHIC-BHRANNDAIHDH.

ANNS an linn a chaith seachad, bha fear a Chloinn Choinnich 'na aon de thuath Odhanaich an iochdar Lochabar. 'Na àm thuit gu'n do thòisich crodh a' bhaile air faotainn a mach 'san oidhche as a'

bhuaille thodhair agus air dol do'n dail choirce far an d' rinn iad móran dolaidh. Cha robh fhiös ciamar a bha a' bhuaile air a bristeadh sìos, agus rathad air a dheanamh troimpe oidhche an déidh oidhche. Bha aon ni a mhàin cinnteach, agus b'e sin nach d'rinn na coimhearsnaich no an crodh féin an obair chronail so riamh. Mu dheireadh smaointich MacCoinnich gu'n robh làmh aig na sìthichibh anns a' ghnothach; agus le sin chuir e fios air a bhràthair, am Portair Cam, tighinn agus faire a dheanamh maille ris fad aon oidhche air a' bhuaile thodhair, dh' fheuch an robh no nach robh e ceart 'na bharail.

Thàinig am Portair Cam, agus cho luath is a thàinig am feasgar, chaithd iad le chéile dh' ionnsaidh an achaidh thodhair. An uair a rèinig iad an t-achadh, chuir iad an crodh a stigh do'n bhuaile, agus ghabh iad aice cho math is a b' urrainn iad. An sin shuidh iad sìos an àite am fagus di, far an d' fheith iad dh' fheuch ciod a thachradh.

An déidh do chuid mhath de 'n oidhche dol seachad, chuala iad air leò na cabair 'gam bristeadh air an taobh a b' fhaide air falbh de 'n bhuaile. Ghrad dh'éirich am Portair Cam, agus ghabh e cuairt an taobh o'n d'thàinig an fhuaim. Cha deachaidh e ach goirid gus

[TD 281]

[Beurla]

[TD 282]

am faca e, oir bha an dà shealladh aige, mart maol odhar a' tilgeil nan cabar as an àite le a ceann, agus an sin a' dol a stigh do 'n bhuaile far an do chuir i mart an déidh mairt air an cois, agus as an d' iomain i iad uile troimh 'n bhealach a rinn i chum na dail choirce.

Lean am Portair a' bhó mhaol odhar gus an d' rèinig i Sìthean Doire-Mhic-Bhranndaidh.

Dh' fhosgail an Sìthean roimpe, agus chaithd i stigh. Ghreas am Portair 'na déidh gu ruig an dorus, agus chum a ghlèidheadh fosgailte, shàth e a bhiodag ann an aon de na h-ursnaibh.

Fhuair e nis làn-shealladh air taobh a stigh an t-Sìthein. Bha an Sìthean air a lasadh suas le solus dealrach, agus bha teine mór le coire iaruinn an crochadh os a cheann air meadhon an ùrlair; agus mu'n cuairt do'n teine bha cròilean de sheann daoinibh móra liatha 'nan laighe air an uilnibh.

Thàinig an tuathanach a nis gu dorus an t-Sìthein; ach ma thàinig, cha'n fhaca e ni air bith gus an do chuir e a chas air chois a' Phortair Chaim. Ach cho luath is a rinn e sin, dh' fhosgail an Sìthean, agus chunnaic e gach ni a bha an taobh a stigh dheth. Chuir an sealladh iongantach m'a choinneamh a leithid de dh' eagail air is gu 'n do ghuidh e air a' Phortair an t-àite neo-chneasda fhàgail gun

dàil. Cha d' thug am Portair umhail air bith dha. An àite sin is ann a ghlaodh e le guth àrd ris na sìthichibh: "Na'n cuireadh a' bhó mhaol odhar aca dragh tuilleadh air buaile Odhanaich, gu'n tugadh e gach ni 'san t-Sìthean as, agus gu'n tilgeadh e mach iad air Rudha na h-Oitire." Air dha so a ràdh tharruing e a bhiodag as an ursainn, agus air ball dhruid an dorus air féin agus air a bhràthair. Phill iad 'na dhéidh sin dachaидh; agus o'n oidhche sin cha'n fhacas tuilleadh bó mhaol odhar Doire-Mhic-Bhranndaidh ann am buaile Odhanaich.

[TD 283]

[Beurla]

[TD 284]

#### NA GRUAGAICHEAN.

BHA uair-eigin a' fuireachd an Callaирt duin'-uasal a bha 'na shealgair fhiadh ro ainmeil. Bha cù glas aige nach robh a leithid ri fhaotainn 'san àm an Lochabar; ach, bha e, coltach r' a mhaighstir, a' fàs sean, agus ag call a luathais.

Air là àraig 'san fhogharadh dhìrich an duin'-uasal le a sheann chù glas féin monadh Cheann Loch Mór a leantainn nam fiadh. Ràinig e na coireachan a b' àbhaist dhoibh a bhi a' tathaich; ach, ged chunnaic e greigh an déidh greighe dhiubh, agus a lean e iad fad an là, cha d'fhuair e an astar saighead a thilgeil orra, no an cù a leigeil riu. Mu dheireadh aig cromadh na gréine 'san àird-an-iar, thàinig e air làn-damh brèagh leis féin, agus leig e an cù air falbh 'na dhéidh. Shìn an cù as le a uile neart, agus an toiseadh bha e a' buidhinn air an damh; ach cho luath is a leag an damh a chabair air a ghuailnibh, agus a thog e a chuinneinean 'san athar, thòisich an cù a' tuiteam air dheireadh, agus an ùine ghoirid chaill e sealladh air gu h-iomlan.

Shuidh an duin'-uasal sios, gu sgìth, aimhealach air cnocan uaine an gleann domhain eadar dà shliabh àrd. Cha robh e fada an sin gus an do sheas dà ghruagaich a b' àille cumadh agus dreach m'a choinneamh, agus cù brèagh aig té dhiubh air éill. Labhair an té eile an toiseach, agus thubhaint i: "Tha thu sgìth, a shealgair nam fiadh, agus fo aimheal a chionn gu'n do leig an seann chù as an damh mór." "Tha mi sgìth, gu

[TD 285]

[Beurla]

[TD 286]

dearbh, agus duilich gu 'n deachaidh latha a' choin ghlais seachad," fhreagair an sealgair. "Tog do mhisneach, agus thoir leat an cù so," ars an dara gruagach, "agus cha'n 'eil creutair ceithir-chasach air aghaidh na talmhainn, o'n mhaighich bhig gus an làn-damh cròiceach,

air nach beir e, agus nach tabhair e gu d' ionnsaidh." "C' ainm a tha air?" dh' fheòraich an sealgair. Fhreagair i gu 'n robh Brodum. Rug e air an éill as a làimh, agus thug e buidheachas dhi air-son a' choin. Dh' fhàg e an sin beannachd aice féin agus aig a ban-chompanach, agus dh' fhalbh e dhachaidh.

Cho luath is a dh éirich e an ath latha, thug e mach leis gach duine a bha 'san tigh, agus air dha a aghaidh a thionndadh ris an dà shliabh, eadar am faca e na gruagaichean, thubhaint e: "Am faic sibh an dà shliabh ud a tha m' ur coinneamh? A so a mach cuimhnichibh gur e a their sibh riu na Gruagaichean;" agus is e sin a theirear riu gus an latha an diugh.

Lean an cù ris an duin'-uasal fhad is a bu bheò dha. Cha deachaidh iall riagh air cù a b' fhearr. Cha robh ni a rachadh iarraidh air nach deanadh e, no creutair ris an rachadh e a leigeil nach beireadh e air. Agus cha robh duine beò a leanadh e, no fhreagaireadh e, ach a mhaighstir.

An uair a chaochail a mhaighstir, chaill e a mhisneach. Lean e an tiodhlacadh gu ruig eas a tha eadar Callaile agus an ath bhaile; ach stad e an sin, agus theirinn e do'n eas, far am facas e a' dol a stigh do dh' uaimh, as nach do thill e tuilleadh. Tha a ainm air a chumail air chuimhne ann an ainmean an dà àite sin; oir is e a theirear riu fhathast Eas Bhroduim agus Uaimh Bhroduim.

[TD 287]

[Beurla]

[TD 288]

#### GOBHAR NA CADHA RUAIDHE.

ANNS na làithibh a chaidh seachad is gann a bha baile 's a' Ghàidhealtachd gun bhadan ghobhar. B' àbhaist do 'n tuath an iomain gu srath, agus an cur a stigh do chrò nan gabhar 'san fheasgar gu bhi an sin air an leigeil.

Air feasgar àraidh bha tuath Odhanaich ag cur nan gobhar gu baile an uair a thug iad fa-near coltas de ghobhair mhoir ghlaibh am measg an tréid. Lean i so càch math gu leòir gus am faca i iad air an iomain a stigh do 'n chrò. An sin bhrist i mach asda, agus thug i a h-aghaidh ris a' mhonadh. Chaith na coin 'na déidh, agus thug iad di an droch bheubachadh mu'n do bhuidhinn i a' Chadha Ruadh. Ach an uair a ràinig i a' Chadha, thill i air an lodhainn, agus an ùine glé ghoirid chuir i dhachaidh iad 'san sgalartaich. An sin sheas i air mullach na Cadha agus thubhaint i:

"B' e sin an cath cruaidh,  
A' Chadha Ruadh a thoirt a mach."

An déidh dhi so a ràdh dh'fhalbh i; agus o sin gu so cha'n fhacas i an Odhanaich.

[TD 289]

[Beurla]

[TD 290]

AN LAOGH-ALLA.

BHA an Laogh-alla a' leantainn nam bàthaichean bu shine 's a' Ghaidhealtachd. A réir fear-mo-sgeòil, cha'n fhacas riamh e; agus air an aobhar sin cha b' urrainn e a ràdh cò ris a bha e coltach. Ach ged a bha e a ghnàth a' fuireachd as an t-sealladh, rinn se e féin aithnichte ann an rathaidibh eile. Air uairibh bha e air a chluinntinn mu mharbh mheadhon-oidhche ag geumnaich anns a' bhàthaich; a bha daonnan togta aig aon cheann de 'n tigh chòmhnuidh. Bha fios aig an tuathanach a chuala an sin a ghuth gu'n d'thainig cothrom 'na charaibh, agus gu'm bu chòir dha fàth a ghabhail air. Le sin dh'éireadh e as a leabadh, rachadh e gun lòchran, gun choinneil, do'n bhàthaich, agus dh' iarradh e an creutair sìthe anns an dorchadas. Na'n robh de shealbh air gu'm beanadh e dha, għlacadh e le a ghàirdeanaibh e mu'n cuairt a chuirp, agus o'n uair sin dh'fhàsad e 'na dhuine sona mu thimchioll feudalach. Is e sin ri ràdh gu'n soirbhicheadh leis mar fhear togail agus glèidhidh spréidhe; agus a thaobh gu'n robh saoibhreas a' Ghàidheil 'sna làithibh a chaidh seachad ag comh-sheasamh am mó-r-chuid ann an spréidh, tha e ag ciallachadh mar an ceudna gu'n cinneadh e 'na dhuine beartach agus soirbheach.

Chualadh an Laogh-alla an uair mu dheireadh mu thuaiream deich agus tri fichead bliadhna roimhe so ann an Achadh an Dùin an Liosmór. B'e am bàthaich

[TD 291]

[Beurla]

[TD 292]

anns an cualadh e an treas bàthaich a bu shine 'san Eilean, agus b'e an t-àm 'san cualadh e, mar dh' fhaodadh dùil a bhi againn, marbh mheadhon-oidhche. Air do 'n tuathanach a bhi air a dhùsgadh le a gheumnaich, dh' éirich e a chlisge as a leabadh. Ach air dha bhi fo eagal dol 'na dhàil anns an dorchadas, las e coinneil, rug e air a' choinneil 'na làimh, agus an sin għlac e de mhisnich gu'n deachaidh e do 'n bhàthaich leis féin. Ach dh' iarr e an laogh an diomhain, a chionn gu'n do bhrist e aon de na cumhnantan air an do rinn se e féin aithnichte. Le sin chaill e a chothrom, agus cha d' fhuair e air-son a shaothrach ach cur-iomchoire a mhnà.

[TD 293]

[Beurla]

[TD 294]

#### URUISG SGURR-A'-CHAORAINN.

BHA Uruisg a' fuireachd roimhe so ann an creig chas aig bun Sgùrr-a'-Chaorainn an Lochabar. Bha an t-Uruisg so, a réir coltais, ro dhraghail do buachaille Blàr-a'-chaorainn an uair a thuiteadh dha a bhi a' dol rathad na Sgùrra. Cha robh feasgar a rachadh e seachad oirre, nach cuireadh an t-Uruisg a cheann a mach air toll an aodann na creige, agus nach glaodhadh e 'na dhéidh:

"Bodach mac bhodaich 'ic bhodaich! Tha sin de bhodaich a triùir: is bodach thu fhéin, agus is bodach d' athair, agus 'na bhodach bithidh do mhac, agus bithidh mac an fhir sin 'na bhodach, agus bithidh sibh uile 'nur bodaich, ioc air an achd."

An uair a dh' fhág am buachaille so Blàr-a'-chaorainn, thàinig fear eile 'na àite ris an abradh a luchd-eòlais Domhnall Mór. Cha robh Domhnall ach goirid air a' bhaile gus an robh e cho mór air a shàrachadh leis an Uruisg is a bha am buachaille a dh' fhàlbh. Cha robh feasgar a thilleadh e o'n mhonadh seach a' chreag nach glaodhadh e 'na dhéidh: "Dhomhnuill Mhóir, cha toigh leam thu." Bha an fhàilte so fada o bhi taitneach le Domhnall còir, ach ghlèidh e a bheachd dha fhéin cho fada is a b' urrainn e. Mu dheireadh bha a fhoidhidinn cho glan air a claoideadh le sior-sgallais an Uruisg is nach b' urrainn e cumail air féin na b' fhaide.

Air feasgar àraidh, is e a' tilleadh gu fuar, ocrach

[TD 295]

[Beurla]

[TD 296]

as a' mhonadh, agus an t-Uruisg ag glaodhaich 'na dhéidh, mar b' àbhaist: "Dhomhnuill Mhóir, cha toigh leam thu," thionndaidh e air a shàil ann am feirg, agus għlaodh e cho àrd is a rinn an t-Uruisg fhéin: "Cha'n 'eil sin ach comain duit." Sguir an t-Uruisg d'a sgallais; agus o sin gu so, cha chualadh a ghuth le duine air bith eile.

[TD 297]

[Beurla]

[TD 298]

#### URUISG AN EASA BHUIDHE.

ANN an Gleann-Màlidh an Lochabar, tha eas ùigeil ris an abrar an t-Eas Buidhe. Anns an eas so bha e air a ràdh gu 'n robh na h-Uruisgean ag gabhal fasgaidh; agus b' ann làimh ris a bha bothain-àiridhe cuiid de thuath a' għlinne suidhichte.

Bha aon de na h-Uruisgean,

“Uruisg an Eas’-Bhuidhe  
’Na shuidhe ’n Gleann-Màilidh.”

ro dhraghail do thé de na banaraicheadan a bha anns na bothain-àraaidhe làimh ris an eas. Cha robh latha nach tigeadh e stigh do ’n bhothan far an robh i; agus nach cuireadh e seachad an ùine ’na shuidhe mu’n teine, a’ feòraich cheisdean dhith, agus ag cur bacadh oirre ’na h-obair. Dh’ fhàs i sgìth dheth, ach cha robh fhios aice cia mar a ghràinicheadh i e gun chorruich nan Uruisgean eile a thionndadh ’na h-aghaidh. Mu dheireadh chlaoideadh a foidhidinn cho buileach leis is gu’n do chuir i roimpe a bhi cuidhte is e, ciod air bith a thachradh.

Air latha àraaid a bha e ’na ghurrach mu’n teine mar b’ àbhaist, dh’ fheòraich e am measg a cheisdean, c’ ainm a bha oirre. Fhreagair i gu’n robh: “Mi fhéin is Mi fhéin. “Is iongantach an t-ainm sin,” ars esan. “Coma co dhiùbh, is e sin a tha orm.”

